



University
of Glasgow

Mac Leòid, Aonghas U. G. (2012) *Innis-na-Fìrinne: Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaich (1885-1932) agus a obair fhoillsichte*. MPhil(R) thesis.

<http://theses.gla.ac.uk/3209/>

Copyright and moral rights for this thesis are retained by the Author

A copy can be downloaded for personal non-commercial research or study, without prior permission or charge

This thesis cannot be reproduced or quoted extensively from without first obtaining permission in writing from the Author

The content must not be changed in any way or sold commercially in any format or medium without the formal permission of the Author

When referring to this work, full bibliographic details including the author, title, awarding institution and date of the thesis must be given

Innis-na-Fìrinne: Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaich (1885-1932) agus a
Obair Fhoillsichte

Aonghas Uilleam Gearóid Mac Leòid

M.A. Urramach (Glaschu)

Tràchdas a chaidh a chur a-staigh gus ceum M.Phil. a chosnadh

Roinn na Ceiltis is Gàidhlig
Oilthigh Ghlaschu
An Gearran 2012

Abstract

Tha an tràchdas seo a' sgrùdadh beatha agus saothair Dhòmhnuille Mhic-na-Ceàrdaich (1885-1932). Tha e a' coimhead air iomraidhean air am measg sgoilearach Ghàidhlig cheana ged a thà iad seo air a bhith gu math gann. Chìthear ge-tà gu bheil a' mhòr chuid de na h-iomraidhean a' riochdachadh spèis an fhir-sgrùdaidh air a' bhàrd. Nam measg tha Somhairle MacGill-eain agus Anna NicIain.

A' coimhead air beatha a' bhàird tha an tràchdas a' cleachdadh tùsan foillsichte agus neo-foillsichte gus eachdraidh-bheatha bunaitich a chur ri chèile. Tha e a' daingneachadh cuid de dh'fhiosrachaidh mu bheatha obrach agus mu na gluasadan aige eadar Barraigh, Dùn Èideann, Lunainn agus Manchester.

A thaobh saothair a' bhàird tha an tràchdas a' coimhead air an obair fhoillsichte aige air fad. Tha e a' cleachdadh na leabhraichean aige, *Guth na Bliadhna*, *An Ròsarnach* agus *Gairm* mar a' phrìomh thùsan airson seo. Tha gach pìos obrach air a' sgrùdadh bho sùil litreachail agus an tràchdas a' feuchainn air a' chiad mheasadh sgoilearail orra air fad. Tha obair dràmatach aige air a sgrùdadh còmhla ris na dàin agus tha seo a' toirt cothrom a bhith a' measadh na rinn e sa mheadhan ùr seo ann an litreachas na Gàidhlig.

Tha cuideachd sgrùdadh air na h-aisticean aige air chuspairean eadar poiliteags, creideamh agus ealain. Tha iad seo nan tùs gu math chudromach air beachdan feallsanachail am measg nan Gàidheal às dèidh a' Chiad Chogaidh.

Tha liosta leughaidh aig a chrìoch a' sealltainn far a gheibhear saothair sgaoilte a' bhàird.

Clàr-Innse

Abstract.....	2
Ro-Ràdh.....	7
Beatha Mhic-na-Ceàrdaich.....	11
Saoghal Mhic-na-Ceàrdaich.....	16
Suidheachadh Sòisealta ann am Barraigh.....	16
Saoghal Obrach- Bruce Peebles, Vickers, Metropolitan-Vickers.....	21
A Bheatha Litreachail.....	22
Alasdair MacGilleMhìcheil.....	22
Bàird na Camhanaich.....	23
Ruaraidh Arascain is Mhàirr.....	28
Giollachrìosd Moraibh Mac a' Ghreidhir.....	30
Na Bàird Bharrach is Maighstir Ailean Èirisgeigh.....	33
Maighsteir Ailean Eirisgeigh.....	33
Deòch-Slàinte nan Gillean.....	35
Saothair Mhic-na-Ceàrdaich.....	38
Bàrd na Leideig: Am Bàrd Dualchasach.....	39
Bàrdachd Fhoillsichte ri a Linn Fhèin.....	44
‘Faoileag an Droch-Chladaich’ – 1913.....	44
‘Cainnt Mo Mhathar’ –1914.....	45
‘Innse-Gall’ – 1914.....	48
‘Creag nan Sgarbh’ – 1915.....	49
‘La nan Seachd Sion’ – 1915/6.....	54
An Sgeul.....	54
Meataireachd.....	56
Ìomhaigheachd na Stoirme.....	58
Creideamh.....	62
‘Loch na h-Ob’ – 1915.....	66
‘An Ionndrainn’ – 1916.....	69
‘Seudan Peairseach’ (Eadar-Theangachadh) – 1916.....	73
‘Innis Deoin-A’Chridhe’ – 1917.....	74
‘An Duradan Duslaich’ – 1917.....	76

‘Gairm Dusgaidh’ – 1917.....	78
‘Ros Aluinn’ – 1917	80
‘Faoileag Tir-an-Aidh’ – 1918.....	84
‘Fàilte air a’ Chuan’ – 1918	86
‘Fribidean’ – 1918	88
‘Gach Ni agus Neoni’ (Eadar-Theangachadh) – 1918	90
‘An t-Siorruig’ – 1919	91
‘Òran an t-Samhraidh’; ‘Na h-Innse Sona’ agus ‘Beannachadh Moire’ (“Ais-Theangachaidhean”) – 1920.....	92
‘Tàladh’ – 1920.....	93
‘Innse Ra-Soluis’ – 1923.....	94
‘Bilean’ – 1924.....	96
‘Long nan Daoine’ – 1924.....	97
‘A’ Bheannachd Bharrach’ – 1924	99
‘Tir mo Dhuthchais’ – 1924.....	100
‘Slighe nan Seann Seun’ – 1930.....	102
‘Duan an Domhnaich’ — 1932 D.M.N.C. na fhear-dheasachaidh.....	105
Na Dealbhan-Chluiche.....	107
‘Dòmhnall-nan-Trioblaid’ – 1912	109
‘Suiridhe Raoghail Mhaoil’ – 1912	111
‘Fearann a Shinnsir’ – 1913.....	112
‘Crois-Tara!’ – 1914.....	116
‘Ruairachan’ – 1924.....	121
Long nan Òg – 1927	123
Na h-Aistichean.....	126
‘A’ Mhòr-Roinn agus am Fearann’ – 1914.....	126
‘Inbhe ar Bàrdachd’ – 1916.....	127
‘A’ Ghàidhlig agus a Muinntir’ – 1916.....	130
‘An Sgoth Ghaidhealach’ – 1917.....	132
‘Innis-na-Breige’ – 1918	133
‘Tiomnadh Bhruis air Neo-Eisimileachd na h-Albann’ – 1921	136
‘Cogais Naiseanta’ –1927	136
Lèirmheasan	140

‘Bàrdachd Leòdhais’ – 1916	140
‘Danta Gradha’ – 1917	141
‘Leabhraichean Ura Bàrdachd’ – 1919.....	142
Sgeulachdan is Rosg Duatharra.....	145
‘Canach an t-Sleibhe’ — 1915.....	145
‘Uamh an Oir’ – 1917.....	147
‘Gaul-Mhulad’ – 1917.....	149
‘Gaul-Aoibhneas’ – 1917	151
‘Lughain Lir’ – 1921	153
‘Litir Dhachaidh’ – 1924.....	157
‘Oidheam’ – 1925	159
‘Dealachadh nan Rathad’ – 1927.....	161
Co-Dhùnaidhean	164
Clàr-Leughaidh.....	168
Prìomh Theacsaichean.....	168
Tùsan Eile.....	170

Tha mi a' toirt taing do Mhichel Byrne, Bill Innes (a sheall dhomh lethbhreac neo-fhoillsichte de a eadar-theangachadh air Là nan Seachd Sìon), Lisa Storey, Màiri Nialltaigh, Mìcheil MacLeòid agus Roinn na Ceiltis Oilthigh Ghlaschu airson mo chuideachadh leis an rannsachadh agam.

Chaidh an obair seo a dhèanamh le Sgoilearachd MhicGill'eathain à Oilthigh Ghlaschu is tha mi a' toirt taing mhòr dhaibhsan.

44,127 Facail

Ro-Ràdh

Bha Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaich¹ a' sgrìobhadh aig àm nuair a bha eilthreachd, cogadh agus ath-bheothachadh cultarach uile a' bualadh air Alba agus air a' Ghàidhealtachd. Tha an t-saothair aige a' riochdachadh nan tachartasan seo ann am bàrdachd, rosag agus dealbhan-cluiche. A dh'aindeon sin ge-tà 's ann glè ainneamh a chaidh obair a mheasadh is a chaidh ainmneachadh am measg sgrìobhadairean cudromach na Gàidhlig. Ged a tha dòrlach iomraidhean air am measg obraichean sgoilearach cha deach tòrr suim a ghabhail san obair aige roimhe, ach le sgoilear neo dhà a-mhàin.

Rinn Ruairidh MacThòmais iomradh air anns *An Introduction to Gaelic Poetry*² agus chuir MacilleDhuibh aon de na h-òrain aige sa cho-chruinneachadh aigesan *An Tuil* cuideachd.³ A bharrachd air seo, bha Anna NicIain a' moladh a shaothair ann an *Gairm*⁴ agus rinneadh òraid air an obair dhràmatach aige air beulaibh Chomainn Ghàidhealach Inbhir Nis.⁵ Bidh ainm cuideachd a nochdadh ann an aistichean mu bhàird-chluiche na Gàidhlig agus air litreachas na Gàidhlig aig toiseach an fhicheadainh linn.⁶ Rinn Somhairle MacGill-eain iomradh air sna h-

¹ Chaidh D.M.N.C. a chleachdadh mar ainm a' bhàird airson a' mhòr chuid de dh'obair fhoillsichte. Tha na feadhainn eile a' dol eadar Mac-na-Ceardachd is Mac-na-Ceàrdaich. Chaidh an darna fear a chleachdadh leis gu bheil e nas fhaisge air fuaim an ainm am Barraigh.

² Derick Thomson, *An Introduction to Gaelic Poetry* (London: Victor Gollancz, 1976), 254.

³ Ragnall MacilleDhuibh, *An Tuil: Duanair Gaidhlig an 20mh linn* (Dùn Èideann: Polygon, 1999), 114-6.

⁴ Anna Nic Iain, 'Bàird a Bhaile Againn', *Gairm*, 7 (Glaschu: 1954), 221-5.

⁵ Edward MacCurdy, 'The Plays of Donald Sinclair', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, 41 (1953), 68-92.

⁶ Ronald Black, 'Thunder, Renaissance and Flowers: Gaelic Poetry in the Twentieth Century' ann an *The History of Scottish Literature: Volume 4 Twentieth Century* deas. Cairns Craig, (Obar Dheadhainn: Aberdeen University Press, 1987), 195-215 (195) agus Donald John MacLeod, 'Gaelic Prose', *History of Scottish Literature*, 331-5, (331).

aisticean aige far an can e: “In the 20th century, Donald Sinclair has music [in his poetry] which is at once ornate, unusual and evocative.”⁷

Agus a-rithist, chaidh ainmneachadh mar “a very considerable and very shamefully neglected poet” le MacGill-eain ann an 1933.⁸ Tha Iain Latharna Caimbeul ga mholadh ann an 1936 mar “by far the most prominent writer associated with Barra” agus “one of the most able and imaginative of modern Gaelic writers.”⁹ A thaobh tùsan neo-fhoillsichte rinn Dòmhnall Iain MacLeòid measadh air an obair aige anns an tràchdas dhotaireachd¹⁰ aigesan. Chaidh prògram a dhèanamh mu dhèidhinn Mhic-na-Ceàrdaich sna Leth-Cheudan leis a’ BhBC.¹¹ Ri ar linn fhèin rinn Bill Innes òraid ann an 2010 air ‘La nan Seachd Sion’ mar aon de dhà annas-làimhe bhon fhicheadamh linn¹² agus bha e air òraid air ‘La nan Seachd Sion’ a-mhàin a dhèanamh aig Rannsachadh na Gàidhlig 4 ann an 2006.¹³ Ach san fharsaingeachd bidh an tràchdas seo a’ toirt sùil ùr air obair Mhic-na-Ceàrdaich agus air eachdraidh a’ bhàird leis nach deach sùil a ghabhail air a obair fhoillsichte air fad mar-thà.

’S dòcha gun d’ fhuair obair a mheasadh a b’ fhialaidhe bhon ùghdar Ghallda, a charaid¹⁴ Uisdean MacDhiarmaid: rinn esan marbhrann dha; aiste air a shaothair¹⁵ agus chleachd e dàn a

⁷ Somhairle MacGill-eain, ‘Aspects of Gaelic Poetry’ ann an *Ris a’ Bhruthaich: Criticism and Prose Writings* deas. William Gillies (Steòrnobhagh, Acair, 1985), 75-82 (76).

⁸ Somhairle MacGill-eain, ‘Realism in Gaelic Poetry’ *Ris a’ Bhruthaich* 15-47 (47).

⁹ J. L. Campbell, deas., *The Book of Barra* (Lunainn: Routledge, 1936), 283.

¹⁰ Donald John MacLeod, ‘Twentieth Century Gaelic Literature: A description, Comprising critical study and a comprehensive bibliography’, (tràchdas neo-fhoillsichte dhotaireachd, Oilthigh Ghlaschu, an t-Samhradh 1969)

¹¹ ‘Fàilte do Bharraigh’ air Bliadhna Nan Òran [http://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/failte_do_bharraigh/?lang=gd] accessed 25/8/2011

¹² Comunn Ghàidhlig Inbhir Nis, an t-Samhainn 2010.

¹³ Gillian Munro agus Richard Cox, *Cànan is Cultar: Rannsachadh na Gàidhlig 4* (Dùn Èideann: Dunedin Academic Press, 2010), 201.

¹⁴ Alan Bold, *MacDiarmid: Christopher Murray Grieve- A Critical Biography* (London :Paladin, 1990), 432.

rinn Mac-na-Ceàrdaich mar an aon dàn Gàidhlig bhon fhicheadamh linn a nochd anns *A Golden Treasury of Scottish Poetry*¹⁶ ann an 1940. A dh'aindeon siud tha e cothromach a bhith ag ràdh nach eil meas mòr air an sgrìobhadair am measg leughadairean agus sgrìobhadairean na Gàidhlig anns an Aona-Linn-air-Fhichead.

Mar thoiseach-tòiseachaidh taisbeanam na tha fios againn air beatha an sgrìobhadair. Bidh seo a' toirt cothrom dhuinn meòrachadh air na buaidhean ealain, poiliteagach agus sòisealta a bha a' bualadh air. Bidh an rannsachadh stèidhichte air fiosrachadh oifigeil agus na chaidh a sgrìobhadh is a chlàradh air a bheatha mar-thà. Nuair a tha fios nas cinntiche againn air càite an robh e is cuin, bidh e nas fhasa a bhith a' coimhead air an t-saoghal litreachail agus sòisealta a bha ga chuirteachadh aig an àm.

Tha fhios againn gu robh e an sàs anns na cearclan litreachail aig Alasdair MacGille-Mhìcheil, Ruairidh Arascain is Mhàirr agus Giollachriosd Mac a' Ghreidhir. Mar sin tha e follaiseach gu robh e gu tric a' bruidhinn ri daoine a bha aig àird an comais is an cliù ann an litreachas Albannach ri an linn-san. Gus ar tuigse air Mac-na-Ceàrdaich a dhoimhneachadh bidh e feumail nan coimheadainn air na buaidhean seo agus air na trì sgrìobhadairean ud. Gus a bhith faighinn beachd air cuid den bhàrdachd sa Ghàidhlig a bha fa-near don bhàrd gabhar sùil air co-chruinneachadh de dh'òrain Bharraich agus air saothair Maighstir Ailein Dhòmhnallaich cuideachd.

¹⁵ Hugh MacDiarmid, 'Donald Sinclair' ann an *At the Sign of the Thistle* (London: Stanley Nott, [1934?]), 80-8.

¹⁶ Hugh MacDiarmid, deas., *A Golden Treasury of Scottish Poetry*, (London: Macmillan, 1940)

A bharrachd air na buaidhean pearsanta agus litreachail seo, tha buaidh tachartasan a latha fhèin a' nochdadh san obair chruthachail aige. Mar sin gabhar sùil air tachartasan ann am Barraigh ri linn a' bhàird agus air an t-saoghal obrach aige aig *Bruce Peebles* agus *Metropolitan-Vickers*.

Air dhomh a' bhun-stèidh seo a chladhach, thèid sgrùdadh a dhèanamh air an stòras saothair aige. Bidh an sgrùdadh seo stèidhichte air a obair fhoillsichte, leis gu bheil an urrad dhith ann agus tha fhathast feum air cruinneachadh de na h-òrain neo-fhoillsichte. Cha rachadh sin a dhèanamh ann an tràchdas den mheud seo. Tha e coltach gu bheil an sgoilear Lisa Storaidh ag obair air cruinneachadh den t-seòrsa sin an dràsta.¹⁷ A thaobh nan sgrùdaidhean thathar ag aontachadh leis a bheachd aig Gilliosa¹⁸ agus Clancy¹⁹ gu bheil feum air sgrùdadh nas doimhne is nas fhoirmeile a dhèanamh far as urrainnear.

¹⁷ Litir dhan ùghdar.

¹⁸ William Gillies, 'On the Study of Gaelic Literature' ann an *Litreachas is Eachdraidh: Rannsachadh na Gàidhlig 2* deas. Michel Byrne, Thomas Owen Clancy & Sheila Kidd (Glaschu: Roinn na Ceiltis, 2006), 1-28.

¹⁹ Thomas Clancy, 'A Fond Farewell to Last Night's Literary Criticism: Reading Niall Mòr MacMhuirich' ann an *Cànan & Cultar: Rannsachadh na Gàidhlig 4* deas. Gillian Munro agus Richard Cox (Dùn Èideann: Dunedin Academic Press, 2010), 109-25 (109).

Beatha Mhic-na-Ceàrdaich

Rugadh Dòmhnall Mac-na-Ceàrdaich am Bàgh a' Chaisteil air an 5mh den Dùbhlachd 1885.²⁰ B' e mac do Dhòmhnall Dhunnchaidh Chìobair²¹ a bh'ann, a bha aig an iasgach. Bha athair-san air obair fhaighinn o Mhac Nèill Bharraigh mar chìobair Eilein Bhatarsaigh agus bhuineadh esan don Apainn ron a sin.²² A rèir Compton MhicChoinnich b' e fuamhair a bha ann an Dunnchadh Chìobair fhèin is e barrachd air seachd tròighean a dh'àird²³ ach a rèir muinntir Bharraigh fhèin b' e am fuamhair bràthair athar, Pàdraig Mòr Mac-na-Ceàrdaich.²⁴ Nuair a phòs Dòmhnall Dhunnchaidh Chìobair 's ann air Bearnaraidh a bha a àite chòmhnaidh.²⁵ B' e bàrd a bha ann an Calum MacFhionghain, seanair a' bhàird air taobh a mhàthar, ged nach deach gin de na h-òrain aige a ghleidheadh.²⁶ Air an taobh seo cuideachd, bha a sheanmhair na phàirt de Chlann MhicIain a bha bho Sliochd Ghoraidh Mhòr, Tighearna Uibhist is Bèarnaraigh.²⁷ 'S ann mar sin a bha e càirdeach ri Calum agus Anna NicIain. Tha Bill Innes air sgrìobhadh gur ann bho taobh a mhàthar a bha na bàird den bheachd gu robh an cuid bhàrdachd a' tighinn agus is coltach gu robh tàlant an Mhic-na-Ceàrdaich a' leantail an nòs seo.²⁸

Ann an 1891 bha naoinear na theaghlach agus chaidh iad an clàradh sa chunntas-sluaigh mar luchd-còmhnaidh sa Ghlinne, sgìre os cionn Bàgh a' Chaisteil. Bha trìuir bhràithrean aige is iad clàraichte sa bheurla mar: Duncan, Murdoch is Neil. B' esan am fear a b' òige. Bha trìuir peathraichean aige mar an ceudna: Mary, Elizabeth is Mary eile. Mar sin chithear gu robh teaghlach mòr aige na òige, agus bha iad an eisimeil air buain na mara airson am beò-shlàinte.

²⁰ 1885 Sinclair, Donald [Statutory Births 108/00 0071].

²¹ MacilleDhuibh, 736-7 (736).

²² Lisa Storey, *Muinntir Mhiughlaigh* ([Deimhidh?]: Clàr, 2007), 58.

²³ Compton MacKenzie, *My Life and Times*, 7 (London: Chatus & Windus, 1968), 199.

²⁴ A rèir fianais fotografaigeach ann an Dualchas, Bàgh a' Chaisteil.

²⁵ 1873 Donald Sinclair – Catherine MacKinnon Statutory Marriages [108/00 0001].

²⁶ MacilleDhuibh, 736.

²⁷ MacCurdy, 69.

²⁸ Bill Innes, 'Introduction' ann an Dòmhnall Ruadh Mac an t-Saoir, *Aeòlus!*, deas. Bill Innes (Ochertyre: Grace Note Publications, 2008), xii.

Tha suidheachadh cosnaidh aig Dòmhnall (a athair) falamh ann an 1891:²⁹ chan eil fhios againn an robh e ag iasgach aig an àm air neo nach robh rath an iasgaich air thòiseachadh fhathast.

Ann an 1901³⁰ tha an teaghlach air lughdachadh le cuid dhiubh a-nis air an taigh fhàgail: chan eil iomradh air Dunnchadh, Ealasaid neo a' Mhàiri bu shine. Tha bràthair a' bhàird, Murchadh, aig an iasgach agus tha Niall agus Dòmhnall fhèin, a bha a-nis ceithir deug, nan sgoilearan. Tha an athair a-nis 60 is tha e na “fisherman cotter”³¹ a tha aig an taigh ag obair air a' chunntais fhèin. O chionns gu robh iasgairean Bharraigh soirbheachail aig an àm bhiodh iad nas beartaiche na muinntir an eilein nach robh aig an iasgach, gu seachd àraidh na cotairean a bha a' fuireach os cionn Bhàgh a' Chaisteil, ged a bha iad fhathast nan cotairean.

Dh'fhàg Dòmhnall agus Niall an sgoil aig aois 14 ach chaidh an dithis dhiubh am fastadh mar sgoilearan-teasgais.³² Chòrd an obair seo ri Niall a choisinn am far-ainm An Sgoilear Ruadh, agus a bha ri teagasg rè iomadach bliadhna an sgoil Bhàgh a Tuath.³³ Cha do chòrd e cho math ri Dòmhnall, a dh'fhàg an dreuchd sin gus dol dhan iasgach le athair. Gheibh sinn beachd air an aon ràmh mun t-siostam oideachaidh seo bho Dòmhnall Bochanan: “This novitiate was really a system of “slavery”, but produced a surprisingly high standard of teacher and teaching.”³⁴ ‘S ann nuair a bha e ris an iasgach a rinn e cuid de na h-òrain mun choimhearsnachd ann am

²⁹ Cunntas-Sluaigh 1891 108/00 005/00 015.

³⁰ Cunntas-Sluaigh 1901 108/00 005/00 012.

³¹ [?] Tha an darna facail duilich a leughadh san tùs.

³² A rèir a theaghlach.

³³ John L. Campbell, ‘Introduction’ ann an John MacPherson, *Tales from Barra Told by the Cuddy* (Dùn Èideann: Birlinn, 1992), 23.

³⁴ Donald Buchanan, *Reflections of the Isle of Barra* (Lunainn: Catholic Book Club, 1943), 175.

Barraigh. Mar an ceudna 's ann aig an obair seo a fhuair e a bhriathrachas mara fharsaing a tha ri chluinntinn tro shaothair air fad.³⁵

Dh'fhàg e an t-eilean ann an 1903 neo 1904 is chaidh e a Dhùn Èideann ag obair mar fhear-dhealbhachaidh dhealain [*electrical draughtsman*] aig Bruce Peebles. Air dha an t-eilean fhàgail, 's e an ath thuras a nochdas sgeul air Dòmhnall sna clàraidhean oifigeil nuair a chaochail athair sa Ledaig air an 15mh den Dàmhair 1910 aig aois 71 agus Dòmhnall na làthair. B' e a' chuing leantalach [*chronic asthma*] a mharbh e agus 's e Dòmhnall fhèin a chlàr a' bhàs ann am Bàgh a' Chaisteil. Bha e 24 nuair a dh'eug athair. Tha seòladh Dhòmhnall clàraichte mar 7 Leslie Place, Dùn Èideann.³⁶ Tha fios againn gun d' thàinig a charaid Calum MacIain à Barraigh a dh'obair aig *Bruce Peebles* aig aois 16³⁷ (c.1907) air dha fiathachadh fhaighinn bhon bhàrd.³⁸ Ann an 1911 bha MacIain cuideachd a' fuireach ann an 7 Leslie Place is e na fhear-dhealbhachaidh airson innleadairean-dhealain. Tha seachdnar a' fuireach san taigh ach chan eil sgeul air Mac-na-Ceàrdaich sa chunntas-sluaigh ud.³⁹

Phòs Dòmhnall Mairead Chaimbeul à Ceann Tangabhail aig Eaglais Ar Ban-Tighearna Reul na Mara ann am Bàgh a' Chaisteil air an 18mh den t-Sultain 1918. Bha esan 32 agus ise 28. Bha an t-àite-còmhnaidh aige clàraichte mar Wembley, an Lunainn, far a robh e fhathast na fhear-innleachd dealain.⁴⁰ Thairis air a' cheithir deug bliadhna a bha iad pòsta bha seachdnar chloinne aca.⁴¹ Tha MacilleDhuibh ag innse mar a dh'imrich Mac-na-Ceàrdaich sìos an sin air tàillibh

³⁵ MacCurdy, 69 agus MacilleDhuibh, 736.

³⁶ 1910 Sinclair, Donald [Statutory Deaths 108/00 0035].

³⁷ John Lorne Campbell, 'Anna and Calum Johnston', *Tocher*, 13 (1978), 162.

³⁸ Òraid Bill Innes aig Comunn Ghàidhlig Inbhir Nis, An t-Samhain 2010.

³⁹ Cunntas-Sluaigh 1911 685/01 031/00 007.

⁴⁰ 1918 Sinclair, Donald – Campbell, Margaret [Statutory Marriages 108/00 0005].

⁴¹ MacilleDhuibh, 737.

obair aige rè a' Chiad Chogaidh agus gun do ghluais e suas gu Manchester uaireigin mar an ceudna is e ag obair airson *Metropolitan-Vickers*.⁴²

Ann an 1917 tha Mac-na-Ceàrdaich ri fhaicinn ann an *Guth na Bliadhna* is e a' feuchainn gus "Comunn nam Bard Albannach" a stèidheachadh, gus a bhith "a' brosnuchadh agus a' cur an cèill Ealainean Bàrdachd agus Dàin-cheol na Gàidhlig" agus "a' tròrachadh adhartais agus gnàthachaidh na Gàidhlig, a litreachais agus a mìn-oilean."⁴³ Bha e fhèin gus a bhith an rùnaire, is tha e a' toirt seachad a sheòladh mar 57 Sràid Sheòrais, Dùn Èideann, ged nach eil sin a' ciallachadh gur e a àite-chòmhnaidh a bh'ann. Bha e fhathast ann an Lunainn ann 1921 nuair a chaidh a chlàradh anns *The Celtic Who's Who*.⁴⁴

Tha iomradh air ann an alt san Albannach ann an 1931 air 'Gaelic in London'.⁴⁵ An sin tha e air ainmneachadh mar aon de na h-òraidearan aca ann an sreath de thachartasan le Comunn Ghàidhlig Lunainn. Ghluais Mac-na-Ceàrdaich eadar Lunainn agus Manchester a thaobh obrach tro na ficheadan, tha e coltach.

Dh'eug Mac-na-Ceàrdaich leis a' chaitheamh air an 5mh Cèitean 1932 agus e 46 bliadhna a dh'aois. Aig an àm seo bha e a' fuireach faisg air Manchester. Air latha a' bhàis bha e na euslainteach aig Ospadal Pulmonary Peel Hall, an Little Hulton, faisg air Manchester.⁴⁶ B' e a

⁴² *ibid.*

⁴³ Dòmhnall Mac-na-Ceardadh, 'Comunn nam Bard Albannach', *Guth na Bliadhna*, 14 (1917), 218-25 (220).

⁴⁴ Lachlan MacBean, deas., *The Celtic Who's Who* (Kirkcaldy: Fifeshire Advertiser, 1921), 145.

⁴⁵ 'Gaelic in London', *The Scotsman*, Oct 9 1931, 13.

⁴⁶ 1932- Donald Sinclair – Death DYC859112.

bhean Mairead a chlàr a bhàis, agus chaochail i fhèin còig bliadhna às dèidh sin.⁴⁷ Chaidh a' chlann òg' aca a thogail le a bhràthair, an Sgoilear Ruadh.⁴⁸



Clach Chuimhne Mhic-na-Ceàrdaich, 's a nighean, ann an Cladh Naomh Bhrianain am Barraigh (Mac Leòid)

A bharrachd air na sgrìobh MacDhiarmaid ma dheidhinn às dèidh a bhàis, sgrìobh Dòmhnall Buchanan gun robh e:

The most accomplished of Barra's Gaelic scholars [...]. I discerned in him a plane of intelligence that was rare in Barra and probably in the wider world; a premature death brought an eclipse over a horizon intellectually wider than even his Gaelic scholarship.⁴⁹

⁴⁷ Fiosrachadh pearsanta bhon teaghlach.

⁴⁸ *ibid.*

⁴⁹ Buchanan, *Reflections*, 206.

Saoghal Mhic-na-Ceàrdaich

Suidheachadh Sòisealta ann am Barraigh

Aig crìoch an 19mh linn agus aig toiseach an 20mh linn bha eaconomaidh Bharraigh stèidhichte air buain na mara agus soirbheas an tìre.⁵⁰ Bha croitearan dìreach gu còirichean teàrainte fhaighinn air an fhearann aca nuair a rugadh Mac-na-Ceàrdaich ann an 1885.⁵¹ Ach ann an sgìre Bhàgh a' Chaisteil, bha gu leòr cotairean ann aig nach robh fearann sam bith.⁵² Bha an t-eilean fo sheilbh a' Bhana-Thighearna Cathcart, agus foidhpe bha fir-taca is tuathanaichean mòra.⁵³ Bha 2161 air an eilean ann an 1881 a-reir an seansas.⁵⁴ A thaobh cànan b' e Gàidhlig cainnt an eilein airson a' mhòr chuid. Ach bha ciùirearan agus luchd nan taigh mòra ann cuideachd: fir-taca, maoirean agus cìobairean a bha Gallda sa bhitheantas.⁵⁵

Chaidh fianais mu chor nan croitearan a thogail ann am Bàgh a' Chaisteil as t-Earrach 1883.⁵⁶ Dh'innis iad dhan choimisean gu robh, "The people are complaining of the smallness of their holding and its inferior quality, of the up-handedness of the factors, and the oppression of landlords."⁵⁷

Tha bochdainn gu h-àiridh follaiseach anns an fhianais. Tha ceithir fianaisean ann am Bàgh a' Chaisteil a' riochdachadh cho gann is a bha bainne airson na cloinne. 'S e fianais Ailean Mac an

⁵⁰ Buchanan, *Reflections*, 135-151.

⁵¹ Great Britain, *Crofters Holdings (Scotland) Act 1886 c. 29* (London: Eyre & Spottiswoode, 1886), 1-3.

⁵² Ben Buxton, *The Vatersay Raiders* (Dùn Èideann: Birlinn, 2008), 72.

⁵³ *Evidence Taken by Her Majesty's Commissioners of Inquiry into the Condition of the Crofters and Cotters in the Highlands and Islands of Scotland*, 1, (1883), D. W. M'Gillivray, 677.

⁵⁴ *Evidence Taken by Her Majesty's Commissioners of Inquiry into the Condition of the Crofters and Cotters in the Highlands and Islands of Scotland*, Report with Appendices, (Edinburgh, 1883), 98

⁵⁵ *Choimisean Napier*, 1, 654.

⁵⁶ *ibid.*, 643-98.

⁵⁷ *ibid.*, Michael Buchanan, 643.

t-Saoir, a bha na chotair sa Ghleann, a tha a' sealltainn gu dè dìreach cho bochd 's a bha na daoine a thaobh biadh is bainne:

10866. [*Sherriff Nicolson*] Where do you get milk if you get any?—I know no such thing as milk. I don't know what it means for a number of years. There is not a place here where milk can be had. Can I get it from the man who has it not?—who requires it as much as I do.

10867. Then of course you are obliged to take tea, sugar, treacle, and such things, instead of milk?—We are obliged to take gruel.

10868. Are things worse than they were when your father was alive? —We are just able to live.⁵⁸

Ged nach eil fianais ann gu robh na trioblaidean seo aig taigh Mhic-na-Ceàrdaich, bhiodh eòlas aige air bochdainn am measg an t-sluaigh o aois gu math òg. Cha deach tuathanasan ceann a' tuath Bharraigh agus Tuathanas Bhatarsaigh an sgaoileadh gus an robh Mac-na-Ceàrdaich co-dhiù na dheugaire.⁵⁹ Chaidh Bhatarsaigh a sgaoileadh ann an 1909, air dhan riaghaltas a cheannach a' bhliadhna roimhe airson £6250.⁶⁰ Bha na h-adhbharan airson nan 'raids' agus na sgaoilidhean a lean iad-sin glè choltach ris na gearranan a chaidh a thaisbeanadh am Bàgh a' Chaisteil fichead bliadhna roimhe. Tha e coltach mar sin gum biodh e eòlach gu leòr air gainnead fearainn agus bochdainn.

A thaobh gluasadan phoilitigeach, aig toiseach an fhicheadamh linn bha strì mòr a' dol air na h-eileanan gus na tuathanasan mòra a sgaoileadh. Ann am Barraigh bha an strì seo air a

⁵⁸ *ibid.*, Allan MacIntyre, 684.

⁵⁹ Buxton, 76.

⁶⁰ *Mhiughlaigh*, 149.

riochdachadh anns na ‘raids’, nuair a rachadh muinntir nan eilean gu pìos fearainn air na tuathanasan mòra is thòisich iad a’ togail taighean gun suim air an neach-sealbh.⁶¹

Bhiodh Mac-na-Ceàrdaich eòlach air cuid de na tachartasan a bha a’ cur Barraigh agus Bhatarsaigh gu aire a’ mhòr-shluaigh air feadh na h-Albann. Bha muinntir Bhàgh a’ Chaisteil, a bha a’ coimhead thall gu eilean Bhatarsaigh air iarraidh air Gordon-Cathcart an t-eilean ud a roinn eadar na cotairean. Ach cha do dh’aontaich an neach-sealbh ri seo.⁶² As t-Samhradh 1906 thòisich buidheann de chotairean a’ gluasad a-nall a Bhatarsaigh beag air bheag. Am measg nan daoine seo bha cuid de chlann Mhic-na-Ceàrdaich, Iain Mac-na-Ceàrdaich agus Donnchadh Mac-na-Ceàrdaich, a bha cairdeach dhan a’ bhàrd, is iad uile bho sliochd Dhunnchaidh Chìobair.⁶³ Dh’fhan iad an sin gu ruige an t-Earrach an ath-bhliadhn’ nuair a thòisich an cùis-lagha nan aghaidh. Ann an 1908 fhuair iad binn de dhà mhios ann am Prìosan a’ Challtainn ann an Dùn Èideann. Bha Mac-na-Ceàrdaich sa bhaile aig an àm, ag obair airson *Bruce Peebles*. Cha bhiodh e iongantach nan robh e am measg an t-sluaigh a bha a’ cur fàilte air na ‘raiders’ aig stèisean Dhùn Èidinn.⁶⁴ Chan eil teagamh sam bith ann gum biodh am bàrd eòlach air na ‘raiders’. Fiù 's mur nach robh e càirdeach dhaibh cha b' urrainn do dh' fhear òg le ùidh ann am poiliteags, a bha a' gluasad eadar Barraigh is Dùn Èideann a bhith gun fhios air naidheachd a bha ri fhaicinn sna pàipearan Gallda agus air a thogail ann an Taigh nan Cumantan.⁶⁵

⁶¹ Buxton, 74.

⁶² *ibid.* 69-70.

⁶³ Buxton, 95.

⁶⁴ *ibid.*, 3.

⁶⁵ HC Deb 20 February 1906, vol 152, cc 269.

Air an làimh eile b' e aon de na cùisean dochais a nochd ann an Aithisg a' Choimisean Napier an t-iasgach sgadain. Bha dithis ciùrearan Gallda a' toirt fianais seachad agus mar an ceudna tha na Barraich a' bruidhinn air a' ghnìomhachas agus na feumanan aca airson a leudachadh.⁶⁶ Chluinnear aig Tomas Jenkins, gu robh bàtaichean mòra airson nan sgàdan air a bhith aig na Barraich o chionn trì bliadhna agus bha sa bhliadhna sin fhèin ochd bàtaichean Barrach aig a' ghnìomhachas.

Ann an 1886, dìreach às dèidh breith a' bhàird bha mu thimcheall air 400 sgothan iasgach a' seòladh a-mach à Bàgh a' Chaisteil eadar a' Mhàigh agus crìoch an Ògmhios agus rè an àm seo bhiodh mu thuaiream 2000 neach ag obair air an eilean leis na ciùrearan.⁶⁷ Airson beartais aon de na h-iasgairean Barraich a thaisbeanadh faodar coimhead air Dòmhnail Uilleam MacLeòid à Bruairnis, a chàill a bhàta aige faisg air Chanaidh agus a dh'fhalbh air làrach bonn do Thaobh Sear na h-Albainn airson tè ùr.⁶⁸ B' e an tè ùr an *Reul na Maidne*, ainm luing a tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh ann an 'Lughain Lir.'⁶⁹

Bhiodh Mac-na-Ceàrdaich fhèin glè eòlach air a' ghnìomhachas air sàillibh suidheachadh a' bhaile aige a' coimhead a-mach thar a' Bhàigh agus gu robh esan agus fir a theaghlach uile aig an iasgach.⁷⁰ Tha buaidh an dòigh bheatha seo a' nochdadh mar aon de na prìomh bhuidhean san obair aige.

⁶⁶ *Comisean Napier*, 1, Thomas Ross agus Thomas Jenkins, 667-77.

⁶⁷ Francis Thompson, *The Uists and Barra*, (London: David & Charles, 1974), 142-5.

⁶⁸ Catriona NicNèill, 'Sult is Ìgh: Iasgach Sgadain air Eilean Bharraigh' (tràchdas MA neo-fhoillsichte, Oilthigh Ghlaschu, 2009), 58.

⁶⁹ D.M.N.C., 'Lughain Lir', *An Ròsarnach*, 3 (1921), 51-84 (66).

⁷⁰ MacilleDhuibh, 736.

Leis a' Chiad Chogadh bha margaidean Tìr-Mòr na h-Eòrpa, air an robh an gnìomhachas cho eisimeil air a dhùnadh dhan mhalairt aca.⁷¹ Mar an ceudna nochd tràlairean-smuide a rinn cron mòr air a' gnìomhachas:

The most regrettable feature of recent years has been the decline to the point of extinction of the magnificent fishery... Opinions may differ on the contributory causes of this decline, but no one will disagree that the coming of the steam trawlers has been the chief reason for it.⁷²

Ach tha e fìor a ràdh gum biodh an gnìomhachas seo a' toirt do theaghlach Mhic-na-Ceàrdaich teàrainteach agus beò-shlainte leantanach am measg cotairean a' Ghlinne ri linn òige.

⁷¹ Mac a' Bhreatunnaich, 'Cùtairean', 130.

⁷² Campbell, *Book of Barra*, 277.

Saoghal Obrach- Bruce Peebles, Vickers, Metropolitan-Vickers

Tha e coltach gun deach Mac-na-Ceardadh fhastadh ri linn meudachadh aig *Bruce-Peebles* ann an 1904.⁷³ Ron a' Chiad Chogadh bha iad a' togail ginleachdan agus atharraichean-dhealain a bha air an cleachdadh airson stàiseanan-chumhachd; rathaidean-iarainn agus mèineachan. Tha e coltach gum biodh Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh teicneòlas is a' dealbhachadh innealan a bha cho ùr sa ghabhas.

Chan eil cus fios againn cuin a dh'fhalbh e a dh'obair airson *Metropolitan-Vickers*, a chaidh a stèidheachadh faisg air crìoch a' chogaidh. Ann an 1917 fhuair *Metropolitan* sealbh air an *British Westinghouse Electrical & Manufacturing Company*, agus 's ann ann am pàirteachas le *Vickers* a rinn iad sin.⁷⁴ Bha factaraidh mhòr aig *Metropolitan-Vickers* air oir Manchester, Trafford Park a bha air a bhith aig British Westinghouse on a thog iad e aig toiseach an fhicheadaimh linn⁷⁵ 'S ann an sin a bhiodh am bàrd ag obair, tha e coltach, ri linn obrach sa bhaile ud.

Aig àm a' chogaidh chaidh thairis air trì mìle neach bho British Westinghouse dhan airm, is chaidh thairis air trì ceud am marbhadh. Ach nuair a mhothaich iad call an luchd-obraich sgìleal bha feum aig an luchd-obraich "Certificate of Dispensability" fhaighinn mus robh cead aca dol dhan airm.⁷⁶ Tha e coltach mar sin nach biodh feum aig Mac-na-Ceàrdaich a bhith a' sàbaid sa chogadh a thaobh obrach co-dhiù.

⁷³ *The Story of Bruce Peebles- 1866-1954* (1955), 19.

⁷⁴ J. D. Scott, *Vickers: A History* (Lunainn: Weidenfield, 1962), 141-2.

⁷⁵ John Dummelow, *Metropolitan-Vickers Co. Ltd. 1899-1949* (Manchester: Metropolitan-Vickers, 1949), 3-4.

⁷⁶ *ibid.*, 48-9.

A Bheatha Litreachail

Bha ceanglaichean iom-fhillte aig a' bhàrd am measg saoghal litreachail Dhùn Èidinn agus am measg nan Albannach an Lunainn. Mar sin tha e iomchaidh a bhith a' coimhead air an dàimh aige ri Alasdair MacGilleMhìcheil; Giollachriosd Mac a' Ghreidhir agus Ruairidh Arascain is Mhàirr. Bhiodh buaidh cuideachd aig na bàird sa choimhearsnachd ann am Barraigh air, is mar sin coimheadaidh sinn air co-chruinneachadh den t-saothair acasan agus air a' bhàrd ainmeil Maighstir Ailean Dòmhnallach.

Alasdair MacGilleMhìcheil⁷⁷

Tha MacCurdy ag ràdh gu robh Mac-na-Ceàrdaich is Alasdair MacGilleMhìcheil (1832-1912) càirdeach ri chèile air taobh athar.⁷⁸ Bhiodh sin a' toirt beagan de thoiseach-tòiseachaidh dhan sgrìobhadair òg is e a' coinneachadh an Dùn Èideann ri aon de na sgoilearan Gàidhealach a bu chliùitiche beò. Rugadh MhicGilleMhìcheil ann an Lios Mòr is bha e air a bhith a' cruinneachadh stuthan dè gach seorsa a' buntainn ri dualchas nan Gàidheal o aois òg.⁷⁹ Nuair a dh'eug e ann an 1912 bha an taigh aige ann am Barnton Terrace. Bha an taigh aige na àite-coinneachaidh airson nan Gàidheal an Dùn Èideann⁸⁰ is cha b' fhada air falbh e bho taigh Mhic-na-Ceàrdaich ann an 1910 a bha mìle air falbh ann an Stockbridge.

Chìthear bho na pàipearan aige gu robh MacGilleMhìcheil aig teas-meadhan nan Gàidheal litreachail an Dùn Èideann is e ag obair còmhla ris an Dotair Seòras MacEanruig, Niall

⁷⁷ Derick S. Thomson, 'Carmichael, Alexander (1832–1912)', *Oxford Dictionary of National Biography*, Oxford University Press, 2004; online edn, May 2006 [http://www.oxforddnb.com/view/article/48849, accessed 27 Nov 2010]

⁷⁸ MacCurdy, 69.

⁷⁹ Domhnall Uilleam Stiùbhart, 'Alexander Carmichael and *Carmina Gadelica*' ann an *The Life & Legacy of Alexander Carmichael* deas. Domhnall Uilleam Stiùbhart (Port of Ness: Island Book Trust, 2008), 1-39 (3-4).

⁸⁰ Derick S. Thomson, 'Carmichael', *ODNB*, [http://www.oxforddnb.com/view/article/48849, accessed 27 Nov 2010].

MacLeòid, An t-Ollamh MhicIonmhain agus Henry ‘Fionn’ Whyte.⁸¹ Cuideachd bha an nighean aige a’ dealbhachadh *The Celtic Review* far an do nochd dàn aig Mac-na-Ceàrdaich.⁸² B’ e annas-làimhe MhicGilleMhìcheil an co-chruinneachadh *Ortha nan Gàidheal*.⁸³ Ged a tha fhathast⁸⁴ deasbadaidh ri chluinntinn mu cho fialaidh ’s a bha e ann a bhith a’ libhreagadh an dualchais a thog e bho na tùsan aige chan eil teagamh gu robh suim mòr aig na Gàidheil air na chlàr e.

A thaobh buaidhean air Mac-na-Ceàrdaich òg bhiodh sinn an dùil gum biodh dualchas nan orthan agus nan geasan ri fhaicinn na shaothair. B’ e an dualchas san deach Mac-na-Ceàrdaich a thogail an aon dualchas a bha a’ toirt gu leòr den bheul-aithris dhan cho-chruinneachair. Ach chìthear ann an *Long nan Òg*, mar eisimpleir, gu robh nithean òs-nàdarach a’ tighinn am follais ann an saothair Mhic-na-Ceàrdaich.⁸⁵ Ann an *Crois-Tara!* chìthear buaidhean dìonach Naomh Cholm Chille agus Achlais-Naoimh Choilm Chille air an cleachdadh san dol seachad.⁸⁶

Bàird na Camhanaich

Tron darna leth den fhicheadamh linn chaidh gu leòr de shaothair bàird bho tùs an linn a dhìtheadh mar sgrìobhaidhean a bha fo bhuidhe chultair agus chlàs eile. A rèir a bheachd sin bha na Gàidheil a’ toileachadh ìomhaigh de Chamhanaich Cheiltich a chaidh a chruthachadh le sluagh eadar-dhealaichte. Tha dòranan ainmean co-cheangailte ris gu seachd àraidh Mairsili

⁸¹ Meek, ‘Carmichael and Celtic Christianity’, 92.

⁸² D.M.N.C., ‘An Ionndrainn’ *The Celtic Review* (June 1916), 333-5.

⁸³ Alasdair MacGilleMhìcheil, *Ortha nan Gàidheal: Urnan agus Ubagan*, 1-6 (Dùn Èideann: Floris Books, 1900-1971 [2006]).

⁸⁴ Donald Meek, ‘“Faking the True Gael”? *Carmina Gadelica* and the Beginning of Modern Gaelic Scholarship’ *Aiste*, 1, deas. Michel Byrne, Thomas Clancy & Roibeard O Maolalaigh (Glaschu: Roinn na Ceiltis Oilthigh Ghlaschu, 2007), 76-106 (103-6).

⁸⁵ Dòmhnall Mac-na-Ceardadh, *Long nan Òg*, (Dùn Èideann: Comunn Litreachais na h-Alba, 1927).

⁸⁶ D.M.N.C. ‘Crois-Tara!’, *Guth na Bliadhna*, 11 (1914), 311-53.

Cheanadach-Friseal agus Coinneach MacLeòid agus a rèir an luchd-càinidh tha buaidh an iomairt seo a' dol air ais dhan naoidheamh linn deug far an robh dol-sìos mòr ann am bàrdachd na Gàidhlig.⁸⁷ Bha an iomairt ealain seo stèidhichte sa bhaile mhòr, gu math tric am measg luchd-foghlaimte a bha nam mhinistearan neo nan sgoilearan.⁸⁸ Do MhacGill-eain bha cudromachas Marcsach anns an teicheadh gu àiteachan chian na Camhanaich a bha air am moladh leis na bùidearsaich sa bhaile mhòr.⁸⁹

Rinn bàird na Camhanaich fhèin òrain airson a' mhòr-shluaigh agus chaidh iad seo a chur an clò ann an co-chruinneachaidhean a bha gu math cliùiteach is iad a' dol tro iomadach clò-bhualadh.⁹⁰ B' e aon de na riochdachaidhean a b' ainmeile den Chamhanaich na leabhraichean de dh'òrain Ghàidhlig a rinn Mairsili Cheanadach-Friseil agus Coinneach MacLeòid, le eadar-theangachaidhean sùbailteach de na facail agus tàr-sgrìobhaidhean den cheòl, *Songs of the Hebrides*.⁹¹

Chan eil na beachdan aig Mac-na-Ceàrdaich air a' chonnsaid air an glèidheadh cho fad 's aithne dhomh. San obair dràmach tràth aige, tha e a' seachnadh a leithid de riochdachadh ealanta air cultair nan Gàidheal airson nam mion-òrain Gàidhlig san nòs dualchasach. Air an làimh eile ghabhadh buaidh MhicLeòid agus na h-ailtean aige air a' mhuir, leithid 'Duatharachd na Mara,'⁹² fhaicinn anns an sgeulachd 'Lughain Lir.'

⁸⁷ MacGill-eain, 'Realism', 45-6.

⁸⁸ Magnus MacLean, *The Literature of the Highlands* (Lunainn: Blackie, 1904), 205.

⁸⁹ MacGill-eain, 'Realism', 19.

⁹⁰ Niall MacLeòid, *Clarsach an Doire: Dain agus Orain*, treas clò-bhualadh (Duneideann: MacLachlainn agus an Stiubhartach, 1902).

⁹¹ Marjory Kennedy-Fraser and Kenneth MacLeod, *Songs of the Hebrides*, 1-3 (1), (Lunainn: Boosey, 1909-21).

⁹² Coinneach MacLeòid, 'Duatharachd na Mara' *Celtic Review*, 6 (1910), 241-57.

'S ann tro dhuilleagan *The Celtic Review* a chìthear ùidh Choinnich MhicLeòid ann am buaidh na mara air na Gàidheil. San aiste 'The Celt and the Sea'⁹³ chìthear iomraidhean air faoileagan òs-nadarras;⁹⁴ an ionndrainn-cuain⁹⁵ agus ceangal eadar a' mhuir agus an Òigh Mhoire⁹⁶ a tha uile a' nochdadh ann an obair Mhic-na-Ceàrdaich. Faisg air an àm seo cuideachd bha MacLeòid air foillseachadh dàin mhara ann an sreath a bha ri fhaicinn on Ghiblean 1907 dhan Ghiblean an ath-bhliadhn'.⁹⁷ San t-sreath seo nochd 'An Ionndrainn,' òran cianalais mu dheidhinn Barraigh a rinneadh a rèir choltais le nighean Mhic Nèill Bharraigh.⁹⁸ Chleachd Mac-na-Ceàrdaich an aon tiotal airson aon de na h-òrain aige fhèin anns a bheil cuid de na h-aon chuspairean a nochdadh.

A' coimhead air na bàird eile san iomairt seo bha Mac-na-Ceàrdaich air eòlas fhaighinn air Niall MacLeòid ann an Dùn Èideann. Tha ceangal eadar an dà bhàrd a thaobh meataireachdan. Tha 'Sine Chalum Bhain'⁹⁹ agus 'Màiri Bhail' a' Chro'¹⁰⁰ aig MacLeòid mar eisimpleir agus 'Loch na h-Òb' aig Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh na h-aon meataireachd le ath-aithris aig crìoch gach rann. Ged a bha iad-seo cumanta am measg bàird an ama tha e a' sealltainn gu robh Mac-na-Ceàrdaich, ann am meataireachdan co-dhiù na phàirt den t-saoghal chruthachail seo.

A' toirt sùil orrasan a mhothaich agus a chaidh an aghaidh na Camhanaich seo, bha Somhairle MacGill-eain cudromach a thaobh a bhith a' togail aire an t-sluaigh sna Tritheadan ris na

⁹³ Kenneth MacLeod, 'The Celt and the Sea' *Celtic Review*, 3 (1907), 242-251.

⁹⁴ *ibid.*, 244-5.

⁹⁵ *ibid.*, 246.

⁹⁶ *ibid.*, 247.

⁹⁷ Kenneth MacLeod, deas., 'Sea Poems', *Celtic Review*, III-IV, 12-16 (1907-8), 332-351.

⁹⁸ Kenneth MacLeod, deas., 'An Ionndrainn', *Celtic Review*, IV, 15 (1908), 248-49.

⁹⁹ MacLeòid, 'Sine Chalum Bhain', *Clarsach an Doire*, 10-11.

¹⁰⁰ MacLeòid, 'Màiri Bhail' a' Chro', *ibid.*, 21-3.

buaidhean neo-Ghàidhealach a bha esan a' faicinn ann an iomairt na Camhanaich.¹⁰¹ Tha e iomchaidh a bhith a' beachdachadh air na thuirt MacGilleain mu dheidhinn Mhic-na-Ceàrdaich san aon aiste:

As far as I know the only poet of consequence in the 20th Century was the late Donald Sinclair, whose talent again was outwith the main stream of Gaelic poetry. He expressed a Catholic mysticism in a beautiful but over-elaborate and artificial diction: 'Saoibhir sìth nan sian a nochd air Tir an Aigh', but he is more poignant and poetically greater in his occasional simple flashes:

Chan iongnadh cill mo shluaigh an cois nan cuan bhith
balbh,
Cha iongnadh uchd nam tuam bith 'n tòic le luach na
dh'fhalbh.

To say that his verse in the main lacks realism is not, however, to deny that Sinclair was a very considerable and very shamefully neglected poet.¹⁰²

Ged a bha buaidh mhòr aig bàird na Camhanaich air Mac-na-Ceàrdaich, tha MacGill-eain a' mothachadh nach ann gu tur bhon aon sìol a tha saothair Mhic-na-Ceàrdaich. Is fiù 's nuair a tha e ga mheasadh le slatan-tòmhais fìorachais tha e mothachail air ealain a' bhàird.

Mar sin tha dàimh iom-fhillte aig Mac-na-Ceàrdaich leis a' Chamhanaich. Air aon làimh chan eil teagamh ann nach eil e mothachail air cuid de na lochdan a tha air an ainmeachadh ann an aisticean MhicGill-eain, a thaobh dìth bhrìgh ann am bàrdachd Ghàidhlig.¹⁰³ Tha e follaiseach aig an ìre sa nach robh Mac-na-Ceàrdaich gu tur air a dhòigh leis na beachdan a bha a' dol ann an saoghal bàrdachd na Gàidhlig ri a linn fhèin. Ach bha e, a rèir coltais, eòlach air bàird mar

¹⁰¹ MacGill-eain, 'Realism', 20.

¹⁰² *ibid.* 47.

¹⁰³ D.M.N.C., 'Inbhe', 446.

Niall MacLeòid agus sgrìobhadairean cultarail mar Choinneach MacLeòid is tha buaidhean nan sgrìobhadairean ud am follais na shaothair a thaobh teamaichean agus cruthan.

Ruaraidh Arascain is Mhàirr

Bha Ruaraidh Arascain is Mhàirr na dharna mhac don Tighearna Arascain.¹⁰⁴ Chaidh a thogail an Dùn Èideann far an d' fhuair e a Ghàidhlig bho a bhan-altram Hearach.¹⁰⁵ Rinneadh Arascain na Iar-Cheannard don Scottish Home Rule Association ann an 1892.¹⁰⁶ Mar sin tha e coltach gu robh poiliteags nan Nàiseantach tarraingeach dha, na dhuine òg. Chaidh Arascain dhan Chòmhdhail Pan-Cheilteach ann an 1901 mar an riochdaire Albannach agus stèidhich e Co-Chomuinn Albannach sna ficheadan. Bha sin stèidhichte air buidheann nàiseantaich ann an Lunainn an toiseach agus is cinnteach gum biodh Mac-na-Ceàrdaich eòlach orra fiù 's mur nach robh e na bhall den chomann. Cuideachd, coltach ri cuid de Nàiseantaich eile, leithid Liam Mac Gill'iosa¹⁰⁷ ghabh Arascain ùidh mhòr ann am poiliteags na h-Èireann.

'S ann mar fhoillsichear agus fear-deasachaidh a tha buaidh Arascain a' tighinn am follais am beatha Mhic-na-Ceàrdaich. Thòisich Arascain *Guth na Bliadhna* fhoillseachadh ann an 1904 agus mhair an iris sin airson barrachd air fichead bliadhna.¹⁰⁸ An sin agus ann an irisean eile, thaisbean e a bheachdan air ceistean economaigeach, cultarach agus poiliteagach. Ann am beachd H. J. Hanham:

[*Guth na Bliadhna* and the *Scottish Review*] are two of the few major landmarks of early twentieth-century Scottish nationalism, along with the poems of Hugh MacDiarmid.¹⁰⁹

¹⁰⁴ H. J. Hanham, *Scottish Nationalism* (Cambridge: Harvard University Press, 1969), 123.

¹⁰⁵ 'Ruaraidh Arascain is Mhàirr', *Gairm*, 16 (1956), 367.

¹⁰⁶ Hanham, 123.

¹⁰⁷ William Gillies, 'Liam MacGill'iosa: A friend of the Gael' *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, 56, (1988-90), 503-33, (519-20).

¹⁰⁸ Dòmhnall Moireach Weir, "'Albainn nan Ceilteach" Sgrùdadh de Nàiseantachas mar Chuspair san Iris *Guth na Bliadhna* (1904-25)' (tràchdas neo-fhoillsichte Maighstireachd, Oilthigh Ghlaschu, 2005-06), 2.

¹⁰⁹ Hanham, 135.

Tron dà iris seo chaidh gu leòr de dheasbadaidh nan Nàiseantach aig an àm sin fhoillseachadh agus b' e fòram a bha annta airson beachdan phoillteagach a leasachadh.¹¹⁰

Leis *An Ròsarnach* agus *An Sgeulaiche* bha e cuideachd a' toirt cothrom do sgrìobhaidearan cruthachail a bhith air am foillseachadh sa Ghàidhlig. Ann an duilleagan *Guth na Bliadhna* bha sanasan ann airson co-fharpaisean litreachail agus bha e cuideachd air cùlaibh clò-bhualadh ùr den obair Diadhachd *An Cath Spioradail*.¹¹¹ Mar sin bha buaidh mhòr aige air litreachas na Gàidhlig aig an àm. B' e Caitligeach a bh'ann an Arascain is Mhàirr is bha e a' foillseachadh altan air Diadhachd le Ìosaichean¹¹² is sagairtean eile: sgrìobhadh a bhiodh tarraingeach do Mhac-na-Ceàrdaich a bha na Chaitligeach cuideachd.

Bho na co-fharpaisean aige¹¹³ tha e follaiseach gu robh Arascain a' cur ùidh ann an dràma na Gàidhlig agus 's e dà dhealbh-chluich le Mac-na-Ceàrdaich a chaidh fhoillseachadh an toiseach. O chionns nach eil aithris air cò a bhunaich, tha e coltach nach robh gu leòr tagraichean ann airson nan co-fhàrpaisean dràma a chumail a' dol. Ach tha e coltach gu robh na dealbhan-chluiche aig Mac-na-Ceàrdaich a' còrdadh ris agus bha beachdan an dithis aca coltach ri chèile a thaobh phoillteags agus creideamh: bhiodh a' chuid bu mhotha de shaothair Mhic-na-Ceàrdaich air fhoillseachadh fo Arascain is Mhàirr tro bheatha agus rinn Arascain na h-eadar-theangachaidhean de shaothair Mhic-na-Ceàrdaich a chleachd MacDhiarmaid.

¹¹⁰ Hanham, 134-5.

¹¹¹ Lorentzo Scupoli, *An Cath Spioradail*, ead-theang. Athair Eòghan Mac Eachainn, deas. Ruaraidh Arascain is Mhàirr (Peairt: Clò-Chlàr Chaitliceach na h-Alba, 1908).

¹¹² An Athair Gilleasbuig Caimbeul S.I., 'Mòd na Sàcramaide' *Guth na Bliadhna* (1908), 297-302.

¹¹³ 'Literary Competitions', *Guth na Bliadhna*, 9 (1912) duilleagan gun àireamh aig crìoch iris an Earraich.

Giollachrìosd Moraibh Mac a' Ghreidhir

Bho na sgrìobh an t-ùghdar Ghallda, tha e cho soilleir sa ghabhas gun tug Mac-na-Ceàrdaich buaidh mhòr air Giollachrìosd Mac a' Ghreidhir.¹¹⁴ Mus do choinnich e ri Somhairle MacGille-eain, tha e coltach gur e Mac-na-Ceàrdaich an Gàidheal a dh'fhàg a' bhuidh bu mhotha air Mac a' Ghreidhir. Tha briathran Mhic-na-Ceàrdaich air an cleachdadh le MacDhiarmaid sna h-aisticean aige, mar eisimpleir:

“What Gaelic needs,” says Donald Sinclair, “is a tremendous revival of idiom. A great deal of the language has gone dead through disuse. It must be revived.” The problem in Scots is precisely the same.¹¹⁵

Chìthear an seo buaidh bheachdan Ghàidhealach air Mac a' Ghreidhir is e a' beachdachadh air cor na Beurla Ghallda. Tha e doirbh a bhith cinnteach cuin a choinnich na sgrìobhadairean an toiseach ach ma dh'fhaoidte gur ann tro sgrìobhadh Mhic-na-Ceàrdaich san *Pictish Review*, 1927-28, a bha Mac a' Ghreidhir a' deasachadh, a dh'fhàs a spèis don bhàrd Ghàidhlig.

Anns a' chiad iris den *Pictish Review* nochd eadar-theangachadh de aon de na h-òrain ghoirid a chleachd e anns an dealbh-chluich *Long-nan-Òg* mu dheidhinn an luing cheudna, 'The Ship of Youth'.¹¹⁶ Nochd lèirmheas air *Long-nan-Og* sam *Pictish Review* sa Mhàirt cuideachd, nuair a nochd an leabhar an clò. Bha eadar-theangachadh ann cuideachd den sgeulachd 'Lughain Lìr' ann an earrannan fon tiotal 'The Powers of the Sea'¹¹⁷ agus chaidh 'Cogais Naiseanta'

¹¹⁴ B'e seo an t-ainm Gàidhlig a chleachd an sgrìobhadair is a chìthear anns am *Modern Scot* is irisean eile.

¹¹⁵ Hugh MacDiarmid, 'English Ascendancy in British Literature', ann an *Sign of the Thistle*, 11-32, 25.

¹¹⁶ D.M.N.C., 'The Ship of Youth', *The Pictish Review* eadar.theang Ruaraidh Arascainn is Mhàirr, deas. Hugh MacDiarmid (1927), 8.

¹¹⁷ D.M.N.C., 'The Powers of the Sea', ead.-theang Ruaraidh Arascainn is Mhàirr ann am *Pictish*, 10-60.

fhoillseachadh sa Ghàidhlig ann an earrannan mar an ceudna.¹¹⁸ Bhiodh MacDhiarmaid co-dhiù a' tuigsinn nan eadar-theangachaidhean, mar thaisbeanadh air stoidhle agus comasan Mhic-na-Ceàrdaich. Tha e follaiseach a-rithist gu robh Arascainn a' dèanamh na b' urrainn dha gus sgrìobhadh Mhic-na-Ceàrdaich a bhrosnachadh leis na h-eadar-theangachaidhean aige, an turas seo ann an cuideachd MhicDhiarmaid.

Ann an 1926 bha MacDhiarmaid a' moladh Mhic-na-Ceàrdaich gu fialaidh:

In Gaelic drama recently rather more is being done; and certainly one great play has been produced, far greater than any in Braid Scots or English by any living Scots dramatist –*Crois-Tara!* (*The Fiery Cross*, a play of the time of the '45) by Domhnall Mac-na-Ceardadh, who has also written distinguished verse.¹¹⁹

Tha Mac-na-Ceàrdaich a' nochdadh anns na còmhraidhean eadar MacDhiarmaid agus Somhairle MacGill-eain cuideachd is iad a' deasachadh *The Golden Treasury*. Nochd a' chiad iomradh air sa chiad litir eadar MacGill-eain agus Mac a' Ghreidhir, agus iad ag ullachadh a' cho-chruinneachaidh ann an 1934:

MacGill-eain: I remember you also mentioned that you would like something by Sinclair included. Unfortunately I have only read one piece by Sinclair (in an anthology) and his work is not accessible to me just now, but I think you said that you had some or all of it in your hands.¹²⁰

¹¹⁸ D.M.N.C., 'An Cogais Naiseanta', *Pictish*, 78-91.

¹¹⁹ Hugh MacDiarmid, *Contemporary Scottish Studies* (Manchester: Cacanet, 1995), 421.

¹²⁰ Litir bho MacGill-eain gu Mac a' Ghreidhir, 27/7/1934 ann an *The Correspondence Between Hugh MacDiarmid and Sorley MacLean* deas. le Susan R. Wilson (Dùn Èideann: EUP, 2010), 117-118, (118).

Fhreagair MacDiarmaid gun robh “some of his stuff”¹²¹ aige ann an Sealltainn ach a’ mhòr chuid aig Sheriff MacMaster Campbell. Cha robh MacGill-eain ach air aon de na dàin aig Mac-na-Ceàrdaich a leughadh, ‘An Ròs Aluinn.’ Bha e den bheachd gu robh e “very fine”¹²² is gheall e eadar-theangachadh a thoirt do MhacDhiarmaid.¹²³ Chìtheas gu robh cuid de làmh-sgrìobhainnean de shaothair Mhic-na-Ceàrdaich ann an làimhean Mhic a’ Ghreidhir às dèidh bàs a’ bhàird. Cha deach iad seo a lorg ge-tà am measg pàipearan MhicDhiarmaid mar a thàinig iad shìos dhuinn.

Tha iomraidhean beaga eile air Mac-na-Ceàrdaich a’ nochdadh ann an litrichean MhicDhiarmaid an siud ’s an seo¹²⁴ Choinnich Mac a’ Ghreidhir ris An Sgoilear Ruadh ann am Barraigh. Sgrìobh e dha bhean: “Had splendid time in Barra with Donald Sinclair’s brother, Neil Sinclair, Father John MacMillan, Compton Mackenzie etc.”¹²⁵ Tha e coltach mar sin gu robh dàimh chàirdeil eadar an dithist sgrìobhadair, dàimh a bha air a riochdachadh ann an spèis airson obrach càch-a-chèile mar an ceudna.

¹²¹ 9/8/34, *Correspondence*, 119-20, (119).

¹²² *Correspondence*, 121-122 (121).

¹²³ *Correspondence*, 127-8, (128).

¹²⁴ Christopher Murray Grieve, ‘To Valda Trevlyn’ ann an Dorian Grieve, et al., deas., *New Selected Letters: Hugh MacDiarmid* (Manchester: Carcanet, 2001), 55-6.

¹²⁵ *Ibid.*, 145.

Na Bàird Bharrach is Maighstir Ailean Èirisgeigh

Ged a bha Mac-na-Ceàrdaich eòlach air na sgrìobhadairean cliùiteach seo tha e riatanach a bhith a' coimhead air a chultar chruthachail aige fhèin na òige. Ann am Barraigh bhiodh gu leòr bàird a' dèanamh òrain: mar a chunnacas, bha seanair a' bhàird ri bàrdachd agus bha e càirdeil ri bàird eile air taobh a mhàthar. Gu mì-fhortanach cha deach gu leòr den t-saothair seo a chlàradh neo a ghlèidheadh air beul an t-sluaigh. Ach tha aon co-chruinneachadh againn de dh'òrain à Barraigh a tha stèidhichte gu ìre mhath air òrain bho thoiseach an fhicheadaimh linn. Ach a thaobh bàird, b' e Maighsteir Ailean Eirisgeigh am bàrd bu chliùitiche ann an sgìre Mhic-na-Ceàrdaich.

Maighsteir Ailean Eirisgeigh

Tha fhios againn gun d' fhuair Mac-na-Ceàrdaich cothrom stuthan a thogail bho phaipearan an sàr-sgoilear, bàrd agus sagairt seo bho *An Ròsarnach*.¹²⁶ Rugadh agus thogadh Ailean Dòmhnallach ann an Gearasdan Dubh Loch Abair mus deach e gu Colaiste Bhlairst ann an Siorrachd Obar Dheathain, ach 's ann am Bhalladolid san Spàin a thòisich e a' Ghàidhlig ionnsachadh.¹²⁷

Tha gu leòr de shaothair Mhaighstir Ailein stèidhichte mar a bhiodh dùil air a' chreideamh aige. Mar sin, chìthear òrain airson nam fèisean creideamh agus stèidhichte air beatha Ìosa agus na h-Òighe Mhoire. Cuideachd ge-tà rinn e òrain aighearach airson na coimhearsnachd le beagan cronachadh sòisealta air a chleachdadh. Chìthear na comasan bàrdachd aige ann am 'Banais nan Caimbeulach'¹²⁸ agus fealla-dhà eachdraidheil agus dùrachd a chur ri chèile gu ceòlmhor. Ann

¹²⁶ D.M.N.C., deas., 'Duan an Domhnaich', *An Ròsarnach*, 4 (1932), 64-8.

¹²⁷ Airson fiosrachadh air a bheatha faic: John Lorne Campbell, 'Biography' ann an Ronald Black, deas. *Eilein na h-Òige* (Glaschu: Mungo Books, 2002), 63-73.

¹²⁸ Ailean Dòmhnallach, 'Bàrdachd nan Caimbeulach' ann an *Bàrdachd Mhgr Ailein*, deas. I. L. Caimbeul (Dùn Èideann: T & A Constable, 1965), 41-8.

an dàin eile, leithid ‘Sìde Chorrach Ghruamach’¹²⁹ chìthear gu robh tuairsgeul air na sìontan na chuspair iomchaidh dha. San dàn chliùiteach ‘Eilean na h-Òige’, tha sealladh dòchasach mun eilean air a mheasgachadh le ìomhaigheachd chreidimh. Tha seo coltach ri àireamh mhòr de dhàin Mhic-na-Ceàrdaich.

Bha fìor ùidh aig Maighstir Ailean ann am beul-aithris is bhiodh e ga chruinneachadh agus ga rannsachadh.¹³⁰ Bha Mac-na-Ceàrdaich a’ cleachdadh cuspairean òs-nàdarra bhon bheul-aithris ann an cuid de na dealbhan chluiche aige. Mar sin bhiodh ùidh aige ann an obair Mhaighstir Ailein san roinn seo cuideachd. A bharrachd air na comasan seo choisinn Maighstir Ailein cliù mar bhàrd ann an saoghal na Gàidhlig tràth san fhicheadaimh linn leis gun deach aon de na dàin aige fhoillseachadh ann am *Bàrdachd Ghàidhlig*.¹³¹

Tha D.I. MacLeòid den bheachd gum biodh Mac-na-Ceàrdaich eòlach air saothair an t-sagairt.¹³² Tha beachdan aige mar an ceudna air dàimh litreachail an dà bhàrd:

A Romanticism closer to that of Wordsworth is apparent in the case of Donald Sinclair [...]: Sinclair’s pantheism is, interestingly, rooted in Roman Catholic mysticism as was Father Allan MacDonald’s nascent Symbolism—Wordsworthian Romanticism and French Symbolism are closely akin and both have strongly mystical overtones.¹³³

¹²⁹ Ailean Dòmhnallach, ‘Sìde chorrach ghruamach’, ann an *Bàrdachd Mhgr Ailein*, 38.

¹³⁰ John L. Campbell and Trevor H. Hall, *Strange Things: The Story of Fr Allan McDonald, Ada Goodrich Freef, and the Society for Psychical Research’s Enquiry into Highland Second Sight* (Lunainn: Routledge, 1968).

¹³¹ Ailean MacDhomhnaill, ‘Eilean na h-Òige’, ann an William J. Watson, *Bàrdachd Ghàidhlig* (Sruighlea: Learmonth, 1959), 1-8.

¹³² MacLeòid, ‘20th Century Gaelic Literature’, 531.

¹³³ *ibid.* 501.

Bhithinn fhèin a' dol leis a' bheachdachadh sin. Air an làimh eile tha e cothromach a ràdh gu robh iad car coltach ri chèile co-dhiù leis is gu robh an dithis dhiubh nan Caitligich dhiadhaidh fhoghlaimte a bha air a bhith taobh a-muigh na Gàidhealtachd.

Deòch-Slàinte nan Gillean

'S ann nuair a thuit Dòmhnall MacNèill às an Àrd Mhòr gu a bhàs air Easa Chonaill an Èirinn a shaoil a charaid Colm Ó Lochlainn gum b' fhiach co-chruinneachadh de dh'òrain à Barraigh a dhèanamh mar chuimhneachan air.¹³⁴ Chìthear sa chruinneachadh aige gu robh bàird gu math bitheanta ann am Barraigh. Fiù 's ma bha cuid dhiubh ri bàrdachd às dèidh do Dhòmhnall Mac-na-Ceàrdaich an t-eilean fhàgail tha e fhathast na shealladh chudromach air a' chultair ionadail anns an do thogadh e.

A thaobh cuspairean tha e follaiseach gu robh na h-òrain a' coileanadh dòrlach dhiofar amasan. Mar sin gheibhear fios mun iasgach,¹³⁵ obair àrachdais¹³⁶ agus seòladh¹³⁷ is na h-òrain a' riochdachadh beatha làitheil nam bàrd agus na coimhearsnachd. Mar an ceudna tha òrain ann le daoine a tha air an t-eilean fhàgail agus an cianalas orra¹³⁸ neo iad ag aithisg air cuid de na h-annasan a tha ri fhaotainn sa bhaile mhòr. Tha cuid de dh'òrain mun Chogadh Mhòr, is ged a bha Mac-na-Ceàrdaich air Tìr-Mòr aig an àm ud tha e a' riochdachadh mar a bha a' choimhearsnachd a' dèiligeadh ri tachartasan mòra mar sin. Mar a chìthear bho na h-òrain aige, bha Mac-na-Ceàrdaich deònach na teamaichean seo a chleachdadh: an t-iasgach, a' tilleadh a

¹³⁴ Colm O Lochlainn, deas., *Deoch-Slàinte nan Gillean: Òrain à Barraigh* (Baile Àth-Chliath: Trí Coinnlean, 1948), v-vii.

¹³⁵ Domhnall MacFhionghuinn, 'Ò! Nach Robh mi mu'n Tàbh' 16-7.

¹³⁶ Calum Dhòmhnail Mac Fhionghuinn, 'Òran a' Phiatain' 35-9.

¹³⁷ Aonghus Mhurchaidh Eoin Mac' Ille Eathain, 'Deoch Slàinte nan Gillean'

¹³⁸ Iain Fhionnlaigh Mac Fhionghuinn, 'Fàgail Bharraigh' 8-10.

Bharraigh agus annasan fasain Dhùn Èidinn. Tha e follaiseach, ged a bha e na bhàrd adhartach mar an ceudna, gu robh buaidh nam bàrd dualchasach ri fhaicinn gu soilleir san obair aige.

A thaobh a' chànain bha na bàird deònach faclan-iasaid a chleachdadh. Gu h-àiridh anns na h-òrain seòlaidh cluinnear abairtean bhon Bheurla m.e.:

A crossadh na line bha'n oidhche 's i teannadh
Bha 'm *mate* 's e cho coibhneil, 's bha loinn air na
balaich[...]¹³⁹

Neo, anns an òran cogaidh ‘S Fheudar Dhomh 'Bhi 'Togail Orm’¹⁴⁰:

Théid mi fhéin is Niall a' Ghàraidh
Chun a *front* an duigh 'no màireach
Gheibh sinn *Aleck* leis an làiridh
Is tàrrnuidh e na *waggons*.¹⁴¹

Chan eil seo ri fhaicinn ann an gach òran ach tha e a' nochdadh gu tric. Chan eil seo idir cho cumanta ann an saothair Mhic-na-Ceàrdaich.

Cha robh na bàird dìreach a' cleachdadh structaran òrain shìmplidh is luinneagan. Tha gu leòr dhiubh a' cleachdadh rannan ceithir neo ochd sreathach le comhardadh agus aicill ann mar a bhiodh dùil. Ach tha feadhainn eile ann a tha a' cleachdadh structaran eadar-dhealaichte m.e. ‘Moladh Beinn Dobhrainn’¹⁴² airson dàn èibhinn. Chithear gu robh na bàird ‘neo-fhoghlaimte’ foghlaimte gu leòr mun dualchas aca fhèin agus deònach a bhith a' cruthachadh òrain a bha a' coimhead air an linn-sa le cuid de leugan a bu phrìseile bhon dualchas mar bhùn-stèidh. Tha e

¹³⁹ Alasdair Ruairi Lachluinn, ‘Hó-Ro 'illean’ 2-3.

¹⁴⁰ Calum Dhòmhnail MacFhionghuinn, ‘S Fheudar Dhomh 'Bhi 'Togail Orm,’ 20-1.

¹⁴¹ *ibid.*, 20.

¹⁴² Calum Dhòmhnail Mac Fhionghuinn, ‘Òran a' Phiatain’ 35-9.

follaiseach mar sin gu robh na bàird ann an sgìre Mhic-na-Ceàrdach a' togail air an dualchas aca is deònach rudan ùra fheuchainn.

Saothair Mhic-na-Ceàrdaich

Bàrd na Leideig: Am Bàrd Dualchasach

Mar a bh' aig a thidsear,¹⁴³ agus a rèir a theaghaich, bha Mac-na-Ceàrdaich a' dèanamh òrain nuair a bha e fhathast san sgoil. Nuair a chaidh e dhan iasgach ge-tà fhuair e cothroman a bhith a' cruthachadh bàrdachd nuair a bha e ag obair is a' seòladh. Chìthear sna h-òrain tràth aige gun do chòrd e ris a bhith a' cruthachadh òrain a bhiodh air an seinn sa choimhearsnachd. Tha e coltach gun do dh'fhàs a mhisneach a thaobh a bhith a' dèanamh bàrdachd nuair a dh'fhàg e an taigh, is sgaoil am bàrd a chuid ùidh gu cuspairean neo-dhualchasach. Ach bha e a' cruthachadh bàrdachd air cuspairean dualchasach sa chiad dol a-mach.

Cha deach tuilleadh 's a chòir de dh'òrain choimhearsanachd Mhic-na-Ceàrdaich fhoillseachadh. Chuir Anna NicIain trì dàin ann an *Gairm*, dà dhiubh seo nan òrain aighearach, spòrsail.¹⁴⁴ A rèir a chuspair 's e 'Luinneag an Iasgair'¹⁴⁵ am fear bu shine is e coltach gun deach a dhèanamh na òige. A dh'aindeoin sin, chìthear gu bheil e air meataireachd iomafhillteach a chleachdadh gu sgileil agus gu robh a' bhàrdachd aige bho aois òg. Tha a chomas leis a' mheataireachd glè fhollaiseach ann an rann a trì is a ceithir:

Fàgaidh sinn luchd-fhear na <i>tìr</i>	7
'Siubhal àrd-bheann agus <i>ghlinn</i> ,	7
'S thèid a' Chaileag leinn gun <i>sgìos</i>	7
Mach gu <i>frìthean</i> a' Chuain Mhóir .	7
Oiteag <i>ghrinn</i> a' <i>tighinn</i> gu <i>réidh</i>	6
A' toirt <i>inntinne</i> d' a <i>ceum</i>	7
'S gur neo- <i>mhigheanach</i> a <i>séisd</i>	7
'Cur o <i>chéile</i> nan tonn bòchd .	7 (222)

¹⁴³ MacCurdy, 68-72.

¹⁴⁴ Tha an treasaibh òran a nochdadh anns *An Rosamaich* is thèid a sgrùdadh shìos.

¹⁴⁵ D.M.N.C., 'Luinneag an Iasgair', *Gairm*, 7 (1954), 22-3.

Cluinnear ma-thà bàrd òg traidiseanta a' cleachdadh pailteas chomhardadh agus aicill. A thaobh na h-ìomhaigheachd tha cleas ìomhaigheachd traidiseanta na mara ri chluinntinn: tha am bàta air a phearsnachadh mar chaileag, ged a tha i, mar 'An Lair Donn'¹⁴⁶ gun sgìths.

Tha e coltach gu robh e toilichte a bhith ag muir an àite san taigh-sgoile:

Ged a gheibhinn-sa mo mhiann
De gach inbhe a bh' ann riamh
'S mór gum b' fheàrr bhith taruinn lìon
'N ám do ghrian bhith sgaradh neòil. (223)

Le ìomhaigheachd na grèine an seo agus aig toiseach na luinneige tha e follaiseach gu robh e measail air a bhith aig muir fo na gathan grèine an àite san togalach sgoile. Gheibhear an aon tlachd ann an nàdar, an coimeas ri beatha-obrach agus sgoilearachd, a' nochdadh sna h-òrain nas anmoiche aige.

A thaobh an structar tha an stoidhle aona-lideach le loidhnichean goirid mu thimcheall seachd lidean a' cur buille aotrom, aighearrach oirre. Tha gach loidhne gu h-ìre mhath coileanta mar abairt is e follaiseach gu bheil an t-òran air a dhèanamh airson a bhith air a ghabhail is chan ann a leughadh bhon duilleig. Chìthear dearbhadh air cliù an òrain leis gun deach fhoillseachadh co-dhiù leth-cheud bhliadhna on a rinneadh e. Ma chaidh a dhèanamh nuair a bha e aig an iasgach, cha bhiodh a' bhàrd fiù 's ochd-deug bliadhna a dh'aois nuair a rinn e e.

¹⁴⁶ [Murchadh Mòr Mac Mhic Mhurchaidh], 'Oran le fear Aichaldi Mac Choinnich in Lewis,' ann an Raonuill MacDomhnuill, deas., *Comh-Chruinneachidh Orannaigh Gaidhealach* (Dùn Èideann: Walter Ruddiman, 1776), 185-7.

Air dhà a dhol a Dhùn Èideann chithear taobh àbhachdail a' bhàird a-rithist ach e a-nis ag aoireadh. Tha 'Oran nam Fasan'¹⁴⁷ a' magadh air uidheamach annasach boireannaich Dhùn Èidinn. Bha seo gu tur eadar-dhealaichte bho aodach nam ban ann am Bàgh a' Chaisteil a bhiodh tòrr nas stèidhichte.¹⁴⁸ Cluinnear san òran gu robh na boireannaich sa bhaile deasaichte ann an aodach tòrr na bu snasaile.¹⁴⁹ Tha dualchas dè dh'òrain mar seo ri fhaotainn am measg nan Gàidheal a tha an dà chuid a' magadh cèineas a' bhaile mhòir agus ag innse beagan mu dheidhinn annais ùire air choireigin dhan choimhearsnachd air a' Ghàidhealtachd.¹⁵⁰

Tha dùsan rann air fhoillseachadh. 'S e sin an aon àireamh a tha ri fhaotainn ann an 'Luinneag an Iasgair' agus am bàrd a' sealltainn cleachdadh nam bàrd traidiseanta de a bhith a' cruthachadh pailteas rannan air a' chuspair aca. Tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh meataireachd eadar-dhealaichte ge-tà, le loidhneachan nas fhaide is iad faisg air 10 lidean an loidhne. Tha seo a' toirt dhan bhàrd cothrom nas fheàrr cleas bhàrdachd dhualchasach a chleachdadh is e a' cur buadhairean an òrdugh gus ìomhaigheachd agus fuaim na bàrdachd a leasachadh:

Na cruinneagan, baidealach, ceannardach, sgiamhach
A throtas cho aigeannach ris an each-iarrauin,
Boc-cheumach, sprid-chasach, 's coimeas do 'n fhiadh iad,
Is bochd nach robh 'ghrian ag iathadh mu 'n còir. (223)

Tha am bàrd an seo a' cluich le fuaim na Gàidhlig gus gluasadan agus fuaimean nan nigheanan a riochdachadh agus tha a' mheataireachd ga chuideachadh. Bha an cleas buadhaireach seo air a

¹⁴⁷ D.M.N.C., 'Oran nam Fasan, *Gairm*, 7 (1954), 23-24.

¹⁴⁸ Buchanan, dealbh air beulaibh 134.

¹⁴⁹ Airson eisimpleirean faic: Alison Gernsheim, *Victorian and Edwardian Fashion: A Photographic Survey* (New York: Dover, 1981 [1963]), dealbhan 193-221.

¹⁵⁰ Byrne, Michel, 'Chan e chleachd bhith an cabhsair chlach': Am Bàrd Gàidhlig 's am Baile Mòr bhon 17mh Linn chun an 20mh ann an *Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal* deas. Sheila M. Kidd (Glaschu: Roinn na Ceiltis, 1997), 55-88 (62)

chleachdadh san 18mh linn airson a bhith a’ dèanamh tuairisgeul air rud gluasadach, fuaimneach neo àraid.¹⁵¹ San ath rann tha e a’ cleachdadh ainmean is trì buadhairean sa loidhne a-rithist is e a-mach air ainmean coimheach nam pìosan aodach, “Ainmeanan annasach, cam-fhaclach, lìonmhor” (223). Gu tric tha na buadhairean a’ cur buille dhactaileach siùbhlach air a’ bhàrdachd is an cuide ris a’ chomhardadh agus uaim tha claisneachd cudromach do shoirbheas an òrain.

Ach ’s e àbhachdas an rud as fhollsaiche san òran. Tha gu leòr de na rannan a’ crìochnachadh le gàire san loidhne mu dheireadh agus gach rann air a cheangal le comhardadh air an lide mu dheireadh. The seo a’ dèanamh ciall gach rann coileanta aig a chrìoch: “Shaoileadh gach duine a chluinneadh an gluasad |Gun robh am Fuathas tighinn air a thòir. (224)”

Tha e cuideachd a’ sealltainn dìmeas air sannt an luchd-cheannach agus e a’ cur sìos air na nigheanan a tha cho measail air gach pìos aodach ùr: “Feumaidh iad sud is mur faigh gur e ’m bàs dhoibh | Is éibhinn a’ ghràisg tha ’n diugh a’ tighinn beò. (224)” Cluinnear seo gu follaiseach leis gun do chleachd e am facal “ghràisg” air an son agus gu bheil e ag àrdachadh an cuid briseadh dùil gu “bàs.” Tha an comhardadh eadar iad seo a’ neartachadh an aoireadh agus an àbhachdas a tha na chois.

Tha e a’ cur crìoch air an òran san dòigh dhualchasach le a bhith ag innse gu bheil e gus crìochnachadh:

¹⁵¹ Rob Donn MacAoidh, ‘Oran do Sheorus Mac Aoidh’ ann an *Comhchruinneacha do dh’Orain Taghta, Ghaidhealach* deas. Paruig Mac-an-Tuairneir (Dun Eidinn: T. Stiubhard, 1813), 350-2, 350-1 agus Iain MacAoidh, ‘Cumha Choire an Easa’ ann an *Bardachd Ghàidhlig*, 119-23 (122).

Ged leanainn ri'm mhaireann air ealain na cùise
Dh' fhàgann-sa bealach da m' aindeoin air chùl,
Ach leigidh mi seachad gach fanoid a th' ùinnt'
Oir tha mis' an dùil gun duirt mi gu leòir. (224)

Chìthear mar thà, leis an dà òran seo bho òige gu robh e comasach air na cleasan-bàrdachd dualchasach a chur an gnìomh. Chaidh a ghlèidheadh sa bheul-aithris, co-dhiù le a cho-ogha Anna NicIain, a' dearbhadh spèis a luchd-èisteachd ann am Barraigh. Chìthear gu follaiseach buaidh a dhualchas air a thaobh cuspair, strucar agus tropaichean. Bhiodh an dìleab seo feumail dha is e a' dèanamh bàrdachd nas adhartaiche leis gu robh misneachd aige na chomasan litreachail dualchasach fhèin.

Bàrdachd Fhoillsichte ri a Linn Fhèin

'Faoileag an Droch-Chladaich' - 1913

Chleachd Mac-na-Ceàrdaich cruth còmhraidh airson an òrain tràth seo.¹⁵² Tha e, mar sin, na chiad eisimpleir aige air dàn far a bheil cuideigin a' coinneachadh ri nàdar agus a' faighinn soilearachadh air ceistean feallsanachail mun bheatha aca. Tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh seo gu tric anns an t-saothair aige. A bharrachd air sin tha strì ann eadar soirbheas saoghalta agus toileachas inntinn air a riochdachadh anns an fhaoileig a tha na tàmh ann an àite nach saoil a bhiodh freagarrach. Tha an t-Iasgair a' faighneachd dhi carson nach eil i còmhla ris na h-eòin eile a' gabhail iasg far a bheil nam bàtaichean-iasgach. Tha an fhaoileag a' cantail gu bheil i riarichte: "Ma tha mi riarichte 's gun díorras | Nach eil tiodhlaic 's áirde leam ?" (490).

Coltach ris an 'Ròs Aluinn'¹⁵³ agus ri na dhàin còmhraidheil aige thathar a' faicinn meas mòr eadar an duine agus nàdar sa chiad dol a-mach: "A chréutair ghràdhach" (489). Tha seo air a riochdachadh leis an Fhaoilleig cuideachd, is i nas sine na an duine, "Ar leam, 'ille óig," (489) agus an t-eòlas is an dòigh labhairt aice coltach ris a' Chreig ann an 'Creag nan Sgarbh'.¹⁵⁴ Le sin tha ùghdarras aice o a h-aois air alt 's gu bheil Mac-na-Ceàrdaich a' cur teachdaireachd fhollaiseach an dàin ann am beul na faoileige: "Cùm do riar fo reachd do chót' | 'S an gnìomh do lóin bì sár-dhìleas!" (490). Air dha a comhairle fhaighinn chan eil an t-Iasgair ach ga beannachadh san dealachadh agus a' toirt taing dhith (490).

¹⁵² D.M.N.C., 'Faoileag an Droch-Chladaich', *Guth na Bliadhna*, 10 (1913), 489-90.

¹⁵³ D.M.N.C., 'Ros Aluinn', *An Ròsarnach*, 1 (1917), 192-3.

¹⁵⁴ D.M.N.C., 'Creag nan Sgarbh', *Guth na Bliadhna*, 12 (1915), 95-7

Ann an cruth tha sia rannan ann a tha co-riaraichte eadar an dà charactair, leis an Iasgair a' tòiseachadh agus a' crìochnachadh an dàin. Tha ochd sreathan anns gach rann agus meud gach sreath caochlaideach:

“A chréutair ghrádhaich gu dé 'n státh dhuit	9
A bhi 'n gnáth mu'n chórsa so,	7
Far nach tárr thu nì gu d'áillinn	8
'S tu gach lá 'na d' ónaran. (489)	7

...

Creid mi, 'ille ! cha'n e **dóigh**
No socair-**shógh** gu'n *sáthaich thu.*
Creid mi! cha'n eadhoin **cóir**
Air Roinn na h-**Eorpa** 'bhárr air sin. (490)

A thaobh beatha a' bhàird fhèin, tha e coltach gur e teachdaireachd an dàin gu bheil toil-inntinn nas cudromaiche na àite-còmhnaidh neo beartas. San dàn tràth seo chìthear an eilthireachd agus an gaol air nàdair, is gu seachd àraidh air an eunlaith, a tha bitheanta ann an saothair a' bhàird. A thaobh a stoidhle tha an comhardadh iom-fhillte ach le sùbailteachd sa mheataireachd a thaobh lidean, na prionnsapalan a tha a' nochdadh gu math tric sa bhàrdachd eile aige cuideachd.

'Cainnt Mo Mhathar' -1914

Tha an dàn seo¹⁵⁵ a' meòrachadh air a' Ghàidhlig agus an ceangal aice ri muinntir na Gàidhealtachd. Tha e a' tòiseachadh le iomradh air na h-eòin agus mar a sheinneas gach gnè na dòigh fhèin mar is àille leatha: a-rithist tha ìomhaigheachd na h-eunlaith a' nochdadh. O sin, tha Mac-na-Ceàrdaich a' dèanamh coimeas le sluaighean mhic-an-duine is na cànanan aca. Nas

¹⁵⁵ D.M.N.C., 'Cainnt Mo Mhathar', *Guth na Bliadhna*, xi, (1914), 265-7.

fhaide air adhart tha e a' taisbeanadh buaidh a' chànain airsan is mar a chaidh oideachadh moralta a thoirt dha tro mheadhan a' chànain. Aig crìoch an dàin tha e a' sealltainn misneachd gum mair a' chànain.

Tha seachd rannan ochd-sreathach san dàn agus tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh comhardadh dualchasach le aicill is comhardadh deireannach:

Gach eun san ealtainn sheinneas ceòl	8
'S e cheilear fein is bòidhche leis ;	8
Bho 'n usieig[sic] choiriollaich 's na neòil ,	8
Gu ruig an dreadhan òg 'sa <i>phreas</i> .	8
Mar sin tha cinnich agus slòigh ,	8
Mar sin 's ann tha gach pòr air <i>leth</i> :	8
'S i cainnt am màthar 's cha'n e'n còrr	8
An ciad thochra 's an còir-bhreith .	7 (265)

Chìthear aon de na cleasan a nochdas gu bitheanta san t-saothair aige, a bhith ag ath-chleachdadh an aon structar-cainnt iomadach uair gus a chudrom àrdachadh:

[...]
Cuim' nach aidichinn gu saor
D' airidheachd air laoim mo spèis?

Cuim' nach aidichinn gu buan
D' airidheachd air uaill is gràdh?
Cuim' nach seasainn thu 's gach uair,
Mar bu dual do shliochd nan sàr?
Carson a leiginn le luchd t'fhuath
Bagairt ort le uaigh no bàs?
Cuim nach togainn mo ghuth suas
As leth teanga luaidh nam bàrd? (266)

Bho na ceistean aige tha e den bheachd gur e buil nàdarra dha a bhith a' moladh na cànan is ga dhìon. Le a bhith a' briseadh dùil an leughadair ri “Cuim' nach” eile letheach slighe tron rann slàn shuas, is an uair sin a' cleachdadh “Cuim' nach” a-rithist airson an cùplaid mu dheireadh, tha e a' neartachadh buaidh na cùplaid deireannaich. Tha an sreath “Carson a leiginn...” so-fhaicsinneach a thaobh àireamh lidean cuideachd, is aon a bharrachd aige na gin eile san rann.

Tha cudromachas na cànan agus a' bheul-aithris ri chluinntinn san darna rann mu dheireadh, far a bheil ath-aithris ann a-rithist:

'S i 'theagaisg dhomh gach subhailc' a mhàin
Tha cumail tàth an clann nan daoin.
'S i 'theagaisg dhomh gu loma làn
Air carantachd, air gràdh is gaol.
Gach uile chomhairle gu m' stàth,
Gach uile gnàth ann 's an robh saod,
Thug i dhomh an rogha ràdh,
An seanfhacal 's am bàrdachd saor. (267)

'S e dàn Nàiseantach a tha seo, leis gu bheil a' chànan na dhìleab do na Gàidheil is gu bheil a còirichean air an riochdachadh mar phàirt de na rudan a tha gan dèanamh nan cinneadh air leth. Tha seo a' dol le beachdan a' bhàird mar a chaidh fhoillseachadh sna bliadhnaichean a leanas sna h-aisticean 'Cogais Nàiseanta'¹⁵⁶ agus 'A' Ghàidhlig agus a Muinntir'.¹⁵⁷

¹⁵⁶ D.M.N.C., 'Cogais Naiseanta', *An Ròsarnach*, 4 (1930), 1-13.

¹⁵⁷ D.M.N.C., 'A' Ghàidhlig agus a Muinntir', *Guth na Bliadhna*, 13 (1916), 20-41.

'Innse-Gall' - 1914

Tha an t-òran seo a' moladh eilean àraich a' bhàird.¹⁵⁸ Mar sin 's e an dàn foillsichte as tràithe a tha a' moladh Bharraigh gu follaiseach. Bhiodh e ann an Sasainn nuair a rinneadh an t-òran seo. Tha cudrom air a chur san dàn air faireachdainn an sgrìobhadair mun eilean, seach ann an cuid de dhàin eile far a bheil a bhòidhche air neo a naomhachas air am moladh gun a bhith a' coimhead air dàimh a' bhàird leis an eilean.

A thaobh foirm tha deich rannan ceithir-sreathach ann. Tha a' mheataireachd aca dualchasach:

An eilean nan <u>caol</u> tha anail na <u>saors'</u>	10
Tha carthanachd, <u>gaol</u> is riarachas .	9
An caithream a <i>stuagh</i> do m' anam tha <i>buaidh</i>	10
Ag aithris nan <i>duan</i> neo- bhriathraichte .	(377) 8

Mhothaichear ge-tà gu bheil e coltach ri meataireachd 'Thèid mi le m' dheoin' aig Màiri Nighean Alasdair Ruaidh¹⁵⁹ oir tha gach lethrann coltach ri trì loidhnichean goirid dà-bhuileach agus coda aon-bhuileach, is gu math tric dactaileach, aig crìoch na cùplaid. Tha e inntinneach cuideachd gur ann aig crìoch fhògarrachd a chleachd Màiri Nighean Alasdair Ruaidh a' mheataireachd ud: bhiodh an t-eòlas aig Mac-na-Ceàrdaich gus an ceangal meataireachdail sin a dhèanamh, ged nach gabh sin a dhearbhadh.

Tha cuid de dh'ìomhaigheachd chumanta Mhic-na-Ceàrdaich ri fhaicinn san dàn. Tha samhla eadar e fhèin agus eun, coimeas a bha air a chleachdadh airson cinnidhean ann an 'Cainnt Mo Mhàthar,' mar eisimpleir:

Mar thilleas air sgèith 'n t-eun mara bho chéin

¹⁵⁸ D.M.N.C., 'Innse-Gall' *Guth na Bliadhna*, 11 (1914), 376-8.

¹⁵⁹ Màiri nighean Alasdair Ruaidh, 'Fuigheall' ann an *Gaelic Songs of Mary MacLeod* deas. J. Carmichael Watson (Lunainn is Glaschu: Blackie 's a Mhic, 1934), 72-4.

Gu leabaidh 'san léith-chreig dhiobaraich.
Mar sin tha mo chrìdh gu maireann an tì
Air innis bhig ghrinn na h-iarmailte. (376)

Mar an ceudna tha ìomhaigheachd an iasgaich am follais cuideachd (377) agus tha e a' crìochnachadh le guidhe do Dhia, eisimpleir tràth de dh'ùrnaigh san t-saothair aige:

Mo bhuidheachas còrr do 'n Chruthadair mhòr
A shuidhich e 'n tòs far 'miannaichinn ;
An iomale [sic] a' chuain bharr linne nan stuagh,
Gun mhilleadh le truaille nam bliadhnachan. (378)

Tha na teamaichean agus an samhachas a mhaireas gu ìre mhath tro shaothair chruthachail Mhic-na-Ceàrdaich air fad air nochdadh sna dàin tràth seo. A rèir choltais cha robh seo na bhacadh do chruthachais agus ealain a' bhàird is e deònach a bhith a-mach air na h-aon chuspairean gu trice.

'Creag nan Sgarbh' - 1915

Tha an dàn seo agus am fear a leanas stèidhichte air cuspair cumanta ann am bàrdachd Ghàidhlig, dàimh mhic-an-duine le nàdar. Bhon a chleachd e e ann am 'Faoileag an Droch-Chladaich' tha Mac-na-Ceàrdaich gu tric a' cleachdadh an coinneachadh eadar mac-an-duine agus nàdar mar thoiseach-tòiseachaidh air beachdachadh feallsanachail. Tha doimhneas anns na dàin seo a tha gu math àraid an coimeas ri òrain chianalas bitheanta a bha a' moladh nàdar aig crìoch an naoidheamh-linn-deug.¹⁶⁰ Airson Mac-na-Ceàrdaich tha nàdar na fhear-teagaisg agus na riochdachadh de dh'Eòlas biothbhuan.

¹⁶⁰ Faic mar eisimpleir: Neil MacLeod *Clarsach an Doire* (Dùn Èideann: Norman MacLeod, 1902).

Aig cridhe ‘Creag nan Sgarbh’¹⁶¹ tha am bàrd na aonar is e a’ bruidhinn ri cùis nàdair. San dualchas nochdaidh seo mar eisimpleir mar choire,¹⁶² mac-talla¹⁶³ ach an seo ’s e creag mhòr a tha ann, a thèid a phearsonachadh. Tha am bàrd mothachail gu bheil e ag obair ann an dualchas nan òran eile, “O, ’s iomadh, ’s iomadh fear de d’ sheòrs’ | A dh’fharraid dhiom mo sheòl ’o chèin” (95). Tha e iomchaidh a bhith a’ mothachadh dualchas Beurla nan Romansach an seo cuideachd a bhiodh a’ gairm air cuspairean nàdarra cuideachd.¹⁶⁴

A thaobh foirm tha naoi rannan ochd sreathach san dàn. Tha aicill anns gach leth-rann agus comhardadh eadar gach darna sreath:

Tha mis’ an so ’o thús nan <u>lín</u>	<i>a</i>	8
Ri uchd nan <u>síne</u> mar an dràst.	<i>b</i>	8
Is caochladh cha do rinn mo <u>shnuadh</u> ,	<i>c</i>	8
’S ri sgairt a <u>chuain</u> mo neart mar bhà.	<i>b</i>	8
’S e so a mhic a tha ’g ad’ <u>chlaoidh</u> ,	<i>d</i>	8
Ach tuig ; ’s e <u>luim</u> an diugh ’s gu bràth ;	<i>b</i>	8
’Bhi ’cur ann is as do ’n <u>bheò</u>	<i>e</i>	7
A bheir <u>leò</u> a’ meomhair gu bàs. (96)	<i>b</i>	8

Tha uaithe ri chluinntinn gu math tric cuideachd is e follaiseach gu bheil buaidh chlaistinneach an dàin cudromach dhan bhàrd. Chan eil an àireamh de lidean cunbhalach sna sreathan, ’s e a’ dol eadar ochd agus seachd sa bhitheantas, ach chìthear san eisimpleir shuas gum biodh e furasta gu leòr a bhith gan dèanamh cunbhalach le bhith a’ cur às do bhàthadh. Air an adhbhar sin ’s urrainnear argamaid gu robh Mac-na-Ceàrdaich a’ cleachdadh nan lidean an seo airson adhbharan ealanta, is barrachd cuideam a-nis air ‘beò’ aig crìoch an t-sreatha.

¹⁶¹ D.M.N.C., ‘Creag nan Sgarbh’, *Guth na Bliadhna*, 12 (1915), 95-7.

¹⁶² Iain MacAoidh, ‘Cumha Coire an Easa’ ann an William J. Watson, *Bàrdachd Ghàidhlig*, 63-7.

¹⁶³ Ruairidh Mac Mhuirich, ‘Oran Mòr Mhic-Leoid’ ann an W. J. Watson, 161-5.

¹⁶⁴ Bhiodh eisimpleirean iomchaidh na dàin aig Raibeart Burns ‘To a Louse’; ‘To a Mouse’ is ‘To a Mountain Daisy’ air neo am bàrd Sasannach Shelley ‘Ode to the West Wind’ is ‘To a Sky Lark.’

Cha robh D.I. MacLeòid a' cur cus suim san dàn seo:

'Faoileag an Droch Chladaich' and 'Creag nan Sgarbh' [...] merely verbalise trite reflections on aspects of the Islanders' life. They are both, however, more artistically disciplined [...] than the corresponding poems by John MacFadyen and 'Creag nan Sgarbh', in particular, ends well.¹⁶⁵

Ar leam gu bheil e doirbh a bhith a' gabhail ri beachd MhicLeòid gu robh meòrachadh Mhic-na-Ceàrdaich 'trite', fiù 's mur nach eil sinn ag aontachadh ri beachdan a' bhàird nas motha.

Tha am bàrd, a tha gu ìre mhath co-shamhlach ri Mac-na-Ceàrdaich, a' nochdadh is "anam làn de chainnt gun bhriathar" (95) ach aig a' chrìoch: "Dh'fhalbh am bàrd is e air ghlèus | Is thog e 'n t-sèisd air rèir a smaoin" (97). An toiseach ge-tà tha e a' còmhradh ris a' chreig is e ag iarraidh a bheachd air ùine agus air a shìnsreachd:

Innis dhomh mu'n àm a bhà ;
Foillsich dhomh do ràdh mu ùin' !
[...]
Aithris dhomh mu'm shìnsir fèin ! (95)

Tha dragh air a' bhàrd mu chaochlaideachd an t-saoghail is mu a theaghlach. Tha guth na cloiche ge-tà ga fhreagairt (96), gu rèidh is fios aige air ùidh a' bhàird. Chan eil am bàrd ro shoilleir ach b' urrainn dha bhith a-mach air eilthreachd agus crìonadh nan Gàidheal air neo air ealain agus a bhith a' seinn:

O, 's cian an linn 'on thàinig sgarbh
Thar dhruim na fairge gu mo sgùird

¹⁶⁵ MacLeòid, '20th Century Gaelic Literature', 328.

'S mar is lionmhoir' chinn an t-àl,
Is ann a b' àbhachdaich' mo shunnd.
Ma's aithne dhuit-se 'bheag de'n dòigh
Chuala tu an glòir 'nam chùirt.
Sin ma ta a cheart chainnt cinn
'S a bh'aig an fhear a shìn air thùs. (97)

A rèir mar a leughar an dân tha barrachd cudrom air “chinn an t-àl” air neo an “glòir 'nam chùirt.” Ach nuair a ghabhas a' chreag cead dhan bhàrd tha i ag ràdh “Seinn do dhuan an ceann nan gaoth” (97) mar sin bhiodh e ciallach a bhith a' coimhead air mar bhrosnachadh ealain air aon làimh co-dhiù.

Le a bhiothbhuantachd, a ghliocas agus a ghuth athaireil tha coltas diadhaidh air a' Chreig. Tha e cudromach mar sin gu bheil Mac-na-Ceàrdaich a lorg diadhachd ann an nàdar. Tha e cothromach a ràdh gu bheil an earbsa seo ann an cumhachd is gliocas nàdair fo bhuidh nan Romansach, leithid Wordsworth is a luchd-leanmhainn. Ann am briathran D.I. MhicLeòid, “Sinclair's Romanticism has more in common with that of Wordsworth than that of the other city-ridden Gaelic poets: a nascent pantheism is apparent [...]”.¹⁶⁶ Leis a' bhiothbhuantachd seo tha am bàrd cuideachd a' cur ùghdarras ann an guth na creige: 's urrainn dha nàdar a chleachdadh a rèir a thoil fhèin ann an dòigh a bhiodh na bu chonnspaidiche nan robh e a' cleachdadh Dia mar a theachdaire.

Gheibhear iomradh air nàiseantachd nan Gàidheal: “Thàinig sluagh is sluaigh 'nan dèigh, | Is dhearbhainn féin co iad bu shàr” (96). Le sin tha a chomhairle aig crìoch an dàin (“Seinn do dhuan an ceann nan gaoth”) a' dol le obair Mhic-nan-Ceàrdaich mar bhàrd ann am mion-chànain: ged nach eil e na dhàn dòchasach, thathar fhathast a' faicinn gu bheil a' chomhairle

¹⁶⁶ MacLeòid, ‘Tràchdas’, 325.

aige mu cheòl (ealain is cànan) agus mar a chinneadh an t-àl (eilthreachd agus crìonadh air a' Ghàidhealtachd) a' toirt togail dhan bhàrd mus falbh e. Tha comhairle na Creige na ro-shealladh air an sgeul aige 'Dealachadh nan Rathad',¹⁶⁷ agus e a' sealltainn an dlùth-cheangal eadar soirbheas a' chànain agus soirbheas an t-sluaigh, beachd a nochdas ann an aistichean Mhic-na-Ceàrdaich¹⁶⁸ agus am measg beachdan MhicDhiarmaid às a dhèidh.¹⁶⁹

¹⁶⁷ Domhnall Mac-na-Ceardach, 'Dealachadh nan Rathad' ann an *Voices from the Hills*, deas. John MacDonald (Glasgow: An Comunn Gaidhealach, 1927), 19-23.

¹⁶⁸ D.M.N.C., 'Cogais Naiseanta', *Pictish Review*, 1 (1927), 78-91

¹⁶⁹ Bold, *MacDiarmid*, 286-89.

‘La nan Seachd Sion’ - 1915/6

‘S e ‘La nan Seachd Sion’¹⁷⁰ an dàn as fhaide a rinn Mac-na-Ceàrdaich le 793 sreath, ann an seachd earrannan agus co-dhùnadh. Chaidh fhoillseachadh earrann às dèidh earrainn ann an *Guth na Bliadhna* eadar am foghar 1915 agus an samhradh 1916. Mar sin, coltach ri *Birlinn Chlann Raghnaill*,¹⁷¹ rinn Mac-na-Ceàrdaich an annas-na-làimhe seo ri linn buairidh mhòir air a’ Ghàidhealtachd, teas-mheadhan a’ Chiad Chogaidh.

Tha an dàn stèidhichte air stoirm mhòir a tha a’ bualadh air Barraigh agus a’ chuan mu chuairt oirre. Tha am bàrd a’ sealltainn a’ bhuaidh a th’aig seo air an àrainneachd agus muinntir an eilein gu mionaideach. ‘S e cumhachd ùrnaigh a tha a’ treòireachadh an t-sluaigh ri linn na stoirme agus a tha aig cridhe sgeul an dàin. Tha an dàn làn de bhriathrachas agus abairtean euchumanta, agus am bàrd a-rèir choltais a’ glèidheadh seann bhlòighean chànan. Ged a tha seo air uairean a’ cruthachadh duilgheadas thuigse chan eil e a’ cur bachdadh air soirbheas an dàin, a tha a’ taisbeanadh ealantas a’ bhàird gu h-iomlan. Anns an sgrùdadh aithghearr seo coimheadar air sgeulachd, meataireachd, ìomhaigheachd na stoirme agus feallsanachd an dàin.

An Sgeul

Aig toiseach an dàin tha seann mhàirnealach ag amharc na h-iarmailte agus stoirm gus nochdadh a dh’aithghearr. Tha mac-an-duine agus na beathaichean uile ag ullachadh airson na stoirme. Ann an earrann II, tha na neòil air iathadh mu thimcheall Sheabhal agus na beanntan ann am Barraigh, is dìl-uisge uabhasach a’ tòiseachadh.

¹⁷⁰ D.M.N.C., ‘La nan Seachd Sion’, *Guth na Bliadhna*, 12-13 (1915-16), 310 (1915)-189 (1916).

¹⁷¹ Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair, ‘Birlinn Chlann Raghnaill,’ ann an *Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair*, Ruairidh MacThomais, deas. (Dùn Èideann: Scottish Text Society, 1996), 139-53

Aig toiseach an treasaibh earrainn tha am bàrd a' tilleadh dhan t-seann mharaiche agus an t-eòlas a th' aige air an t-sìde mhara. An uair sin tha sùil a' bhàird a' gluasad dhan sgoth an *Ealasaid* agus a sgioba. Tha e follaiseach gu bheil am bàs na chunnart dhaibh is tha iad a' crathadh uisge beannaichte air a' chuain agus a' guidhe air Dia gus an sàbhaladh. Le sin tha an gàbhadh a' crìonadh, ged a tha seòladh cunnartach fhathast romhpa mus ruig iad cala. Tha IV a' tilleadh gu cuid de na cuspairean a bh'aig a' bhàrd ann an II agus e a' coimhead air buaidh na stoirme air an t-sluagh air tìr air dhan dìl-uisge a thaomadh o na neulan..

Ann an V tha a' mhuir agus a' ghaoth a' cath is iad air am pearsonachadh. Aig crìoch na h-earrainn tha gach neach air tìr a' teicheadh dhan cuid bothan fhèin ach a' guidhe sàbhailteachd airson gach rud beò air chuan. Ann an VI tha a' ghaoth a' bualadh taigh, agus na bhroinn tha clann fo eagail is bean fo iomagain mu a teaghlach aig muir. Cluinnear an tàirneanaich a' tòiseachadh agus Thòr is Latha a' Bhreitheanas a' nochdadh san ìomhaigheachd. Ach 's e an sealladh as cudromaiche a gheibh sinn, a nochdas aig crìoch na h-earrainne, bean a' lùbadh a glùine agus a' guidhe air Dia, a choileanas a h-achaineach gus an stoirm a rèiteachadh.

'S ann leis a' chamhanaich a thòisicheas an earrann slàn mu dheireadh. Thèid tuairsgeul fharsaing a dhèanamh air an lèirsgrìos agus tha am bàrd ag aithris a-rithist air na beathaichean a chaidh an sgiùrsadh. Anns a' chò-dhùnadh chìthear an *Ealasaid* a' nochdadh agus muinntir an eilein a' dèanamh gàirdeachais agus a' toirt taing do Dhia (sreath 777-93) airson a bhith gan sàbhaladh.

Meataireachd

Tron dàn air fad tha Mac-na-Ceàrdaich a' taisbeanadh a sgilean meataireachd. Ged a chaidh fhoillseachadh gun bheàrn eadar rannan sam bith, a thaobh a' mheataireachd tha ceithir loidhne anns gach rann. Ma dh'fhaoidte gur e cosgaisean clò-bhualaidh rè a' Chiad Chogaidh a bu choireach gun deach fhoillseachadh mar seo¹⁷² air neo gu robh Mac-na-Ceàrdaich ag iarraidh gun rachadh a leughadh mar dhàn fada iomlan.

Tha I, II agus VI stèidhichte air an t-seann mheataireachd dàin dìreach *rannaigheacht mhór*, (7¹+7¹) a bha ri chluinntinn mar bhùn-stèidh òrain san dualchas às dèidh dol sìos nam bàrd clasaigeach:¹⁷³ tha comhardadh eadar gach facail aig crìoch nan lethrannan *bd*; aicill anns gach lethrann agus gach facail-deiridh aona-lideach cha mhòr:

Gu dìdeann monaidh an *fhraoich*
Bha 'ghuilibneach a' *sgaothadh seach*
Le guileag bu ghearaineach *gaoir*
Mu'n an-uair bha *daor* a *teachd*. [...]
Thug sgarbh, eun calma nan *cuan*,
A bhroilleach à *fiar* uisg' an *Tabh*,
'S air sgèith bu *bhras*-bhuilleach, *cruaidh*
Glas chleite a *chluain* thug e *mach*. (aireamh 12, 312-3.)

Cluinnear gu bheil seo a' toirt cothrom dhan bhàrd a bhith a' riochdachadh a chomas ann a bhith a' snaigheadh facail ri chèile le uathne is aicill a bha riatanach ann am bàrdachd chlasaigeach.

¹⁷² Chuala mi am beachd seo an-toiseach aig Bill Innes 'na òraid aig Comunn Ghàidhlig Inbhir Nis.

¹⁷³ Airson mìneachadh air an *rannaigheacht mhór* chlasaigeach faic: *Irish Syllabic Poetry 1200-1600*, deas. le Eleanor Knott, darna clò-bhualadh (Dublin: Dublin Institute of Advanced Study, 2005), 13-5. Airson *rannaigheacht mhór* san dualchas: *Gàir nan Clàrsach*, deas. Colm Ó Baoill, ead-th le Meg Bateman (Dun Eidinn: Birlinn, 1994), 23-25.

Tha atharrachadh sa mheataireachd san treas earrann. Ged a chaidh a sgrìobhadh ann an ceithir loidhnichean ann an *Guth na Bliadhna*, ma ghabhar beachd air an structar seo chithear gur e structar stròfach a th' air:

Cha b'ann gun fhios do'n *mharaiche*
'Ghluais rothtag mhòr nan *gaillinne*,
Oir's soileir bha d'a *shealladh-san* | **Droch mhanadh air an speur** :

'S an cuan cha d' chùm am falach air
A shanas dùth neo-mhearachdach ;
Trom bhùirein shùgh is arraideachd | **Na mara chuir e 'n cèill.**
(a. 12, 425)

Buinidh seo don mheataireachd chlasaigeach *Ochthfoclach mór*,¹⁷⁴ a mhair san dualchas ann an òrain mar 'Chumha Choire a' Cheathaich.'¹⁷⁵ Tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh comhardadh nas iom-fhilltiche na Mac an t-Saoir ge-tà, is e ga dhèanamh le comhardadh tri-lideach.

Dh'atharraich Mac-na-Ceàrdaich a' mheataireachd a-rithist ann an IV gu 6^1+6^1 neo 7^2+5^1 airson crìoch bhoireanta. San earrainn seo tha beagan fois eadar an t-uisge agus ath-èirigh na gaoithe agus tha na daoine a' gluasad gu luath gus na taighean agus na bàtaichean ullachadh. Mar sin tha a' mheataireachd fhèin a' riochdachadh an greasad agus an iomagain an cois na h-oibre cudromaich seo.

Tha V a' cleachdadh 8^2+7^1 – atharrachadh eile. Gheibhear a' mheataireachd seo ann an òrain dhualchasach, leithid 'Calum Beag o Tìr a' Mhuirein.'¹⁷⁶

Ghairm an aibheis neart a spionnaidh,

¹⁷⁴ Watson, *Bardachd*, xlviii-xlix.

¹⁷⁵ Donnchadh Mac an t-Saoir, 'Cumha Choire a' Cheathaich', *Bardachd*, deas. Watson, 63-7.

¹⁷⁶ 'Calum Beag O Thir a' Mhurain', ann an *Calum and Annie Johnston: Songs, Stories and Piping from Barra* (Greentrax: Cockenzie, [?]), 14.

Ghairm sgairt a muillein com,
Ghairm i nuas o lèap a grineil
Gulb is nimh a buinne trom : (a. 13, 109)

Tha an earrann seo a' dèiligeadh ri cath nan sìontan: a' mhuir, a' ghaoith is na clachan, agus chìthear shuas gu bheil a' mheataireachd seo a' cur strì is luths sa bhàrdachd, is an t-anafora agus an uaim a' cuideachadh le seo. Tillidh a' chiad mheataireachd ann an VI ach tha am bàrd a' gluasad gu loidhnichean neo-ionnan rè meadhan an earrainn seo. Crìochnaichidh an dàn le meataireachd a bha aig Mac Mhaighstir Alasdair anns a' 'Bhirlinn' is e coltach ri a' mhòr chuid den Bheannachadh Luinge aig an toiseach.

Chan eil seo ach na gheàrr-chunntas air a' mheataireachd ach tha e a' sealltainn gum bu luachmhor toraidhean leughaidh nas mionaidiche. Tha e follaiseach gu bheil ceangalan ann le diofar blòighean den dualchas leis gu bheil Mac-na-Ceàrdaich mothachail gu bheil e a' cur clach air bhàrr càrn ris an do chuir na sàr-bhàird Ghàidhealach roimhe.

Ìomhaigheachd na Stoirme

Tha an t-eòlas farsaing aig Mac-na-Ceàrdaich air an àrainneachd san deach a thogail ri fhaicinn san dàn air fad. Tha an stoirm a' toirt cothrom dha sealltainn cho èifeachdach 's a bha na cleasan-bhàrdachd traidiseanta airson fuaim agus gluasadan a riochdachadh. Gu tric tha a' bhàrdachd fhèin, tro a bhith a' cleachdadh bheum, briathrachas is meataireachd, a' riochdachadh fuaim na h-àrainneachd. A bharrachd air seo bidh am bàrd gu tric a' stèidheachadh rann neo lethrann air ìomhaigh àraid agus tha gu leòr dhiubh seo a' fantail an

eanchainn an luchd-èisteachd. Le bhith a' sgrùdadh an dà chleas seo gheibhear blasad air ìomhaigheachd bheartach an dàin.

Am measg ìomhaigheachd nan eun sa chiad earrann, tha goireasan luachmhor traidiseanta gan cleachdadh gus fuaim a riochdachadh:

Bha 'ghuilbneach a' sgaothadh seach
Le guileag bu ghearaineach gaoir
Mu'n an-uair bha daor a teachd. (a. 12, 310)

Cluinnear fuaim na ghuilbnich, aig a bheil iol nuallanach san adhar agus gairm dà lideach air talamh,¹⁷⁷ leis an t-sreath "Le guileag bu ghearaineach gaoir." Tha am bàrd a' cleachdadh pailteas uaim cuideachd. San ath às-earrann chìthear gluasadan an èoin air a riochdachadh leis a' mheataireachd:

Thog sgarbh, eun calma nan cuan,
A bhroilleach à fuar-uisge an t-Af
'S air sgèith bu bhras-bhuileach, cruaidh
Glas chlèite a chluain thug e mach. (a. 12, 310-11)

Cluinnear san earrainn seo gluasad luath sgèith an èoin san treas loidhne agus e air gu leòr lùths a chruthachadh gus iteal gu siùbhlach san leth-sreath mu dheireadh. Tha cruth a' chiad lethrann a' riochdachadh na tha tachairt cuideachd, le meataireachd glè ìomchaidh airson na h-ìomhaigheachd. Le seo tha sùil a' bhàird a' coimhead air an sgarbh fhèin an toiseach an uair sin

¹⁷⁷ 'Top UK Bird Songs: Curlew' aig
<http://www.guardian.co.uk/environment/audio/2008/jun/06/nature.birdsong.curlew> [Cleachdte 7/8/2011]

tha gluasad a bhroilich a' tighinn fa-near dha nuair a thogas a-mach as an t-sàile e, is an t-eun an uair sin a' tòiseachadh a' gluasad.¹⁷⁸

Thèid fuaim na stoirme a riochdachadh cuideachd san dòigh cheudna, mar eisimpleir:

Ochòin !— tha 'ghailc air tigh'n oirnn,
Siod tartaraich Thòir seann linn !
An tururraich eagalach mhòr ;
A' bhoille 's am bodhradh cinn ! (a. 13, 181)

Cluinnear fuaim na stoirme gu soilleir sna faclan “tartaraich” agus “tururraich.” Tha na faclan trì-lideach, dactaileach, soirbheachail ann an a bhith a' riochdachadh tàirneanaich, eadar a' chiad lide mar bhrag agus am fuaim leantanach ri chluinntinn sna lidean gun bheum. Tha consonan boga is cruaidh agus uaim a' cruthachadh fuaim san rann cuideachd.

'S ann minig a tha am bàrd a' cleachdadh pearsonachaidh, gu h-àraidh ann an V. Tha seo a' toirt cothroman dha dàimh a chruthachadh eadar an leughadair agus an dà chuid beathaichean agus rudan nach beò mar shruthan. Gu tric tha ùr-nos na h-ìomhaigh ga ghèidheadh nar cuimhne:

Dhùisg muir amh air leaba fiabhruis
Air na laidh i riamh o thòs,
Ghluais a nàdur madaidh iargalt',
Thrèig a ciall i 's chaill i 'dòigh ;
Oir chual i guth nan spèur ri tabhann
A' cur ailis air a cliù,
'S creagan buagharra air cladach
A' sior-mhagadh air a tiùrr. (a. 13, 108)

¹⁷⁸ 'S e Bill Innes a riochdaich cudromachas *synaesthesia* mar seo san oraid aig Comunn Ghàidhlig Inbhir Nis.

An seo tha na trì sìontan, a' ghaoth, a' mhuir is an talamh air am pearsonachadh is iad a' sabaid an aghaidh a chèile. 'S e farmad agus magadh a tha ag adhbharachadh na strì; adhbharan glè dhaonnachdail. Chan e cleas dualchasach a tha seo, ach thèid pearsonachadh a chleachdadh ann an dàin Oiseanach an 18mh is an 19mh linn.¹⁷⁹ Tha an dualchas a' riochdachadh na mara mar tè chaochlaideach agus fhiadhaich, ge-tà, mar eisimpleir ann an 'Duain na Muilighartaich'.¹⁸⁰

Chìthear nach eil tais air a' bhàrd a bhith a' cruthachadh ìomhaighean ùra neo annasach. Cluinnear mu na taighean neo-dhìonmhor:

Am buamasdair is fear gun suim
Nach d' chuir fo luim a thaigh an dè,
An diugh tha 'n t-snidhe 'dol 'na shùil
'S air bheagan cubhraidh bidh a lèin'. (a. 12, 313)

Tha an rann meanmach seo a' measgachadh teachdaireachd mhoralta, beagan fealla-dhà agus geurachd cainnt. Tha e follaiseach gu bheil a' chùis-bhùirt seo a' sealltainn an fheum air obair-dheasachaidh. Tha e coltach ri caractairean sna dealbhan-chluiche àbhachdail aig Mac-na-Cèardaich leithid Dòmhnall nan Trioblaid.

A bharrachd air ìomhaigheachd fhradharcail tha am bàrd comasach air metafòran meanmach a chruthachadh, mar eisimpleir:

Air charbad sìtheach nan gaoth
Bha aitreabhan faoine na speur
Air udail ag iomachd maraon
Gu ionad bu shaoire beud. (a. 12, 310)

¹⁷⁹ 'Mordubh' ann an *Seann Dàin agus Òran Ghaidhealach air a tabhairt o Dhaoin Uaisle Araid an Gaeltachd Alba don Fhear Fhoillsicheadh*, deas. Eoin Gillies (Peairt: 1786), 1-11.

¹⁸⁰ Anna NicDhùghail, Bàgh a' Chaisteil, 'Duan na Muilidheartaich', [<http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/39180/1>]. Cleachdte 6/8/2011.

Leis a' cho-shamhaileachd seo tha am bàrd a' cruthachadh ìomhaigh de dh'fhòirneart agus cumhachd na gaoithe; 's i ag iomain nan neòil, a chàrn leis an leòid de dh'uisge.

Tha e follaiseach bhon t-sùil aithghearr seo gun urrainn dhan bhàrd meataireachd agus ìomhaigheachd a chleachdadh gus fuaim is gluasadan a chuspair a thaisbeanadh. Tha pàilteas ìomhaigheachd bho dhiofar thùsan air a riochdachadh, eadar pearsonachadh agus ìomhaigheachd sìde-mhara. Air làrach iom-fhillte nan diofar meataireachdan tha farsaingeachd agus ùrachd na h-ìomhaigheachd gu seachd àraidh cliùiteach.

Creideamh

Sa gheàrr-chunntas air an sgeul chunnacas gu robh creideamh aig teis-meadhan tachartasan an dàin. Ged a tha tuairsgeulan fada air an stoirm fhèin 's e guidhe agus achanaich a tha a' sàbhaladh na h-*Ealasaid* agus ag iomain na sgeulachd. Gheibhear iomradh air creideamh sa chiad rann:

Lèugh treubhaich aosmhor nan tonn
Clar-amais màirneul nan sion ;
Bu daingeann a chreideamh na chom,
Gun teagamh 's gun fhonn bha bhriathar. (a. 12, 310)

Mur nach robh creideamh cho cudromach ann an sgeulachd an dàin b'urrainnear an t-iomradh so a leigeil seachad is ga thuigsinn mar rud ceangailte ris an eòlas-mara aige a-mhàin. Ach nuair a gheibhear seo aig fìor thoiseach an dàin agus moladh air "Aon-De na Trianaid" (a. 13, 180-9) san leth-rann mu dheireadh bu chòir dhuinn a bhith a' coimhead air seo mar a' chiad iomradh

air a’ cheangal eadar Dia, creideamh agus a’ mhuir. Anns an sgeulachd aige ‘Lughain Lir’ tha Mac-na-Ceàrdaich a’ ceangal comas a’ mhairnealaich ri a chreideamh¹⁸¹ san dòigh cheudna cuideachd.

San dàrna earrainn tha achanaich a’ nochdadh a-rithist, “Ghuidh gach anail sgrios no èis/ Gun tigh’n orr’ a rèir an gnìomh” (a. 12, 311). Nochdaidh “a rèir an gnìomh” iomadach uair sa Bhìoball is co-dhiù dà uair co-cheangailte ris a’ mhuir¹⁸² far an tèid bàs breitheanas agus a’ mhuir an ceangal ri chèile. Ach ann an Isaiah tha Dia a’ bruidhinn ris na “h-Eileanaibh” a thèid an dìon le iochdmhorachd– ceangal glè iomchaidh. Tha am bàrd mar sin a’ cleachdadh rèim a’ Bhiobaill mar thionndadh eile san eòlas-chànain fharsaing aige.

San aon earrann tha Mac na Ceàrdaich a’ toirt oirnn beachdachadh air a’ cheangal eadar mac-an-duine is na beathaichean, leis an abairt “gach anail” agus le ìomhaigh nam biastagan “’S o mhullach duis bha leo mar chrann | Gu taingeil dh’iobradh rann dan Dia! (a. 12, 313).” ’S e pearsonachadh àraid a tha seo: chan e is gu bheil iad dìreach a’ faighinn buaidhean duineil ach tha iad a’ faighinn buaidhean muinntir an dàin, eòlas-mara is Crìosdaidheachd. Mar sin tha an saoghal bàrdail seo stèidhichte air a’ phrionnsapal *Ad maiorem dei gloriam*, a chleachd e san aiste ‘Inbhe ar Bàrdachd’¹⁸³ agus mar a chìthear sa bhàrdachd nàdarra aige leithid ‘Loch na h-Òb’: tha an saoghal fhèin a’ riochdachadh glòir agus mòrachd a Chruthadair.

Anns an earrann mhòr air an Ealasaid, III, tha cumhachd Dhè air a riochdachadh an toiseach:

¹⁸¹ ‘Lughain Lir’, 57.

¹⁸² Isaiah 59.19 agus Taisbeanadh 20.13.

¹⁸³ D.M.N.C., ‘Inbhe ar Bardachd’, *Guth na Bliadhna*, 13 (1916), 441-457.

Chinn coltas mara diobhalach
Air sgiil 's air beatha Chrìostaidhean;
Seall! Siud am boinne dìorrasach!
Gun dìon Thu sinn, O Dhè! (a. 12, 428)

Air dhan bhàrd a shealltainn nach robh comas aig na h-iasgairean am bàta a thoirt gu cala, tha an stiùramaich a' gabhail na searrag de dh'uisge bheannaichte is ga dòrtadh sa chuain. Thèid daingneas chreideamh an stiùiriche a riochdachadh, “Mar neach le urras Fhlathanais | Nach toireadh muir a bheatha dheth” (a. 12 429). Le seo is ciad rann an dàin tha e follaiseach gu bheil daingneach chreidimh na chuspair chudromach. Tha an sealladh creideòlasach a tha a' stèidheachadh cuid den ìomhaigheachd ri fhaicinn cuideachd: “'S gun chomhnadh miorbhuilt Rìgh nam buadh/ Cha d' èirich luibh bho' n uaigh so riamh:” (a. 12, 313), 's e faisg air an fheallsanach ann an dàin nadarra Mhic-na-Ceàrdaich.

Tha cumhachd Dhè a' cur crìoch air an stoirm:

Lùb màthair leanabh a glùin
Is chur i glan-ùrnaigh suas;
Ag iarraidh cobhair air Dia
'S ag achanaich sìochainnt luath.

Mar thora a' tolladh troimh chruaidh
Chaidh a guidhe troimh ghruaim nan sìon
Is ràinig Athair nam beò
Air cathair na Tròcair shìor.

Fhuair ìobairt bheannacht' a crìdh
Làn airidh 'o Thì nan dùl,
Is dh'òrdaich Esan fa-dheòigh
Grad-fhosadh na còmhraig dhùir. (a. 13, 184)

Tha am briathrachas seo làn de dh'ìomhaigheachd chràbhaidh agus chogaidh. Tha ìomhaigheachd na màthar air leth ìomchaidh ann an co-theacs a' Chreideimh Chaitligeach aig crìoch an 19mh linn deug: bha am Pàp air mìneachadh a thoirt air a' Ghineamhain Gun Smàl

ann an 1854¹⁸⁴ agus bha cràbhadh na h-Òigh Mhoire air a chinntinn gu mòr on uair sin. Ri linn a' bhàird fhèin sgrìobh Pius X *encyclical* stèidhichte air an Òigh mar an ceudna, gus cuimhneachadh lethcheud bliadhna bhon sònrachadh ud, ann an 1904.¹⁸⁵ 'S ann glè iomchaidh a tha an ìomhaigh den “thora a' tolladh troimh chruaidh” airson fear-innleachd. San dòigh ceudna chan urrainnear ach a bhith mothachail air na h-abairtean leithid “siochainnt” agus “Grad-fhosadh na còmhraig dhùir” leis gu robh an cogadh a' dol aig an àm. Tha an dàn a' crìochnachadh le Mac-na-Ceàrdaich ag aithris mar a thug an sluagh taing do Dhia airson sàbhaladh na h-*Ealasaid*, coltach ri crìoch a' *Bhirlinn*.

Chaidh an dàn seo a dhèanamh aig teas-meadhan a' Chiad Chogaidh: bha Barraich gam bàthadh sa Chuan Siar agus gam marbhadh sa Fhraing 's a' Bheilg. B' urrainn don tul-chath eadar nan sìontan a bhith na analogachd air a mhilleadh 's a chreachadh a bha a' dol air feadh na Roinn Eòrpa. Chan e dàn analogach ro-fhollaiseach a th'ann, aig am biodh ceangalan mionaideach eadar gach *motif* agus rud a bha air a shamhlachadh. Rinn Dòmhnall Ruadh Mac an t-Saoir dàn nas coltaiche ri seo aig àm an darna chogaidh.¹⁸⁶ Ach chleachd am bàrd cuspair fìor Ghàidhealach gus meòrachadh air an tachartas a bu chudromaiche na latha fhèin, agus e a' moladh creideamh mar dhòigh gus crìoch a chur air a' chath.

¹⁸⁴ Hilda Graef, *Mary: A History of Doctrine and Devotion*, 2 (Lunainn: Sheed agus Ward, 1965), 80.

¹⁸⁵ *ibid.*, 128.

¹⁸⁶ *Aeòlus*, td. xviii-xix.

'Loch na h-Ob' - 1915

Ann an 'Loch na h-Ob'¹⁸⁷ chithear gu follaiseach am measgachadh de nàdar, creideamh agus togail inntinn a thug air MacLeòid a ràdh gu bheil "Catholic mysticism"¹⁸⁸ ri fhaicinn ann an saothair Mhic-na-Ceàrdaich. Tha e a' sealltainn comasan le ìomhaigheachd, meataireachd agus structar a tha a cheart cho àrd ri bàrd Gàidhlig sam bith eile airson òrain den mheud seo. Tha an loch fhèin air taobh an ear Bharraigh is e a' sgaradh nam bailtean Bruairnis is Bogach bho Bhuaile nam Bodach. 'S ann an sin a b' àbhaist do Sgoil Bhàgh a Tuath, a bhith stèidhichte far am biodh bràthair a' bhàird Niall a' teagaisg. Tha e coltach gur ann le Niall a bha Dòmhnall a' fuireach nuair a fhuair e eòlas nas mionaidiche air an loch.

A thaobh na meataireachd tha còmharradh gu math teann aige, le aicill tro gach leth-rann agus ruitheam lideach cunbhalach is iambach rè an dàin air fad:

A Loch na h-Ob a choisinn <u>m'eud</u>	<i>a</i>	8
Mo bheannachd <u>féin</u> ad' chòir!	<i>b</i>	6
Do shàmhchair bheannaichte 's do <u>spèis</u>	<i>a</i>	8
Bidh 'n dlùths mo <u>chlèibh</u> ri m' bheò.	<i>b</i>	6
Mo dhùrachd agus m' achain <u>bhuan</u> ;	<i>c</i>	8
Nach tathaich <u>truaille</u> do chòrs'	<i>b</i>	6
Ach bhi 'na d' shealladh maise 's <u>buaidh</u>	<i>c</i>	8
Gu'n teirig <u>cuairt</u> nan lò.	<i>b</i>	6

(196)

Aig toiseach an dàin tha e a' cleachdadh samhlachadh gus innse dhuinn gur ann a' cuimhneachadh air an loch a tha e:

¹⁸⁷ D.M.N.C., 'Loch na h-Ob', *Guth na Bliadhna*, 12 (1915), 195-6.

¹⁸⁸ MacLeod, 'Gaelic Prose', 333.

Mar dhearsadh grèine maduinn Màigh
Do sheomar 'carnadh glòir ;
Mar sin thig cuimhn' air sealladh àidh
Le ùrachd gràidh gu m' mheòmhair. (195)

Is ged a tha e a' leantail air le a bhith a' moladh an locha mar gu bheil e na làthair, tha e feumail a bhith a' cuimhneachadh gur ann san t-seòmar, sa bhaile mhòr, a tha e. Leis an toiseach seo tha e a' cruthachadh beart airson a' mholaidh a leanas agus a' cruthachadh samhla cumhachdach den chuimhne aighearach ann an inntinn trom mar gath grèine sa mhadainn a' soilleireachadh seòmar doirch. Tha e a' leasachadh ìomhaigheachd na madainne san ath rann.

Tha am bàrd aig ath chleachdadh an aon structar cainnt san dàn gu seachd àraidh far a bheil e a' moladh an locha. San darn rann (195) tha e a' cur sreath de dh'ìomhaighean ri chèile le “Is ùror [blath sa mhaduinn chiùin/ ribhinn gheal mo rùin/ dorsan dait' an là].” Ach le bhith a' toirt a' bhàrr do Loch na h-Òb aig crìoch an rainn tha bòidheche gach rud, a chaidh a neartachadh leis an anafora, air an cleachdadh gus cliù an locha fhèin àrdachadh. San ath rann tha e a' cleachdadh anafora a-rithist gus an loch a mholadh le sreath de cho-shamhlaidhean agus sa chòigeamh rann thèid sreath de bheathaichean a dhealbhadh, is an ceangal aca ri Loch na h-Òb air a dhealbhadh san dà shreath mu dheireadh. O chionns gur e Loch na h-Òb an-còmhnaidh an abairt mu dheireadh san t-sreath 's urrainn dhan bhàrd na sreathan de dhiofar ìomhaighean a thaisbeanadh, is an ceangal ri cuspair a dhàin sa chuplaid mu dheireadh. Chleachd Niall MacLeòid na h-aon seòrsa cleasan structaireach sna dàin aigesan, leithid ‘Sìne Chalum Bhain.’¹⁸⁹

¹⁸⁹ *Clarsach an Doire*, treas clò-bhualadh (Dùn Èideann: Tormaid MacLeòid, 1902), 9-11.

Tha e coltach gu bheil buaidh cho mòr aig an loch air air sàillibh a chumhachd air a chluaineas inntinn:

An uair bhios smalan agus gruaim
A' dubhadh duairc mo neòil
Gheibh m' anam sonas, fois, is cluain
An uaigneas Loch na h-Ob. (196)

Mar sin tha ceangal ann leis an t-sìth is an uaigneas a gheibheadh e ri taobh an Locha. Anns an sgrùdadh air 'Creag nan Sgarbh', mothaichear gu robh am bàrd a' coinneachadh ri nàdar, 's e air saor-laithean ann am Barraigh is e a' fuireach le a chàirdean. Chan e dìreach romansachd a tha air cùlaibh nam molaidhean seo: chìthear gu bheil eilthreachd eaconomaigeach a' neartachadh a' ghaoil aige airson an àite.

Thèid ìomhaigheachd Chaitligeach a chleachdadh gu math tric san òran. 'S e "maise naomh| nach fhaic mi taobh seo 'n fhòd" (195) a th'aige air an loch is tha seo ga dhèanamh aig an ìre-sa na àite naomh is neo-shaoghalta, leis gu bheil creideamh san Ais-Èirigh am follais san lethrann ud. Fiù 's sa chiad rann tha e ag ràdh nach fhaca e a leithid san t-saoghal is e "thar gach fleadh do m'shuil a bhà" (195). Mar sin tha e ga mholadh mar rud a tha cho bòidheach is gu bheil e, a-rithist, neo-shaoghalta. Ach a bharrachd air seo tha e a' dèanamh ceangal ri cràbhadh na h-Òighe Mhoire:

An Loch na h-Ob tha tobar gaoil
Na's cùbhr' na smaoin na h-òigh
O, 'n sgàthan neamhaidh, soilleir, subhailc!
O, 'n naoidhean suaineach stòld
Ri gràs na Flathas àrd tha suaip
Aig tuar-neul Loch na h-Ob. (195)

Ma choimheadar air an ùrnaigh ainmeil ‘Leadan Mhoire’ chìthear gur e aon de na tiotalan aice “Sgàthain a’ cheartais”¹⁹⁰ a tha coltach ris an “sgàthan neamhaidh, soilleir, subhailc” san dàn. Gu litearail tha an loch cuideachd na sgàthan follaiseach, ach chan eil sin a’ mìneachadh a’ bhuaidhair “subhailc.” ‘S e Crùn na h-Òigheach aon de na tiotalan eile aice is tha “ribhinn gheal mo rùin | An dreach fo chrùn a h-òig” sa dàrna rann. Cuideachd, ’s e “A Chobhair nan deòiridh”¹⁹¹ a th’ innte sa Leadan, is ma choimheadar air a’ chumhachd slàinteachaidh is sìtheil a tha am bàrd ag aithneachadh sa loch, bhiodh sin co-shìnteach ri dreuchdan Mhoire. Tha iomradh nas fhoillsiche ann leis an loch, “Mar òigh gun smal nach fhaca crè| Bho ’n d’fhiosraich beud no bron” (196). Ar leam gu bheil bòidhche neo-shaoghalta agus cumhachdan sìtheil an locha a’ dèanamh an coimeas iomchaidh dhan bhàrd, don luchd èisteachd ann am Barraigh is do leughadairean Caitligeach *Guth na Bliadhna*.

‘An Ionndrainn’ - 1916

’S e seo an aon dàn leis a’ bhàrd a lorgar am measg an *Celtic Review*.¹⁹² Dh’fhoillsich an iris sin sgrìobhaidhean Ceilteach acadaimeagach ach cuideachd beagan beul-aithris agus sgrìobhadh cruthachail. ’S e nighean Alasdair MacGillemhìcheil, Ella, a bha ga dheasachadh agus i aig teas meadhan saoghal Ceilteach Dhùn Èidinn aig an àm. Tha e gu ìre mhath cinnteach gum biodh i eòlach air a’ bhàrd. Chaidh an t-òran dualchasach ‘Fàth mo mhulad a bhith ann’ fhoillseachadh san iris leis an tiotal ‘An Ionndrainn’ fo làimh Choinnich MhicLeòid ann an 1908,¹⁹³ is tha cuid de na h-aon teamaichean a’ nochdadh anns ‘An Ionndrainn’ le Mac-na-Ceàrdaich ged a tha cruth gach dàn gu math eadar-dhealaichte.

¹⁹⁰ ‘Leadan Moire’, *Iùl a’ Chrìosdaidh*, deas. Eugenius MacInnes (Stirling: Learmonth, 1963), 216-20 (217).

¹⁹¹ *ibid.*, 218.

¹⁹² D.M.N.C., ‘An Ionndrainn’, *The Celtic Review*, 10 (1916), 333-5.

¹⁹³ Kenneth MacLeod, deas., ‘An Ionndrainn’, *Celtic Review*, IV (1908), 248-49.

'S e dàn eilthirich a th'anns 'An Ionndrainn' stèidhichte air àm a' Chiad Chogaidh. Mar sin tha e cothromach a ràdh gu bheil e a' riochdachadh beachdan, neo co-dhiù suidheachadh, pearsanta a' bhàird a bha ann an Sasainn le obair-chogaidh. Nochd an dàn gun bheàrnan eadar na rannan ach a rèir a' chomhardaidh tha ceithir sreath anns gach rann le seachd-rannan-deug ann air fad. Tha comhardadh ann eadar gach dàrna loidhne sa rann is aicill anns gach lethrann. Mar an ceudna tha 10 lidean anns cha mhòr a h-uile sreath. Tòisichidh an dàn le ìomhaigheachd an tillidh dhachaigh ann an saoghal nàdair:

Siubhlaidh sruth 'san duibhre-thràth gu cuan	9
A' seinn a dhuain is fiughair-luaths 'na <i>cheum</i> ,	10
Ni eoin nan tonn an cùrsa lom thar stuagh	10
An suil na fuar -ghaillin gu'n dachaigh <i>fein</i> . (333)	10

Coltach ris a' bhàrdachd eile aige tha e a' cleachdadh ìomhaigheachd na mara agus nan eun mara gus sealltainn an dàimh aige leis an eilean agus le dhachaigh. Thèid an samhlachadh seo a mhìneachadh sa lethrann a leanas, "Is ionnan 's sin bheir mise gaol gu bràth | Do innis m' àraich ge b'e àird am bi" (333). Ach a' tòiseachadh aig rann a ceithir tha an t-eilean fhèin air a phearsnachadh is e ag ionndrainn an eilthirich:

O, till a ghaoil, O, till chugainn gun dàil ...
Is guidhe Nàduir 'g agairt teachd do cheum. (334)

Gheibhear an seo cuid de na h-aon cleasan bàrdachd a tha ri chluinntinn san òran dualchasach 'An Ionndrainn' – pearsonachadh agus guth nàdar, ged a tha deagh chothrom ann gur e am fear-dheasachaidh a chuir a-staigh an earrainn seo:

Fuaim an taibh 'gam shior-éigheach :
Tiugainn, m' eudail, gu d'thir-dhàimh ?¹⁹⁴

Tha cuid den ìomhaigheachd Romansach aige gu math cumhachdach, mar a' mhuir a thug air
falbh thar chuan e is a tha a-nis làn gràin uamhasach oirre fhèin:

An cluinn thu osann 's gal na mara treun
'G a bualadh féin ri creagan geur' gun tàmh
Tha bròn 'na cridhe o'n 's i thug thu an céin
'S e gealltainn dhomh-sa do thabhairt leis a nall? (334)

Às dèidh don earrainn air an eilean fhèin gheibhear iomraidhean a tha a' ceangal an dàin seo ri
tachartasan an ama. Tha e a' cantail gu bheil aire gu h-àraidh air “Aon dachaigh shònruichte
d'an toir mi spéis” (334). Tha am bàrd an uair sin ga mìneachadh:

A dh' aindheoin cath is boile 'n t-saoghail mhóir,
A dh' aindheoin nòrr is naimhdeas-comhrag sluaigh
Tha sonas, gaol is sith is daonnachd-chòir
A' riaghladh glòrmhor ann a' sud gu buan. (334)

Cha robh Mac-na-Ceàrdaich a' faireachdainn an seòrsa dleastanas a bha aig cuid de na bàird às
a dhèidh a bhith a' coimhead air an t-saoghal phoilitigeach mu chuairt air an còmhnaidh agus gu

¹⁹⁴ MacLeod, deas., 'An Ionndrainn', 249.

robh e ceadaichte a bhith a’ lorg cluaineas ann an nàdar. Chan eil seo a ràdh nach robh ùidh aige ann an tachartasan an t-saoghail mhòir, mar a chithear anns an aiste ‘Innis-na-Breige.’¹⁹⁵

Tha an t-eilean air a choisrigadh, le a fheartan fiosagach a’ faighinn cudromachas Crìosdail: “Cha cheò a th’ann ar leam gur h-ann sud tùis | A’ giulain ùrnaighean nam bith gu neamh,” (334). Leis cho naomh is coisrigte a tha am bàrd a’ dèanamh an eilein tha draghan aige mu thruaillidheachd a’ nochdadh, coltach ri ann an Loch na h-Òb:¹⁹⁶

Chì mi muir a’ tòchdadh cas ma ’chuir
Is thig gu m’ chluais guth mhuillein stuagh air tràigh,
Ach ’s ann le cinnt’ ’tha ise ’strìth gach uair
A chumail truaillidheachd gun tigh’n ’na dhàil. (334)

Tha seo na phàirt den t-saoghal chreidmheach aig a’ bhàrd far a bheil nàdar na sgàthan air gràs Dhè, an Crutheadair a tha a’ gabhail suim ann an gnothaichean mac-an-duine. Chan eil e ge-tà, a’ dèiligeadh leis a’ bhuaireadh a bha a’ bualadh air Barraigh aig an àm: call sheòladairean is shaighdearan.

Sna rannan mu dheireadh tha am bàrd a’ riochdachadh a’ bheachd nach b’ fhiach an t-eilean fhàgail, coltach ris a bheachd aige ann an ‘Luinneag an Iasgair’ agus ‘Faioileag an Droch-Chladaich’ air a’ chuspair cheudna:

¹⁹⁵ D.M.N.C., ‘Innis-na-Breige’, *Guth na Bliadhna*, 15 (1918), 240-55.

¹⁹⁶ ‘Loch na h-Òb’, 196.

Iarraidh truaghain saoihbreas, staid is glòir
Is air an tòir bidh iad fo leòn gach là:
Saoilidh 'n t-ollamh gur' h-e oilean chorr
'N aon iuchair òir a dh'fhosglas dorsan Àigh.
O, 'n fhaoinis mhór a rinn air gliocas tàir ;
A dhìbir Nàdur is a fàintean aost !
Bheir dhomh-sa talamh, muir is adhar 's slàint',
Mo dhachaidh 's Nadur ann am innis naoimh. (334-5)

Thèid an sgaradh eadar oideachadh fuar agus Nàdar a dhaingneachadh san ath-rann is crìochnaichidh an dàn le gealladh a' bhàird gun till e dhan eilean. Mar sin tha am bàrd a' meòrachadh air an t-suidheachadh aige fhèin is aig gu leòr den ghinealach aige mar eilthirich. Tha e cuideachd a' sealltainn dìmeas air foghlam is eòlas ro-acadaimeagach, cuspair a nochdas uair neo dhà eile na shaothair.

'Seudan Peairseach' (Eadar-Theangachadh) - 1916

Rinn Mac-na-Ceàrdaich eadar-theangachadh air còig dàin Pheairseach ann an cruth cearcall dhàin.¹⁹⁷ Tha gach fear stèidhichte air aon ìomhaigh: An Cridhe Leòinte; An Saighead; An Leannan; Bròn; An Leanabh agus An Copan Fiona. San aon chlà-bhualadh de *Ghuth nam Bliadhna* nochd eadar-theangachadh air dà phìos sgrìobhaidh eile, a thaisbeanadh a-rithist cho farsaing is a bha an sgrìobhadh a bha Ruairidh Arascain is Mhàirr a' moladh sna h-irisean aige.

Aithnichear ceanglaichean sna dàin seo eadar an cultar Peairseach agus cultar nan Gàidheal. Mar sin chìthear an cuan a' samhlachadh na beatha caochlaidich:

'S ann tha mi mar an glac nan stuagh

¹⁹⁷ D.M.N.C., 'Seudan Peairseach', *Guth na Bliadhna*, 13, (1916), 336-7.

A ta 'g am luasgadh garbh
Mi'n dràsda shios 's a rithis shuas
Air uchd nan cuantan garg. (336)

Tha ìomhaigheachd na dibhe (337), sealgaireachd (336) agus buill-airm (336-7) ri fhaicinn mar an ceudna is iad cho nochdte ann an dualchas nan Gàidheal.¹⁹⁸

Tha blàs eadar-theangaichte air na dàin seo, is cruthan tionntaichte agus *enjambement* nas fhoillaisiche na tha iad anns an t-saothair aige fhèin. Mar sin cluinnear, “Do m’ chridhe féin aon socair, tlachd | No siochaint riamh cha d’fhuair” (336) aig toiseach a’ chiad eadar-theangachaidh. Chunnaic sinn mar thà gu bheil bàrdachd Mhic-na-Ceàrdaich a’ cleachdadh Ghàidhlig gu math siùbhlach, mar sin ar leam gu bheil e a’ cumail nas fhaisge air na tùsan Beurla aige a thaobh structar ghràmair is rèime. Bha Mac-na-Ceàrdaich toilichte a bhith a’ cleachdadh buaidhean bho chultaran eile is tha seo a’ dol an aghaidh, gu ìre, beachd MhicDhiarmaid gur ann fo bhuaidh an dualchais Ghàidhealach a-mhàin a bha am bàrd.¹⁹⁹

‘Innis Deoin-A’Chridhe’ - 1917

Tha an dàn²⁰⁰ seo na phàirt den t-sreath de dhàin a rinn am bàrd a tha a’ measgachadh nàdar, creideamh agus ùirsgeul. Aig a chridhe tha ìomhaigh de dh’eilean Tìr nan Òg, ach le blas Barrach agus Crìosdail air. Mar an ceudna cluinnear cuideachd am fadachd agus an cianalas a tha ri fhaicinn anns na dàin eile bhon àm seo.

¹⁹⁸ John MacInnes, ‘The Panegyric Code in Gaelic Poetry and its Historical Background’ ann an *Dualchas nan Gàidheal: Selected Essays of John MacInnes* (Dùn Èideann: Birlinn, 2006), 265-319, 279-83

¹⁹⁹ MacDiarmid, ‘Sinclair’, 87.

²⁰⁰ D.M.N.C., ‘Innis Deoin-A’Chridhe’, *An Ròsarnach*, 1 (1917), 14-5.

Tha am bàrd a' cleachdadh meataireachd òrain a tha e air cleachdadh cheana ach an seo 's e 4(9+5) an àite 4(8+6). Cluinnear mar an ceudna comhardadh iom-fhillte anns gach sreath:

Tha Mac nan <u>Speur</u> gu h- <u>éibhinn</u> , <i>aoibhinn</i>	a	9
'Triall do <i>Roinn na Sìth</i> ;	b	5
Tha copan <u>nèamh</u> fo <u>sgéimh</u> a <i>shoillse</i>	a	9
Dreacht' an <i>aoibhneas</i> –rìomh.	b	5
Tha seirm a' <u>chuain</u> a' <u>luaidh</u> air <i>sòlas</i> ,	c	9
'S tonn ri <i>pògadh</i> tuinn :	b	5
'S mo chridhe <u>féin</u> air <u>sgèith</u> a' <i>seòladh</i>	c	9
Dh' Innis <i>Deòin-a'-Chridh'</i> (14)	b	5

Chìthear cho tarraingeach is a tha an ìomhaigheachd aige, agus samhlachas agus foir-ainmean a' nochdadh. Mar sin 's e a' ghrian "Mac nan Speur" (ann an 'Ros Aluinn' mar an ceudna),²⁰¹ is tha "Roinn nan Sìth" air a chleachdadh airson na h-Àird an Iar. Tha Tìr-nan-Òg fhèin na stèidheachadh airson an dàin: flaitheanas far nach eil dragh neo deòir. Ach cuideachd gheibhear iomraidhean air a' chreideamh Chaitligeach: "Is t' anail ùr mar thùis 'ga ìobradh | Suas do Rìgh nan Dùl" (15).

Mar cho-dhùnadh tha e follaiseach gu bheil an dàn seo car coltach ri cuid den fheadhainn eile aig a' bhàrd, gu seachd àraidh 'Ros Aluinn.' Tha barrachd cuideam an seo air Tìr-nan-Òg fhèin an coimeas ri òrain eile leithid 'Innse-Gall.' Chìthear gu robh Mac-na-Ceàrdaich deònach beachdan mu eilthireachd, beul-aithris agus creideamh a mheasgachadh na ealain, is gu robh seo na chochur iomchaidh dha. A bharrachd air seo b' fhiach iomradh deireannach air cho foirmeil 's a tha a' mheataireachd le uathne, aicill agus comhardadh deireannach ri chluinntinn. Tha seo

²⁰¹ 'Ros Aluinn', 193.

a' toirt air a' bhàrd a bhith a' cleachdadh a bhriathrachais farsaing, ach chan eil seo a' cur dochuir air an dàn fhèin.

'An Duradan Duslaich' - 1917

Tha an dàn seo²⁰² a' coimhead air neo-chaochlaideachd; crìochan eòlais mic-an-duine agus uaibhreachd saidheansail. Tha am bàrd a' gairm air "neòini" is ga thogail suas is a' mheòrachadh air (302). Ann an cruth tha e coltach ri Niall MacLeòid is e a' gairm air neònain,²⁰³ ach ann an doimhneachd agus teamaichean tha e nas coltaiche ri lioraicean MhicDhiarmaid a nochd às dèidh Mhic-na-Ceàrdaich. Tha am bàrd a' cleachdadh rannan ceithir-sreathach le sreathan ochd-lideach.

Tha crìochan eòlais mhic-an-duine na chuspair chudromach san dàn seo. Tha sùil Mhic-na-Ceàrdaich "ion is a bhi dall | Am fianuis lampa 'n t-Soluis tha ro chòrr." (302) Chìthear gu bheil Mac-na-Ceàrdaich, duine a bha eòlach air cuid den teicneòlas a b' adhartaike na latha fhèin, mothachail air cho neo-iomlan 's a bha eòlas agus comasan mic-an-duine:

Tha Uamhar dall a' riaghladh chlann nan daoine',
A th' air an daoraich le 'n an-saoiltean féin,
Ach, co dha 'n comas, ge h-àrd sgil no buaidh.
Aon ghaineamh suarach 'chur ri Cruthachd Dhé? (303)

Ri linn seo ge-tà tha Mac-na-Ceàrdaich a' sealltainn gu bheil ùidh aige ann a bhith strì leis na ceistean mòra nach tèid am freagairt gu saidheansail:

²⁰² D.M.N.C., 'An Duradan Duslaich', *Guth na Bliadhna*, 14, (1917), 302-4

²⁰³ Niall MacLeòid, 'Rainn do Neoinean' ann an *Clarsach an Doire*, treas clò-bhualadh (Dùn Èideann: Tormaid MacLeòid, 1902), 112-5.

'S a spiorad fòs air sgéith, ge breòit' a feart,
Ag iarraidh steach an cridh' an Ioghnaidh Mhòir :
Mar leòmann fhaoin fo iognadh is fo cheist
Le doille-dheil ag iarraidh cridh' a' ghàth,
'S ged thréig a lùths nach toir a dùile suas
Gu 'n tuit i nuas le sgiathan loisgt' air làr. (302)

Tha e cudromach cuideachd dhan dàin nach eil na duradan duslaich seo air am meas gu h-àrd leis an t-sluagh. Mar sin aig toiseach an dàin tha “O, thus' a neòini ; thus' a ta cho faoin | Fo chois nan daoibh 's nan saoi an diugh 's an dé” (303) agus nochdaidh an dearbh chuspair nas fhaide air adhart:

Théid rìghrean daoibh' 'nan culaidh bhaoth car seal,
'S mar shradaig, geal o'n teallach, théid iad aog,
'S am mórachd leamh théid sìos mar eas le gleann
A' dol air chall gu beachd an cuan nan aois.
Ach thusa bhà 's a chunnaic triall nan linn
Le 'n céuma sìthe dol o 'n Ear do'n Iar,
Nad chuimhne mhòr tha dealbh nan lò 's nam fear,
'S ge h-ìosal staid, is tusa 'mhair 's cha 'n iad. (302-3)

Tha seo a' toirt cothrom dhan bhàrd a bhith a' pearsonachadh an duradain agus ga mholadh airson “ùmhachd naomh” agus “iriosalachd làin” (302) agus airson a torrachais an coimeas ris an daoimean, “Ach, seall am flùr ud, faic a ghnùis fo bhlàth | 'G an cur gu nàire ged 'san dus tha bhonn!” (302-3). A-rithist chìthear sgaradh eadar iriosalachd agus meas an t-saoghail air rudeigin. Ach tha an ìomhaigh seo am meadhan an dàin a' nochdadh a-rithist aig a' chrìoch:

A Ghaineamh, is bràithrean sinn ; mi fein is tù :
'S sinn gnìomh is cùram an aon Ughdair àird.
O, gabham sùileachan o d' ùmhachd féin
Air chor 's gu'n éirich mi am measg do bhlàth. (304)

'S e dàn inntinneach a th' ann leis gu bheil e gu ìre mhath leis fhèin am measg saothair Mhic-na-Ceàrdaich. Tha a mheòrachadh air saidheans agus an dàimh eadar sin, mac-an-duine agus an Cruthadair na chuspair dhomhainn nach eil a' nochdadh gu tric na shaothair agus a' mheataireachd cuideachd eadar-dhealaichte bho na h-òrain aige.

'Gairm Dusgaidh' - 1917

Tha an dàn²⁰⁴ seo na *chri de cœur* do na Gàidheil los gun gabh iad uallach mun t-suidheachadh aca mar choimhearsnachd chànanain. Tha e follaiseach gu bheil am bàrd fo iomagain mu na tha na Gàidheil a' fulaing sa chogadh agus fearg air a' bhàrd mu dhèidhinn beachdan mean-fhàsach mu bhàs chànanain. Tha am bàrd a' dìteadh nan Gàidheal air sgàth's cho dubhach is athaiseach 's a tha iad is gu bheil iad a' strì airson cinnidh eile, an àite gus an suidheachadh aca fhèin a leasachadh. Chì e cuideachd na ginealachdan ri teachd is iad a' sìreach an cuid cànanain bho uaignean nan Gàidheal marbh, agus na Gàidheil air an dìteadh air Latha Luan airson an "ùthachd" (385). Tha an dàn a' crìochnachadh le teachdaireachd nas dòchasaiche ge-tà, is na Gàidheil air an dùsgadh às an "dùsal mhòr" is iad a' cur fàilte air a' Ghrèin "Air toiseach aimsir nuadh" (385).

Tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh meatairachd neo-àbhaisteach airson a bhrosnachaidh. Tha rannan còig-sreathach ann, le sreath nas giorra aig crìoch gach rann:

O, 's e do lochd bhi cian gun toil dhuit féin 10
Mar chuilein coin air fead do fhear na spréidh ; 10
Mar ghlaisean maol a' suidh air ubh na cuaich ' 10
'S a' togail isean nach leis féin– mo thruaigh ' ! 10

²⁰⁴ D.M.N.C., 'Gairm Dusgaidh' *Guth na Bliadhna*, 14 (1917), 383-6.

Tha a' bhàrdachd fhèin a' riochdachadh beachd Mhic-na-Ceàrdaich mu dhreuchd nam bàrd a nochd ann an 'Inbhe ar Bàrdachd' (1916), gu robh uallach air na bàird an fhìrinn a thaisbeanadh don t-sluaigh. Tha seo a' mìneachadh cuid de bhrosnachadh dian a' bhàird. Tha an dàn a' tòiseachadh le gairm:

Dùisg a Ghàidheil ! Dùisg á sin o d'shuain !
Feuch 'san ear ! Seall a ghrian à cuan
Ag éirigh fos na glòir, 'na h-òige nuadh ! (383)

Is tha e a' crìochnachadh le ìomhaigheachd Taisbeanail cuideachd:

Oir tha mo shùil a' dearcadh dàn nan Dùl
Is chi mì solus dealrach air an cùl ;
Solus ùror o bheil Gaol a' snàmh,
Maise 's Aoibhneas agus Sonas làn,
Is uidh air n-uidh tha 'n dealbh a' lionadh fòs
Gu'n tog mi soilleir iargail Tir-nan-Og. (386)

Sa chiad earrainn, coltach ris an aiste 'Cogais Naiseanta' (1928), tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh ìomhaigheachd na Gàidhealtachd gus dàimhean ìmpireileais a shoilleireachadh. Ach chan eil Mac-na-Ceàrdaich a' toirt air falbh comasan is uallach nan Gàidheal: 's e iad fhèin as coireach airson a' mhòr chuid de na lochdan aca. Tha e gu math cruaidh leis a' phuing seo, "Gu'n reic thu t' anam is do theanga còmhla' | 'N uair chuir thu 'n t-òr 'na shlabhraidh air do thoil" (383). Tha duaisean ìmpireachd agus beartas gnìomhachais air na Gàidheil a dhèanamh nan tràillean.

Tha sgaoileadh eadar-ghinealach chànain cuideachd fa-near dhan bhàrd am meadhan an dàin. Tha na Gàidheil air a' chlann aca a sheachrainn, leis nach eil iad dealasach ann a bhith a' toirt thairis an dualchas is a' chànain aca fhèin. Le sin tha e a' cleachdadh ìomhaigheachd an tàcharain:

'S mu chual thu tric mu'n t-sìthein, cha tug geill,
'S am bodach glas an riochd do leinibh féin
A thréig thu ann ad' shuain. (384)

Tha ìomhaigheachd cuideachd de ghinealachdain ri teachd a' sìreadh na cànain sa chladh:

O' faic do dhìlleachdain am marbh na h-oidhch'
A' bùrach làraichean, is anns na tuill
A' sìreadh guth a' dh' èug ! (384)

Chìthear ma-thà gu bheil an dàn seo na oidhirp air coimhead air na Gàidheil san àm ri teachd mar sluagh a chaill a chànain is an cuid Gàidhealtas, is o sin tha am bàrd a' brosnachadh an t-sluaigh aige, 's e a' leantail air gu ìomhaigh nas shoilleire de dh'aimsir nuadh. Ma thathar mothachail air suidheachadh poilitigeach an ama, le tachartasan a' Chiad Chogaidh is Àr-a-Mach na Càisge, tha an ìomhaigheachd làidir agus gairm dian an dàin nas fhasa a thuigsinn

'Ros Aluinn' - 1917

B' e seo an treas pìos sgrìobhaidh a bh'aig Mac-na-Ceàrdaich sa chiad clò-bhualadh den *Ròsarnach*.²⁰⁵ Sa chiad dol a-mach 's e moladh air flùr a th' anns an dàn seo ach coltach ris na dàin nàdair eile aige tha e follaiseach gu bheil diofar ciallan samhachail aig an fhlùr. Tha aon rann deug san dàn leis an fhear mu dheireadh ceangailte ris a' chiad fhear a thaobh briathrachas

²⁰⁵ D.M.N.C., 'Ros Aluinn' *An Ròsarnach*, 1 (1917), 192-3.

agus ìomhaigheachd is tha seo a' cur cruth cearcallach air an dàn a nochd am measg nam bàrd clasaigeach. Tha an dàn a' tòiseachadh le:

O, m' *annsachd* ort, a Dhealbh na Maise ;
'*Aiteil* chaoin de ghlòir na' Flathas ;
'*Aisling* naomh nan aing'la geala ;
'Iomhaidh bheannaichte na **h-Òighe**. (192)

Tha comhardadh eadar a' chiad trì faclan deireannach, is iad nan deiridhean boireanta, le aicill eadar sreath 3 is 4 agus am facal mu dheireadh anns gach rann a' dèanamh comhardadh le càch a chèile. Tha uaithne ri chluinntinn ann cuideachd ged nach eil seo cunbhalach. Bhon earrainn chìthear gu bheil cudrom creidmheach anns an ìomhaigheachd. Tha seo a' leantail air tron dàn air fad agus a' togail ceistean mu chiall an t-samhlachais. A bharrachd air sin tha am bàrd a' cleachdadh cruth ghairm chrìdheil air nì nadarra a-rithist, mar a nochd sa bhàrdachd na bu thràithe aige.

Tha am moladh stèidhichte air tiotalan foirmeil agus co-samhlaidhean leithid: "'Ailleagan fo shùil na gréine"; "ceùd-cruth glòir na Talmhainn" (192) agus "snodha 'n Aoibhneis nach can teanga" (193). Tha tiotalan na chuspair chudromach ann am bàrdachd dhualchasach na Gàidhlig.²⁰⁶ An seo ge-tà 's ann stèidhichte gu h-ìre mhath air na tropaichean seo a-mhàin a tha an dàn an àite a bhith a' nochdadh measg ìomhaigheachd dhualchasach eile. Tha dà dhiofar tiotalan ann: far a bheil am bàrd a' gairm gu dìreach air an ròs is e a' cleachdadh na h-ìomhaigh is far a bheil e a' leasachadh na h-ìomhaigh ud. Gheibhear a' chiad seòrsa ìomhaigheachd sa chiad rann shuas, ach mar eisimpleir eile:

M' éudail ort, a shùigh mo chéille ;
'Aobhneis òig, a Dhòchais éibhinn ; (192)

²⁰⁶ MacInnes, 277-79.

Mar riochdachadh den darna seòrsa ìomhaigheachd gheibhear sa rann a leanas:

'S tusa 'm pong de cheol nan aingeal
'Thuit an nuas 's a chaochail tannas
'S tusa 'n sèud bha 'n uchd na Maidne
An ceud chamhanaich a h-òige. (192)

Tha an cruth nas briathraiche seo a' toirt cothrom dha anafora a chleachdadh le ath-aithris sa rann seo is an dà a leanas de "'S tusa," agus nas fharsainghe, a bhith a' cleachdadh an aon chruth gràmarach gus am moladh àrdachadh. Tha seo na eisimpleir eile de chruth dualchasach, leis an ath-aithris de "Bu tu" ann an 'Alasdair à Gleanna Garradh'²⁰⁷ air aon de na h-eisimpleirean a b' ainmeile, ach air a chur gu feum le ìomhaigheachd nas ùire. A thaobh cuid de na tiotalan bhiodh *Ortha nan Gaidheal* na bhrosnachadh-ealain don bhàrd.²⁰⁸

A bharrachd air na tiotalan molaidh tha cuid de dh'ìomhaigheachd a' dèanamh iomradh air cuspairean a bhiodh gu math bitheanta am measg muinntir a' chamhanaich:

'S tusa 'n Phòg 'thug Mac na Gile
'Thìr nan Og – a dheoin seach Innis.
'S tusa fòs gu fòil th' air bilean
Oigh mo chridhe-sa fo'n éidheann. (192)

Tha seo a' cur an dàin seo gu dlùth am measg nan òran eile aige far a bheil ìomhaigheachd Tìr-nan-Òg ri fhaicinn. San darna leth den dàin tha am bàrd a' pearsonachadh an ròs. Tha e a' cleachdadh ìomhaigheach den driùchd mar dheòir air sgath's gun do dh'fhalbh Mhic na Speura a' ghrian; is às dèidh sin ìomaigh den t-seillean, "Neò 'n e aon de chlann na sgèithe | 'Gheibh

²⁰⁷ Silis Nighean Mhic Raghnaill, 'Oran do Alasdair Ghlinne Garadh' ann an *Bàrdachd Ghàidhlig*, 128-130 (129-30).

²⁰⁸ M. e. 'Laoidh an Triall' ann an *Ortha*, 1. 192.

do ghaol mar mhill do chlàibhe” is am bàrd a’ cantail gu Romansach “O, ma ’s e,- carson nach feùdadh | Mise féin a bhi de’n àl sin?” (193).

Ach tha am bàrd air beart Chrìosdail a chur mu chuairt an dàin. A’ coimhead air a’ chiad rann, ’s an rann mu dheireadh ri chèile:

O, m’ annsachd ort, a Dhealbh na Maise ;
'Aiteil chaoin de ghlòir na' Flathas ;
'Aisling naomh nan aing'la geala ;
'Iomhaidh bheannaichte na h-Òighe. (192)

...
M’ annsachd ort, a Shùil na Maise,
M’ èudail ort, a ghaoil nan leannan
'Shùigh mo chéille, Dia bhi mar riut ;
Beannachd leat, a phaidir Màiri. (193)

Tha e follaiseach gu bheil an ròs na shamhla spioradail, le cràbhadh na h-Òigh Mhoire ri fhaicinn a-rithist. Ma choimheadar air an ‘Leadan Mhoire’ gheibhear ‘rosa mysterium’ mar tiotal oirre.²⁰⁹ Chan eil teagamh nach biodh Mac-na-Ceàrdaich eòlach air an tiotal seo leis gu robh tubaist mara ann am Barraigh ann an 1914 le bàta leis an ainm ‘Mystical Rose.’²¹⁰ Ach chithear, a bharrachd air an ìomhaigheachd nàdarra is òs-nàdarra gur e dàn Crìosdail, Caitligeach a tha seo.

²⁰⁹ ‘Leadan’, 217.

²¹⁰ Bha gu leòr de na bàtaichean Barraich is Eirisgich ainmichte às dèidh nan naomhan- ‘Eilein na h-Òighe’, 70.

'Faoileag Tir-an-Aidh' - 1918

Coltach ri gu leòr de na h-òrain aige tha cianalas agus creideamh aig cridhe an dàin seo.²¹¹ Tha an fhaoileag mar shamhla air saorsa an tilleadh dhachaigh agus saorsa spioradail nam marbh. Coltach ri anam nam marbh tha i saor bho gach bròn is streup. Thèid a pearsonachadh le buaidhean daonnachdail, leithid sealbhachd is gràs, gus seo a shealltainn. Tha coltas òs-nàdarra air an fhaoileig agus mar sin 's urrainnear beachdachadh air buaidh cultar nan Gàidheal is sgeulachdan leithid "Cath nan Eun"²¹² ach cuideachd sgrìobhadairean Romansach leithid Coleridge, leis an Albatross ainmeil aigesan.²¹³ A bharrachd air seo tha co-theacsa a' Chiad Chogaidh agus eilthreachd Mhic-na-Ceàrdaich an Lunainn. Bha òran le faclan aig Coinneach MacLeòid ann an *Songs of the Hebrides*, 'Faoileag Tìre-Fo-Thuinn,'²¹⁴ a tha stèidhichte air còmhraidh eadar faoileag agus tè le leannan-bathte.

Tha deich rannan ceithir-sreathach ann le comhardadh agus aicill anns gach lethrann. Chleachd e rèim àrd airson an dàin le tionndaidhean bhon Ghàidhlig Chlasaigich leithid "féin" is "tà" (sreath 2 agus 4):

O' fhaoileig bhàin 's ann riut tha m' éud ,	<i>a</i>	8
Do sgiath 's leat féin mar dheoin do <i>chridh</i> ,	<i>b</i>	8
O, fhaoileig bhig á Tir-an- <u>Aidh</u> ,	<i>c</i>	8
Nach sona <u>tà</u> thu seach mi <i>fhìn</i> ! (66)	<i>b</i>	8

²¹¹ D.M.N.C., 'Faoileag Tir-an-Aidh' *An Ròsarnach*, 2 (1918), 66-7.

²¹² 'Cath nan Eun', ann an John Francis Campbell, *Popular Tales of The West Highlands* (Dun Eidinn: Birlinn, 1994), 119-127.

²¹³ Samuel Taylor Coleridge, 'The Rime of the Ancient Mariner', *Selected Poetry* (Oxford: World's Classics, 1994), 48-67.

²¹⁴ Kennedy-Fraser & MacLeod, 1, 84.

Aig toiseach an dàin tha e ag aithris air an eud a th'aige air an “fhaoileig bhig á Tir-an-Aidh” is e “leat neo-ghann gach nì is fhiach” (66). Tha leabaidh shaor aige ri taobh na màra, solas an latha aige agus saorsa nan iarmailt (66). Ann an rann a sia chìthear gur:

[...] leat-sa fein an saoghal fìor,
O, eoin gun iargain is gun leòn,
'S leat an Fhìrinn Mhór 's an néamh
A chaill mo ghnè-sa ; sliochd a' bhròin. (66)

A thaobh diadhachd na Faoileige, o chionns nach eil eòlas aice air math is olc, tha i gu tùr neo-choireach ann an seadh Chrìosdail, riochdaichte sa chùplaid dheireannach shuas. Tha an coimeas eadar mac-an-duine 's na h-eòin a' toirt dhar cuimhne a' Chiad Chogadh. Gheibhear cuideachd ìomhaigheachd leithid “Am pian purgadair mo Dheòin | Bidh mo bheo oir mhealladh mì” (68). San ochdamh rann gheibhear ìomhaigheachd a' bhàis mar an ceudna:

Air Innis so na Bréige dorch'
Gach aon réul shorcha cheil an léus,
'S Grian no Gealach cha'n fhaic sùil
Ach ceò dùmhail– linnseach Eig. (67)

Ach a thaobh a bhith a' coimhead air bho shaoghal feallsanachail an ama chan eil leughadh Crìostail riatanach. Mar ann an gu leòr de sgrìobhaidhean Mhic-na-Ceàrdaich, tha ùidh mhòr aige ann an “deòin-a-chridhe.” Tha saorsa aig an eun leis gu bheil a deòin agus a sgiath an co-sheirm ri càch a chèile: chan eil an aon saorsa sin aig mac-an-duine. Mar eilthireach bhiodh an sgaradh seo ro-fhollaiseach dhan bhàrd, ach ghabhadh a leughadh mar dìreach guth duine a tha

ag iarraidh a thoil fhèin a rèir a dheòin. Bha fèill mhòr air deasbadan air deòin mhic-an-duine ri linn a' bhàird agus tha seo follaiseach ann an sgrìobhadairean lethid Nietzsche.^{215, 216}

'Fàilte air a' Chuan' - 1918

Tha an t-òran seo²¹⁷ a' sealltainn a' bhàird a' cur fàilte air na tonnan beaga a tha a' tighinn ga ionnsaigh is e aig muir, a rèir coltais a' dèanamh air Barraigh. 'S e òran tillidh-dhachaigh a tha ann agus Nàdar a' cur fàilte air an eilthreach. Tha am bàrd a' cleachdadh sia rannan ochd-sreathach, le àireamh lidean neo-chunbhalach ach loidhnichean tri-bhuilleach:

Fàilte ! ceud fàilte ad' choinneamh	<i>a</i>
Ceud furan, gach boinne, a Chuain !	<i>b</i>
Fàilte, mo ghràdh air gach tonnaig	<i>a</i>
An gàire , an coireal, an duain.	<i>b</i>
O, fàilte air àlach na mara	<i>c</i>
'Tha rèiseadh ach co leis a' bhuaidh,	<i>b</i>
Seadh, co aca 's luaithe am charamh	<i>c</i>
Is m' ainm air an anail, 'ga luaidh.	<i>b</i> (44)

Sa chiad rann shuas tha tòiseachadh foirmeil aige agus e a' cleachdadh a ghuth fhèin airson guth an dàin. Coltach ri 'Ros Aluinn' tha an còmhradh aona-taobhach, foirmeil ach blàth-chrìdheach. Tha e a' cleachdadh nan cleasan bàrdachd a tha gu math bitheanta na shaothair: comhardadh deireannach, uaithne, uaim agus aicill. Ach san dàn seo tha cudromachas buadhaireach aig na fuaimean seo leis gu bheil an dàn stèidhichte air fuaim agus coltas nan stùadh.

²¹⁵ "Will to Power" The Oxford Dictionary of Philosophy. Simon Blackburn. Oxford University Press, 2008. Oxford Reference Online. Oxford University Press. University of Glasgow. 8 September 2011 <<http://www.oxfordreference.com/views/ENTRY.html?subview=Main&entry=t98.e3313>>.

²¹⁶ Peter R. Sedgwick, 'Will-to-truth', *Nietzsche: The Key Concepts* (London: Routledge, 2009), 159-61.

²¹⁷ D.M.N.C., 'Fàilte air a' Chuan', *Guth na Bliadhna*, 15 (1918), 44-45.

Tha am bàrd a' riochdachadh cuid de na faireachdainn a tha ri aithneachadh anns na h-òrain eile mun eilean: saorsa agus aoibhneas. Thèid an riochdachadh tron dàn air fad ach gu seachd àiridh ann an rannan a dhà, a trì 's a sia. Ann an rann a' trì gheibhear am fèin-eòlas a tha Mac-na-Ceàrdaich a' riochdachadh mun phearsonachadh a tha e a' cleachdadh, "Aoibhneas tha dhomh-sa 'nar n-aodainn" (44). Ged a tha e a' cleachdadh a' phearsonachaidh seo gu tric, chan eil e a' sealltainn an sealladh fèin-eòlasach ealanta sin sa bhitheantas.

Thèid ìomhaigheachd Chrìosdail a chleachdadh mar an ceudna is e a' cleachdadh motif a tha a' nochdadh anns an sgrìobhadh rosg aige- farchluais air ùrnaigh:

'S e sin a dh' fhàg sibh-se gun norradh ;
Gu'n cuala sibh cogar 'ur sùnn,
Gu'n dh' èisd sibh ri ùrnaigh na conair
Le màthair air son a mic rùin ;
O, 's sin a chùm sibh-se 'nar caithris ;
Gu'n deanadh sibh cabhag am dhàil
'S 'ur n-ùmhachd do Bhrìde fo 'casan
'Ur réite aig Moire fo 'làimh. (45)

A-rithist tha an dàimh ann eadar an saoghal spioradail agus nàdar fo bhuaidh eadar-guidhean nan Naomh.

Ged a tha an dàn stèidhichte air pearsonachadh nan tonn beaga tha gu leòr cleasan eile ann a thaobh gluasadan stoidhle agus cleasan clastinneach gus a bhith ga dhèanamh soirbheachail. Tha earranan foirmeil ann leithid an toiseach agus a' chrìoch far a bheil briathran fàilteachaidh agus tiotalan air an cleachdadh. An àiteanan eile ge-tà, leithid rann a dhà, tha Mac-na-Ceàrdaich a' riochdachadh a thoileachas agus cho air bhiorran 's a tha e le sreathan nas briste:

O, Shaoghail! an t-saorsa, an t-anam
'Tha dùsgadh, a' lasadh am chom
Ri beo-ghuth, ri luasgadh na mara,
Ri àileadh, ri anail nan tonn! (44)

'S ann leis a' chaochlaideachd ealanta seo a tha Mac-na-Ceàrdaich a' cumail aire an leughadair, a' gluasad an dàin air adhart is a' riochdachadh gluasadan na mara mar aon.

'Fribidean' - 1918

Tha na h-earrainnean beaga bhàrdachd seo²¹⁸ coltach ris na 'Seudan Pheairseach' ann an structar is iad uile stèidhichte air aon chuspair. Tha aon dhiubh, 'Cairdeas', na rann ceithir-sreathach air na càirdean agad an càs neo aig àm soirbheis is e coltach ri seann fhacail. Tha na trì dhàin eile beagan nas fhaide: 'An t-Earrach'; 'Na Raithean' agus 'Am Badan Fraoich.'

A rèir an teacsa chaidh 'An t-Earrach' (342) a dhèanamh às dèidh an Fhosaidh neo nuair a bha e ga shùileachadh, "Gu bheil air triall an gaillionn fiadhaich | 'S siochaint tighinn 'na àit'" agus an t-Earrach air a dhèanamh coltach ri "An lighich còrr nach sir an t-òr | A thillieadh tòir a bhàis;". Tha an t-sìde bhlàth na meatafor airson na sìthe agus crìoch a' chogaidh. Tha am bàrd a' cleachdadh dà rann ochd-sreathach, le cùplaidean 8+6 is còmhardsadh *abababab*. Tha Mac-na-Ceàrdaich cuideachd a' toirt "taing do Dhia is àird!" agus a' mothachadh buaidh na h-aimsir nuadh air aigne fhèin, "a dhùisgeas ceòl le mùirn is treòir | An uchd an eòin 's a' bhàird" (343).

²¹⁸ D.M.N.C., 'Fribidean', *Guth na Bliadhna*, 15 (1918), 342-4.

San treasaibh dàn, ‘Na Ràithean,’ chleachd Mac-na-Ceàrdaich co-samhail dubh-lionnach eadar beatha mhic-an-duine is na ràithean. Thèid an t-Earrach a mhìneachadh mar a leanas:

Sùnd is sulas tùs ar là
Ach gu’n cuir iad cùl ruinn uile
‘N uair a sguireas sinn bhi ’r pàisd’. (342)

Thèid seo a leasachadh san ath ràith, “An Samhradh tlàth, meall-ràith na beatha | Siol an arrabain ’s a’ bhròin” (343) is e a-rithist a’ dèanamh iom-sgaradh eadar an ràith is am bròn na chois. Tha am “Foghar barr-bhreac, blath na h-aoise, | Feasgar caochlaideach ar lò” (343) agus thig sa Geamhradh sgeul a’ bhàis: “Teachdaire ’nar cluais a chuireas | Sgeul is duiliche nan còrr” (343). Tha e follaiseach mar sin nach e dàn nàdair aoibhneach a th’ ann.

Chìthear dàn gu tur eadar-dhealaichte anns “Am Badan Fraoich.” An toiseach tha e coltach gu bheil e a’ moladh pìos fraoch a chaidh a chur sìos a Lunnainn ga ionnsaigh ach chìthear san dàrna rann gur e Barrach air choireigin a tha air a mholadh:

Ceud failt’ an Gàidhlig air a’ bhàrd
’Thug gràdh gun fhàillinn dhòmhs’.
Ceud fàilte bhàigheil air gach là,
Oir dh’ àraicheadh sinn còmhl’. (343-4)

Chan eil guth air cò th’anns a’ “bhadan fhraoich” seo. Ma dh’fhaoite a charaid Calum MacIain is e air gluasad a Lunnainn air tàilleabh obair; neo ’s dòcha, bàrd Barrach air choireigin a bha ann an Lunnainn air sgàth a’ chogaidh neo a chrìoch: bha sgrìobhadair leis an fhar-ainm ‘Barrach’ air nochdadh ann an *Guth nam Bliadhna* mar-thà.²¹⁹

²¹⁹ Barrach, ‘Pròis Impireachd’, *Guth na Bliadhna*, 14 (1917), 443.

Tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh an aon structar 's a chleachd e airson 'An t-Earrach' ach dh'atharraich e an comhardadh beagan gu *ababcbcb* anns gach rann. Tha e doirbh a bhith a' tomhas cudromachas nan dàn beag seo ach chan eil sin a' cur sìos air na faireachdainn làidir eadar mulad is aoibhneas a chruthaich gach fear ge-tà.

'Gach Ni agus Neoni' (Eadar-Theangachadh) - 1918

'S ann leis a' bhàrd Spàinteach bhon 19mh linn Ramon de Campoamor a tha an dàn dusan-sreathach seo.²²⁰ A rèir an nota dh'eadar-theangaich Mac-na-Ceàrdaich e bhon "dàn Spàinnteach" ach chan eil e soilleir an robh e a' cleachdadh leagadh Beurla neo an robh comas leughaidh aige ann an Spàinntis. Tha an dàn a' nochdadh mar àireamh 'LXXXVIII – Todo y nada' anns an obair chroinnichte aig Campoamor.²²¹ A' coimhead air an trian mu dheireadh den dhàn chìthear:

Ach an irioslachd gun sgleò,
Chunnaic mi gu'n tuirt an triath
'N uair a thàinig crìoch a lò;
"Gach ni bu mhì – is neòini iad"

Mas con humildad mayor,
vi que al fin de la jornada
exclamó emperador:
- Yo fui todo, y todo es nada.

Ged a tha feum aige air cuid de na h-ìomhaighean a chur ann an òrdugh eile, chìthear gu bheil a' Ghàidhlig a' glèidheadh comhardadh deireannach agus ruitheam na Spàinntis. Tha seo ga dhèanamh nas coltaichte gu robh am bàrd ag obair leis na tùsan Spàinntis seach a' Bheurla.

A' coimhead air cuspair an dàin tha e coltach gur e irioslachd agus caochlaideach saoghal mhic-an-duine an coimeas ris an t-saoghail spioradail a tha fà-near dhan dà bhàrd. Tha e feumail

²²⁰ D.M.N.C., ead-theang., 'Gach Ni agus Neòini', *Guth na Bliadhna*, 15 (1918), 148.

²²¹ Ramón de Campoamor, 'Todo y nada' ann an *Obras Poéticas Completas*, deas. M. Aguilar (Madrid:[?], 1930), 180.

Mac-na-Ceàrdaich fhaicinn is e a' sealltainn a mheas air litreachas Caitligeach agus spioradail bho Tir-mòr na h-Eòrpa cuideachd.

'An t-Siorruig' - 1919

Tha Mac-na-Ceàrdaich a' gairm ris a "Ghaol" san òran seo,²²² coltach ri cuid de na sgrìobhaidhean rosg aige agus tha cuid den aon ìomhaigheachd a' nochdadh. Tha na h-aon-rannan-deug uile ceithir-sreathach:

Tiugainn leam is théid sinn <u>dhachaidh</u>	<i>a</i>
Tha sinn <u>fada</u> , Ghaoil, mar thà .	<i>b</i>
Eirich, oir tha mi fo <u>fhadal</u>	<i>a</i>
Dhol air <u>m' ais do</u> Thìr-an- Aidh . (338)	<i>b</i>

Thèid iarrtas a' chiad rann a leasachadh gu "Eirich" aig toiseach an ath dhà rann, is an uair sin tha e ga ceasnachadh, is a ghaoil athaiseach a rèir choltais:

O, nach cluinn thu fuaim na tuinne
'G éigheach "m' ulaidh! Thig a ghaoil !"
O, nach éisd thu laoidh a' mhurain
'S cogar cuiridh ud an fhraoich. (338)

Thèid an aon toiseach a chleachdadh airson nan ceithir rann a leanas is am bàrd a' sealltainn dha Ghaoil mar a tha gach nì ga ionndrainn. Chan eil a Ghaol ga thuigsinn a rèir rann a naoi, "Och, a Ghaoil, na saoil mi gòrach | Mur tuig thu mo dheòir 'san àm" (338). Chithear san darna rann mu dheireadh gu bheil a iarrtas air a chinntinn:

Tiugainn, tiugainn, tiugainn cò' rium

²²² D.M.N.C., 'An t-Siorruig', *Guth na Bliadhna*, 16 (1919), 338-9.

Gu ruig' ceòl-thìr gheal mo ghaoil,
'S Caitheam sgil is sgoil is stòras
Gu toil stròghalach nan gaoth! (339)

Thèid seo a dhaingneachadh san rann mu dheireadh is am bàrd na aonar gun iomradh air a
Ghaol, “Siod mo chùl ri tìr gun soillse | 'S ri mi-loinn a dhraigh 's a nòs” (339).

Tha an dàn romansach leis gu bheil nàdar uile air a phearsonachadh, leis na h-iomraidhean air
Tìr-nan-Òg agus leis gu bheil ionndrainn nàdar throm air muinntir a' bhaile mhòr. Tha Mac-na-
Ceàrdaich a' cleachdadh a' bheart ealanta sin gus meòrachadh cuspair nas doimhne: iarrtas an
eilthirich shoirbheachail airson a' chiad dhachaigh, strì a tha na snaidhm tro shaothair a' bhàird.
Chìthear bho na h-às-earrannan mu dheireadh gu bheil Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh cainnt
geur airson soirbheas saoghalta agus dòighean bheatha a' bhaile mhòir.

'Òran an t-Samhraidh'; 'Na h-Innse Sona' agus 'Beannachadh Moire' ("Ais-Theangachaidhean") - 1920

Rinn Mac-na-Ceàrdaich sreath de “dh'ais-theangachaidhean”²²³ stèidhichte air an leabhar aig
Kuno Meyer *Ancient Irish Poetry* ann an 1920. Nochd 'Òran an t-Samhraidh'²²⁴ an toiseach is
an uair sin 'Na h-Innse Sona'²²⁵ agus 'Beannachadh Moire'²²⁶ às dèidh sin. Tha iad nan
dearbhadh air eòlas Mhic-na-Ceàrdaich air dualchas clasaigeach nam bàrd Gàidhealach agus an
ùidh a ghabh e ann.

²²³ Eadar-theangaichean bhon Beurla dhan Ghàidhlig de bhàrdachd a bha ann an Gàidhlig nas sine, o
thùs.

²²⁴ D.M.N.C., 'Oran an t-Samhraidh', *Guth na Bliadhna*, 17 (1920), 9-11.

²²⁵ D.M.N.C., 'Na h-Innse Sona', *Guth na Bliadhna*, 17 (1920), 126-9.

²²⁶ D.M.N.C., 'Beannachadh Moire', *Guth na Bliadhna*, 17 (1920), 224-6.

Cha robh Mac-na-Ceàrdaich a' stèidheachadh nan ais-theangachaidhean aige air an tùs Gàidhlig oir chleachd e, mar a tha a' cantail ro gach dàn, na h-eadar-theangaichean aig Meyer:

Beiream craobh de abhall Eibhne,
An cumadh co-réir 'ur n-eoil;
Ogain oirre de'n gheal-airgiod,
Criostal a bharraghuchd òg.²²⁷ (Mac-na-Ceàrdaich)

I bring a branch of Evin's apple-tree,
In Shape alike to those you know
Twigs of white silver are upon it,
Buds of crystal with blossoms.²²⁸ (Meyer)

Cróib dind abaill a hEmain
dofed samail do gnáthaib,
gésci findarggait fora,
abrair glano co m-bláthaib.²²⁹ (Deasachadh aig Meyer bho
na lámh-sgrìobhaidhean)

A rèir choltais cha robh na clò-bhualaidhean acadamaigeach de na tùsan aig Mac-na-Ceàrdaich aig an àm. Chìtheas bho na tiotalan ge-tà gu robh Mac-na-Ceàrdaich a' cumail dlùth ri na cuspairean a bha a' còrdadh ris: eileanan-mara, creideamh agus nàdar. Tha e cudromach cuideachd gu robh ùidh aige sa leithid de bhàrdachd is ann an Gàidhlig nas sine, leis gu bheil e a' cleachdadh cuid de chruthan àrsaidh na shaothair.

'Tàladh' - 1920

Tha an tàladh²³⁰ beag grinn seo a' tòiseachadh mar a bhiodh dùil le bhith ag iarraidh air a leanabh a dhol na chadail, is an uair sin tha e a' tionndadh gu guidhe airson sàbhailteachd an leanabh tron oidhche.

²²⁷ 'Oran an t-Samhraidh', 9.

²²⁸ 'The Isles of the Happy' ann an *Selections from Ancient Irish Poetry*, deas. Kuno Meyer (Lunainn: Constable, 1911), 3-6 (3).

²²⁹ *The Voyage of Bran Son of Febal to the Land of the Living*, deas. Kuno Meyer (Lunainn: Knutt, 1895), 5.

O, cadail bìth mo <u>phàisdein</u> ,	<i>a</i>
A laoigh ghil mhìn do <u>mhàthar</u> ;	<i>a</i>
Is sùgh mo chrìdh ' gad' <u>thàladh</u> ,	<i>a</i>
'S mo <u>ghràdh a</u> ' cur <i>thairis dhut</i> . (37)	<i>b</i>

Tha an t-òran gu h-ìre mhath sìmplidh ann an cruth, le ceithir sreathan anns gach rann is comhardadh deireannach, uaim is aicill. Tha a' mheataireachd aige teann le seachd lidean anns gach sreath is tha seo a' cur blas lom sìmplidh air a tha freagarrach airson a' chuspair:

O, Moire **mhìnn** 'na sgéith dhuit,
 A laoigh mo **chrìdh** 's mo chéille,
 'S a Mhìcheil **ghil** is tréine,
 O bhéud gléidh mo *leanabh dhomh*. (38)

Chìthear bhon às-earrainn gu bheil e coltach gu robh *Ortha nan Gaidheal* na bhrosnachadh dhan bhàrd agus e cuideachd a' deanamh iomradh air Mac Dhè, Bhrìde agus Colum Chille ann an rannan eile. Ged nach eil an cuspair neo meud an dàin ga fhàgail connspaideach am measg a shaothair, tha grinneas sa Ghàidhlig shiùbhlach, ann am blath-chridheileas a' bhàird agus sa mheataireachd choileanta. Nochd seo dà bhliadhna às dèidh pòsadh Mhic-na-Ceàrdaich is tha e coltach gum biodh aon de na pàistean aca air a bhreith mun àm ud.

'Innse Ra-Soluis' - 1923

Airson an dàin seo tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh ath-aithris den fhacal "Geal" a tha a' nochdadh tron dàin air fad.²³¹ Tha lidean neo-chiallach sa chiad rann, agus leis gur e sin an aon rann gun ath-aithris air "Geal" tha e coltach gu bheil e na shèist. A' coimhead air cruth an dàin tha ochd rannan ann (neo seachd agus sèist) is iad nan rannan ceithir-sreathach.

²³⁰ D.M.N.C., 'Taladh', *Guth na Bliadhna*, uimhir 67 (1921), 37-8.

²³¹ D.M.N.C., 'Innse Ra-Soluis', *Guth na Bliadhna*, 19 (1923), 2.

Tha Mac-na-Ceàrdaich a’ cluich le ioma-seadh an fhacail “Geal”, a thèid a mhìneachadh ann an Dwelly mar “*a. White. 2. Fond of 3. Clear, bright, radiant, glistening 4. Pure.*”²³² Tha a’ chiad rann neo sèist a’ cleachdadh na h-ìomhaigh dualchasaich, ach cuideachd romansaich, de dh’iubhrach bhàn agus Mac-na-Ceàrdaich ag iarraidh gun tig i ga ionnsaigh gus a thoirt dhachaigh. A thaobh na h-ìomhaigh ma choimheadar air na sgìrean innleachdail far am biodh Mac-na-Ceàrdaich aig obair sa bhaile-mhòr is an gràin a th’aige air “ceò” ann an dàin leithid ‘Faoileag Tir-an-Aidh’, bhiodh an solas soilleir ann am Barraigh glè fhollaiseach dha. Bha MacLeòid den bheachd gu robh seo aon de na dàin nàdar as fheàrr a rinn Mac-na-Ceàrdaich.²³³

Tha an geal a’ samhlachadh dualchais agus staid nàdarra ach cuideachd sith san àrainneachd. Chìthear gu bheil e a’ cleachdadh ciallan eadar-dhealaichte den fhacail:

Geal na h-Innse ri rà- <i>sholus</i> ,	<i>a</i>
Geal an <i>sonas</i> , ciùin an <u>gràdh</u> :	<i>b</i>
Geal do’n iùbhraich iùl a <i>toisich</i> ,	<i>a</i>
Geal fo <i>chois na corra</i> ’n <u>tràigh</u> . (2)	<i>c</i>

Mar sin, tha siabain mara agus tràighean gheala nan Eilean Siar air an riochdachadh is iad nan suidheachadh iomchaidh airson na h-iùbhraiche agus airson na corra. Tha an ìomhaigheachd nàdarra air a leasachadh an dà chuid le a bhith a’ coimhead air an àrainneachd agus air beathaichean:

Geal do’n chaoirich le ’caomh uanan
Leaba de’n fhraoch uain’ air àird. (2)

²³² *Faclair Gàidhlig gu Beurla Le Dealbhan* deas. Edward Dwelly, 11mh Clò-Bhualadh, (Glaschu: Gairm, 1994 [1901-11]), 481.

²³³ ‘20th Century Gaelic Literature’, 327.

Tha ìomhaigheachd an t-sonais agus nan dachaighean seo a' toirt air Mac-na-Ceàrdaich meòrachadh air a “dhachaigh rùnach,” is e ag ràdh “Geal na cuimhneachain 'gam lionadh | Fad' an iargain so, a naill'!” (2).

Chan eil Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh an t-seòrsa ìomhaigheachd leantalachd seo gu tric, ach tha e ri chluinntinn anns an dàn a leanas, 'Bilean.' Tha e coltach mar sin gu robh an cruth bhàrdachd neo-dhualchasach seo torrach dha. Bhiodh ceangal ann mar an ceudna leis na dùrachdan aige a thaobh a' chànain, a bhith ga ath-neartachadh, leis gu bheil e a' taisbeanadh sùbailteachd aon fhacail.

'Bilean' - 1924

Tha an dàn seo²³⁴ stèidhichte air an fhacal san tiotal: an toiseach a' coimhead air bilean a ghaoil is an uair sin a' coimhead air bilean ann an nàdar. Chleachd Mac-na-Ceàrdaich dòigh labhairt àraid airson an dàn seo is e a' cleachdadh cama-luban gràmarach nach eil ro bhitheanta na shaothair, ach a chìthear mar eisimpleir ann an 'Slighe nan Seann Seun.' Sa chiad rann tha:

Cha bhilean ach bilean ri *fior*,
Gach eolas cha'n aithne do *bhriathar*,
Do fhìrinne *ciall* aoin léughaidh.

Aon bhilean thar bhilean gu **bràth**–
Aon lide mil-mhilis, aon **ghàir'**,
Aon anam mar **ghàth** geal gréine.

A' coimhead air an ìomhaigheachd tha e a' gluasad bhon ghairm shuas sa chiad dà rann gu bhith a' cruth-atharrachadh na h-ìomhaigheachd aige. Tha e a-mach air “bilean mo Ghaoil,” a tha a' guidhe air a shon is an uair sin air bilean an ròis, a tha na “s[h]ealladh air mòrachd Dhè.”

²³⁴ D.M.N.C., 'Bilean', *Guth na Bliadhna*, 19 (1924), 38.

Gluaisidh a shùil gu na h-eòin a tha “Ri ’laoidh aig bile an neòil,” is an uair sin gathan grèine aig “bilean an là” is cronan mhàthar ri a leanabh aig “[b]ilean na h-oidhche’–”. Crìochnaichidh e an dàn leis na siantan: “bhilean nan gaoth” agus “bhilean nan stuagh” agus bàta a’ seoladh a’ chuain.

Mar sin cluinnear Mac-na-Ceàrdaich a’ cluich le ciall an fhacail, eadar bilean bheòil agus bile mar dhruim neo sgaradh. Chìthear cuideachd gu bheil nàdar a’ riochdachadh “mòrachd Dhè.” Tha an dàn fhèin a’ cleachdadh rannan trì-shreathach le uaim, aicill is comhardadh. Tha am foirm neo-àbhaisteach gu math teann agus air aon làimh tha seo a’ cuideachadh le a bhith a’ cluich le ciall a’ phrìomh fhacail, ach air an làimh eile tha e air uairean a’ fàgail na cèille nas fhaide às.

‘Long nan Daoine’ - 1924

’S e seo an aon òran foillsichte²³⁵ aig Mac-na-Ceàrdaich a tha stèidhichte air cruth nan òran luaidh. Tha e coltach bhon òran fhèin gu bheil am bàta na samhla airson mhic-an-duine agus coimhearsnachd an t-saoghail. Tha am bàrd a’ cleachdadh ìomhaigheachd na mara agus ìomhaigheachd traidiseanta bho na h-òrain luaidh ach tha iad seo air an cleachdadh gus dàn ùr-nòsach a chruthachadh.

Tha Mac-na-Ceàrdaich a’ sealltainn aig toiseach an dàin gu bheil ciall shamhlachail aig a’ bhàta: “Chunna mise Long nan Daoine | ’Ruith nan tonn air cuan an t-saoghail” (64). Tha an ìomhaigheachd a leanas stèidhichte air a’ bhàta, an luchd-siubhail agus na seòladairean. Tha an

²³⁵ D.M.N.C., ‘Long nan Daoine’, *Guth na Bliadhna*, 19 (1924), 64-5.

ciall samhlachail air a dhèanamh nas fhollaisiche nuair a thathar a' faicinn cuid den luchd-siubhail: "Fear le copa fion 'na dhòrna", ìomhaigh dhualchasach gun teagamh, ach san aon rann: "Fear is deoch iteodha dh' òlas" (64) iomradh, tha e coltach, air bàs Shocrates. Tha an ìomhaigheachd a' tionndadh ri creideamh am measg strì mun t-seòladh aca:

Fear a' glaodhaich, "cùm gu tuath i,"
Fear their, "leis i deasal, buadhach."

Fear a' lùbadh glùn 's ag iarraidh
Seòl a chùrs o làimh na Trionaid.

Fear air stiùir 's a shùil an àirde,
Rìgh nan Dùl 'ga iùl troimh ghàbhadh. (65)

Tha ùrnaigh ann ris an Oigh Mhoire cuideachd "'Reul na Mara... O, na diobair Long nan Daoine!" agus aig a' crìoch tha am bàta a nochdadh ann an Tir-nan-Òg:

Ceòl an cala, gean is fàilte
Beò cha dealaich, cha tig màireach

Beò cha dealaich, geal an càirdeas
Os a' Gheallaidh- Cala Phàrais. (65)

Chan eil sealladh Mac-na-Ceàrdaich ro dhòchasach, le ìomhaigheachd Socrates chithear cruadail an aghaidh streup an t-saoghail. Ach tha dà chobhair aig Mac-an-Duine ge-tà: creideamh daingeanta ann an Dia uile-chumhachdach agus creideamh ann an sìth shìorraidh.

'A' Bheannachd Bharrach' - 1924

Rinn Mac-na-Ceàrdaich an òran seo²³⁶ mar chuimhneachain air na h-eilthirich a dh'fhàg Barraigh ann an 1924. Tha an t-òran na bheannachd deireannach ann an guth nan eilthireach a tha a' moladh an eilein agus beusan nan eileanach, leis na h-eilthirich a' caoidh gu bheil iad a' fàgail. Tha an t-òran a' cleachdadh rannan ceithir-sreathach leis a' chiad rann air a ghabhail mar shèist:

Beannachd bhuan gu Luan le **Barraidh**
Soraidh mhaireann leis an *Tìr*:
O, Bheannachd Dhia leat 'eilein **m' àraich** ;
Miad do ghràidh tha cnàmh mo *chrìdh*'. (77)

Tha uaim agus uaithne cudromach san dàn seo a bharrachd air a' chomhardadh deireannach. Mar am biodh dùil airson òran eilthirich tha mulad ri chluinntinn gu seachd àraidh sa chiad trian den òran. Tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh guth aon de na h-eilthirich: "Och nan och! is dall an gàbhadh, | Cam an dàn a thàinig ruinn!" (77). A bharrachd air gairmean mar sin tha Mac-na-Ceàrdaich a' cruthachadh ìomhaigheachd leithid an sgaradh eadar na beathaichean is na bàtaichean a tha a' tilleadh gu Barraigh agus na daoine a dh'fheumas an t-eilean fhàgail, "an t-àl thug barrachd luaidh dhut| a dhion t' uail air chuan 's air tìr" (77). Cuideachd tha pearsonachadh nàdair air a chleachdadh, "Tùrsach nuallan nan cuan sàruicht'| Uair d'am b' àbhaist gàire linn" (77) mar a bha ri fhaicinn anns 'An Ionndrainn.'

Tha a' bheannachd fhèin a' tòiseachadh san t-sèist, ach tha rannan 6-10 ann an cruth beannachd, is iad a' tòiseachadh le "Beannachd leis" neo "O, beannachd Dhia" neo "Slàn le...". Tha rann 6 ag ràdh "O, Bheannachd Dhia le d' shonas gràs-mhor" (77): chìthear an cudrom a tha Mac-na-

²³⁶ D.M.N.C., 'A' Bheannachd Bharrach', *Guth na Bliadhna* (1924), 77-78.

Ceàrdaich a’ cur air buaidh sìtheil an eilein is cuideachd air gràs spioradail. Tha seo a’ nochdadh cuideachd aig a chrìoch, far a bheil iomradh air “t’Aidmheil Naomh ’s do chànain uasail | ’S dileab uat o linn gu linn” (77) Tha guidhe dhan Òigh Mhoire san rann mu dheireadh:

A Mhoire Mhìnn bi dhuinn ad Mhàthair,
Sgiath do ghràidh biodh làidir linn;
O, leag do shùil air t’ innis àraid,
Sinn do Làmh le bàidh ’san dìth. (78)

Cluinnear a-rithist an spèis a bh’ aig Mac-na-Ceàrdaich air cràbhadh na h-Òighe Mhoire. Ann an rann air muinntir Bharraigh tha cuspair an sgaraidh eadar soirbheas saoghalta agus saorsa an eilein a’ nochdadh a-rithist:

Beannachd le blàth-fhuil chlann-daoine,
Leis an daonnachd chaomh mu ni;
Beannachd leis na ’s fhiach de’n t-saoghal,
Mo chead saor— seachd daor a’ phrìs. (78)

Tha e coltach mar sin gu robh tachartasan ann am Barraigh ri linn na h-eilthreachd a’ cur an cuimhne a’ bhàird an roghainn aige fhèin an t-eilean fhàgail agus gur e sin a thug air an dàn a dhèanamh. Chan eil e a’ coimhead air an t-saoghal, neo na trioblaidean a tha ro na h-eilthirich ach a-mhàin leis a’ ghuidhe do Mhoire, mar sin ’s ann a’ cuimhneachadh air an eilean a tha a bharrachd air sìon sam bith eile.

‘Tir mo Dhuthchais’ - 1924

Tha cruth follaiseach òrain air an dàn²³⁷ seo, le sèist thrì-sreathach air a ghabhail eadar gach rann ceithir-sreathach. ’S e òran tillidh-dhachaigh a th’ann agus am bàrd ga fhaicinn fhèin a’

²³⁷ D.M.N.C., ‘Tir mo Dhuthchais’ *Guth na Bliadhna*, 19, (1924), 93-4.

tilleadh a Bharraigh. Tha an t-òran a' tòiseachadh le ath-aithris de "'S e th' air m'aire" a tha aig tùs na sèist agus a' chiad dà rann, mar a' chìthean an rann a dhà:

'S e th' air m'aire-sa bhi *triall*,
Seall a' *ghrian* 'gam iarraidh dhachaidh,
'S bidh mi nochd ma 's deòin le *Dia*,
'N *iar-thalla* na mùirne. (93)

Tha aicill agus comhardadh sna rannan mar a chìthean shuas ach cuideachd tha an darna sreath ann an gach rann ann an comhardadh le gach darna sreath eile ('a'), is an aon rud leis an ceathramh sreath (ù).

Tha creideamh agus obair-mara is àiteachas nam Barrach air an riochdachadh. Ach nas cudromaiche na sin dhan bhàrd tha a' bhuidhe a th'aig Barraigh air:

Gheibh mi nochd an cois muirlàin
O mo ghràdh an fhailte Bharrach :
Gheibh mi sonas, gean is àgh ;
Blath-chridhe mo mhùirneig.
[...]
Chì mi beanntainnean mo ghaoil
Air nach caochail aois 'nan caithris,
'S gheibh mi fois an gleann an fhraoich,
Faothachadh o chùram. (93)

Chì mi clann nach d' fhairich bròn
Mu gach òb ri seòladh luingeas :
Truagh a rìgh nach tilleadh m' òig'
Dhòmh-sa gu bhi sùnd leo. (94)

Tha e ag ath-chleachdadh cuid de na teamaichean bitheanta aige, ach le prìomhachas air nàdar Bharraigh fhèin mar àite saoghalta. Tha ìomhaigheachd air Barraigh mar eilean naomh a'

nochdadh cuideachd: “Chi mi Làmh dheas an Ard-Rìgh | Sìnnte do gach dùile” (94) agus “Chì mi aros geal nan naomh | Daoine ’cur ’s ag ùrnaigh” (93). Tha seo coltach ri ìomhaigheachd na tùis os cionn an eilein a chaidh a sgrùdadh anns ‘An Ionndrainn.’

San dà rann mu dheireadh chithear gu bheil Mac-na-Ceàrdaich sa bhaile mhòr. Chan eil e ga dhèanamh san dòigh traidiseanta le bhith ag innse don luchd-èisteachd aig toiseach an dàin gu bheil e ann an àite àraid. Mar an ceudna tha am bàrd a’ pearsonachadh an eilein, mar a rinn e ann an iomadach òran eile is e a’ crìochnachadh leis an eilean is a mhuinntir ga iarraidh dhachaigh:

[...]
Saoil nach fhaic mi nis mo thìr
'Smìdeadh ris an smùidich.

Saoil nach cluinn mi guth nan òg,
Guth nam beò is deòin na mara :
“Greas ort éudail ghil gu fhòid
Dhòmhnuill, greas ’gar n-ionnsaigh.” (94)

‘Slighe nan Seann Seun’ - 1930

’S e seo an dàn²³⁸ a tha air a chliù bu mhotha a chosnadh do Mhac-na-Ceàrdaich a thaobh a bhith air fhoillseachadh gu bitheanta agus a thaobh meòrachadh sgrùdairean litreachais. ’S e an aon dàn Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh mar eisimpleir air bàrdachd an Fhicheadaimh Linn le Ùisdean Mac Dhiarmaid anns an *Golden Treasury*. Nochd e ann an gu leòr co-

²³⁸ D.M.N.C., ‘Slighe nan Seann Seun’, *An Ròsarnach*, 4 (1930), 29-30.

chruinneachaidhean bhon àm ud: thug seo air MacilleDhuibh a chantail gu robh e “much anthologised”²³⁹ agus chleachd esan e anns *An Tuil*.²⁴⁰

Tha gach rann ceithir-sreathach ged a chaidh fhoillseachadh mar aon phìos bhàrdachd neo-bhrìste. Tha am bàrd a’ cleachdadh loidhnichean nas fhaide na tha e sa bhitheantas, is iad a’ dol eadar deich is dusan lidean am fear. Tha comhardadh deireannach ann eadar gach loidhne den rann. A bharrachd air a’ chruth seo tha e follaiseach gu bheil uaim agus ath-aithris gu math cudromach:

Saoibhir sìth nan *sian* an nochd air **Tìr-an-Aigh**,
Is ciuine ciuil nam *fiath* ag iadhadh **Innse Gràidh**,
Is èasgaidh gach *sgiath* air fianlach **dian an Dàin**
Is slighe nan seann *seun* a’ siaradh **siar gun tàmh**. (29)

Cluinnear uaim am pailteas san rann seo a tha na dheagh riochdair air na rannan eile. Chìtheas cuideachd ath-chleachdadh den chruth a chleachdas a chopula agus tha an aon fhuaim (“is”) air a chleachdadh ach mar naisgear ann an sreath 2 agus 4. Am broinn gach sreath tha e follaiseach gu bheil uaithe agus amas cuideachd air an cleachdadh. Is cinnteach gur e seo a dh’fhàg am beachd aig MacThòmais mu shreathan an dàin seo: “the lines, regular as they are, show a rhythmical strength and sinuousness.”²⁴¹ Ar lean cuideachd gu bheil na deiridhean aona-lideach iomchaidh airson a bhith a’ riochdachadh cuid den lomnachd - tha blas deireannach aig gach sreath.

²³⁹ Black, ‘Thunder, Renaissance and Flowers’, 195.

²⁴⁰ ‘MacilleDhuibh’, 114-116.

²⁴¹ Thomson, *Introduction*, 254.

Aig cridhe an dàin ge-tà tha sgaradh ann eadar beartas agus stòras a' chànain agus an luime is balbhachd a tha am bàrd a' riochdachadh. Tha a bhriathrachas farsaing agus ìomhaigheachd bheartach a' dol an aghaidh na sàmhchair a tha a' nochdadh san dàn tro ìomhaigheachd de Ghàidhealtachd bhalbh. Ged nach eil teagamh ann nach robh briathrachas farsaing aig a' bhàrd chan eil gach dàn aige idir cho toinnte a thaobh cànain sa tha am fear seo. Ma tha sinn mothachail air an sgaradh seo tha a' chànain fhèin a' riochdachadh call, oir fiù 's sa latha fhèin cha bhiodh na faclan uile aig cuid de luchd-leughaidh, ma chuimhneachar air na thuirt MacGilleain air "a beautiful but over-elaborate and artificial diction"²⁴² a bha ri chluinntinn san dàn seo. Ach tha fhios daingeann againn nach robh Mac-na-Ceàrdaich a' cur suim ro mhòr ann an àileach briathrachas thar ciall dhomhainn. Leis an dà phuing ud fa-near dhuinn 's urrainnear an argamaid a dhèanamh gu robh am bàrd ag amas air teachdaireachd mu bheartas na cànain. Mar sin mar bheachdachadh air crìonadh chànain tha an dàn na ghairm air leth. Is ma thathar a' gabhail ris an leughadh seo chìthear cumhachd ann am faclan leithid "balbh," "tòic" agus "aon fhios" an seo:

Cha neonach cìll mo shluaigh an cois nan cuan bhith balbh,
Chan ioghnadh uchd nan tuam bhi 'n tòic le luach na dh' fhalbh,
O, shaoghail, is truagh nach till aon uair a shearg,
'S nach tàrr mo dheòin, ge buan, aon fhios á shuain nam marbh! (30)

Tha cuid de dh'ìomhaigheachd bhitheanta Mhic-na-Ceàrdaich a' nochdadh, leithid na sìantan air am pearsonachadh; sìth ri fhaotainn san àird an Iar; a shìnsreachd agus ìomhaigheachd na beatha chruitearachd. Tha e mar sin na phàirt den t-sreath de dh'òrain is bàrdachd aig Mac-na-Ceàrdaich a tha a' coimhead air maise nan eilean, caochlaideachd agus nàdar. Ach mar a thaisbeanar 's e a' chànain fhèin, le gach car fhacail agus ioma-chiall, a tha aig cridhe an dàin seo.

²⁴² MacGilleain, 'Realism,' 47.

‘Duan an Domhnaich’ – 1932 D.M.N.C. na fhear-dheasachaidh

Lorg Mac-na-Ceàrdaich dà dhreach den dàn seo:²⁴³ aon am measg pàipearan Mhaighstir Ailein agus aon ann an làimh eile a bha Mac-na-Ceàrdaich a’ cur as leth MacGillemhìcheil (64). Tha e cudromach gun do dheasaich Mac-na-Ceardach am pìos bàrdachd seo oir tha e na fianais air a mheas air an litreachas seo a tha ri fhaotainn ann an *Ortha nan Gaidheal* agus a bha cliùiteach ri a linn-sa: gheibhear dreach den dàn ann an leabhar a h-aon de dh’*Ortha nan Gaidheal*.²⁴⁴ Cuideachd tha e a’ dearbhadh gu robh Mac-na-Ceàrdaich fo bhuidhe saothair Mhaighstir Ailein agus MhicGillemhìcheil.

Tha beachdan a’ bhàird air an litreachas seo a’ tighinn am follais. Tha seo gu h-àiridh fìor oir tha e ag ràdh san ro-ràdh aige, “S e mo bheachd gur airidh a’ chuid mu dheireadh de’n dàn so air aire shònruichte, oir tha seadh domhain air chul an sgàthlainn dhuatharra a tha a’ còmhdach aigneidh an ughdair” (64). Tha an ùidh aige ann an doimhneachd an duain, nas motha na an “sgàthlainn dhuatharra,” ag aontachadh leis na beachdan sgrìobhte aige air litreachas. Tha samhachas an duain mar an ceudna coltach ri cuid de shamhlachadh a’ bhàird fhèin, mar eisimpleir an tuairsgeul air uisge naomh a tha a’ slànadh agus a’ toirt sòlas.

A thaobh sgoilearachd an latha tha Mac-na-Ceàrdaich ag ràdh: “Tha an dàn air fhoillseachadh mar a fhuaras e, gun atharrachadh idir no gun leasachadh litreachaidh seach gléibheagan [sic] air sgàth ceirt agus còire” (64). Nuair a nithear coimeas leis an leagan a chaidh fhoillseachadh ann an *Ortha nan Gaidheal* chithear gu bheil am fear aig Mac-na-Ceàrdaich nas fhaide, le tòrr a bharrachd obraichean air ainmeachadh sa chiad leth den duan. Tha MacGillemhìcheil ag ràdh

²⁴³ D.M.N.C., ‘Duan an Domhnaich’ *An Ròsarnach*, 4 (1932), 64-8.

²⁴⁴ Alexander Carmichael, deas., *Carmina Gadelica*, darna clò-bhualadh (Dùn Èideann: Oliver and Boyd, 1928), 216-221.

aig toiseach an duain: “I took down versions of the poem from several other persons, but they are all more or less corrupt and obscure.”²⁴⁵ Tha sin a’ fàgail na ceist an e aon den fheadhainn eile ud a thog Mac-na-Ceàrdaich air neo an e dòighean deasachaidh MhicGhillemhìcheil a rinn an sgaradh eatorra.

²⁴⁵ *ibid.*, 217.

Na Dealbhan-Chluiche

'S ann mar bhàrd-cluiche a nochd Mac-na-Ceàrdaich ann an clò an toiseach. Tha e follaiseach gu robh an dà chuid ùidh agus sgil aige ann a bhith a' cruthachadh dràma tarraingeach is chaidh a' chiad dràma aige a chluich ann an Taigh-Sgoile Bhàgh a' Chaisteil ann an 1912 fo stiùireadh an sgrìobhadair.²⁴⁶ A' sgrìobhadh ann an 1933 tha MacDhiarmaid ag ràdh:

Altogether he produced six plays (two of them children's plays), five of which have been staged in various places in the islands, and in the Gaelic communities in Canada, and been received with great delight.²⁴⁷

Chìthear bho sgrìobhaidhean Fear Chanaigh gu robh dealbhan-chluiche Barrach air an cuir air dhòigh sna sgoiltean: "Locally composed Gaelic plays used to be performed at the ceilidhs in the village halls, where very little English would be heard."²⁴⁸

Ma chuimhneachas air an abairt a bh' aig MacDhiarmaid bho Mhac-na-Ceàrdaich, gu robh feum aig a' Ghàidhlig air "ath-bheothachadh uabhasach de ghnàthsan-chainnt"²⁴⁹ tha e follaiseach gu robh dràma na mheadhan freagarrach agus sealltainn do luchd-èisteachd cuid de na h-abairtean is briathrachas a bha an cunnart a dhol à bith. Bha gu leòr sgrìobhadairean Gàidhealach ri linn Mhic-na-Ceàrdaich fhèin mothachail air an fheum a dhèanadh Taigh-Cluich Gàidhlig don chànan. Thuirt Ruairidh Arascain is Mhàirr:

In Mr. Donald Sinclair, and other craftsmen I could mention, we have dramatists of whom any country which is going through such an artistic crisis as we are passing through might

²⁴⁶ MacDiarmaid, 'Sinclair', 84.

²⁴⁷ *ibid.*

²⁴⁸ John Lorne Campbell, *Our Barra Years* (Reprinted from *The Scots Magazine*: August and September 1975), 496.

²⁴⁹ MacDiarmid, 'English Ascendancy', *Sign of the Thistle*, 25. airson an abairt sa Bheurla faic fo-nota 103.

be reasonably proud. Mr. Sinclair at all events has deliberately eschewed foreign models in the writing of his plays for the Stage, and, by surrounding his work with a national atmosphere, has done not a little to point out the road on which true Gaelic Drama should proceed.²⁵⁰

Ach a bharrachd air na puingean seo tha na dealbhan-chluiche a thaisbeanadh a-rithist cho èasgaidh 's a bha an sgrìobhadair, is e a' gluasad bho àbhachdas gu eachdraidh phoilitigeach gun shòradh.

Tha D.I. MacLeòid air sgrìobhadh mu dheidhinn cudromachas Mhic-na-Ceàrdaich ann an dràma na Gàidhlig, leis gu robh rudan a' nochdadh airson a' chiad uair: “in Dòmhnall nan Trioblaid, the common farce figure of the drunk (making virtually his only appearance in original Gaelic comedy)”²⁵¹ agus mar an ceudna a' chiad cleachdadh sa Ghàidhlig de caractair cluich-àbhachd bitheanta: an seasganach a' sìreadh bean le Raoghail Maol. Chìthear mar sin fiù 's sna cluichean-àbhachd aige gu robh Mac-na-Ceàrdaich a' cur ri litreachais na Gàidhlig le caractairean ùra. Tha e cuideachd follaiseach gu robh Mac-na-Ceàrdaich aig obair aig àm nuair a bha drama Ghàidhlig gu math ùr agus gu robh e fhèin agus a cho-aoisean a' togail bun-stèidh airson nam bard-chluiche a lean iad. Bha e cuideachd a' gluasad air falbh bho stoidhle chluich-àbhachd a' chèilidh²⁵² aig àm gu math trath.

²⁵⁰ R. Erskine, 'Gaelic Drama' *Guth na Bliadhna*, 11 (1914), 206-219.

²⁵¹ MacLeòid, tràchdas, 155.

²⁵² Michelle Macleod and Moray Watson, 'The Gaelic Short Story, Novel and Drama', *The Edinburgh History of Scottish Literature Volume 3: Modern Transformations: New Identities (from 1918)* deas. Ian Brown et al. (Dùn Èideann: EUP, 2007)273-82, 281.

'Dòmhnall-nan-Trioblaid' - 1912²⁵³

'S e comadaidh tarraingeach a th' anns an dealbh-chluich seo a tha air a roinneadh ann an ochd seallaidhean. 'S e sgeul gu h-ìre mhath sìmplidh a th' ann stèidhichte air beatha a' chroiteir cheudna ann am Barraigh. Ach tha na diofar seallaidhean ag obair gu dòigheil le chèile agus tha gu leòr àbhachdas is fealla-dhà na mheasg. A bharrachd air seo 's e saoghal moralta a tha air cùlaibh an sgèil, le Dòmhnall a' cruthachadh nan trioblaidean aige fhèin le foill is le droch chomhairle, ach tha deagh nàdur agus fialachd a' rèiteachadh cùisean aig a' cheann thall.

Aig toiseach a' ghnòthaich tha Dòmhnall a' caoidh na h-iomadh trioblaid a bhuail air ri a linn-sa. Tha e a' leughadh sa phaipear mun dìleab a dh'fhàg Àrd-Bhailidh Lunnainn do a chliamhainn, ach tha an abairt *son-in-law* a' cur a' bhodaich ceàrr. Mar sin tha e a' dol gu taigh Raoghail Sgoileir, ag iarraidh beachd bhon fhear-teagaisg, ach tha iad a' dol air an deoch. Nuair a ruigeas e an taigh aige fhèin tha e na chùis-bhùirt air sàillibh a dhaorachd. San ath shealladh tha Seumas na Clichd a' tighinn a' chèilidh air Taigh Dhòmhnall agus a' toirt chomhairle dhà a thaobh a bhith a' reic na seann bhò aige tro fhoill. Tha Dòmhnall a' dèanamh seo ach thig teachdaireachd bhon t-siorram is tha feum aige a bhith a' pàigheadh an fhear a cheannaich a' bhò.

San ath shealladh tha Lachluinn Òg Bàrd aig an taigh a' suirighe ri Sìne, nighean Dhòmhnall. Tha MacCurdy ag ràdh gu bheil suidheachadh *deus ex machina* aig Lachluinn is tha mi a' dol leis.²⁵⁴ Nuair a thilleas Lachluinn an ath-oidhche tha e a' faighneach air Dòmhnall an làimh aig Sìne a thoirt dha, gun tohra, agus tha an dealbh-chluich a' crìochnachadh le òrain a chruthaich

²⁵³ D.M.N.C., 'Dòmhnall nan Trioblaid,' *Guth na Bliadhna*, 9 (1912), 151-95 agus Dòmhnall Mac-na-Ceardadh, *Domhnall nan Trioblaid* (Glascho: Alasdair Mac Labhrainn, 1936), dama clò-bhualadh.

²⁵⁴ MacCurdy, 73.

Lachluinn Òg is e a' gabhail òrain air ùr-chruthachadh a tha ag ath-aithris na thachair san dealbh-chluich. Mar a thuir MacCurdy mun gnothach, ged nach robh e cho eòlach air òrain Mhic-na-Ceàrdaich²⁵⁵:

Sinclair has no more hesitation about writing doggerel where it suits the action of the play for him to do so than Shakespeare had when he wrote some of the scenes in "Love's Labour Lost."²⁵⁶

Chan ann air a' phlota a tha soirbheas an dealbh-chluich stèidhichte ge-tà. Tha ealain san structar aig Mac-na-Ceàrdaich is Dòmhnall ag argamaid mu dheidhinn dìleab aig an toiseach agus eagal air mu thochair san t-sealladh mu dheireadh. Chaidh e gu taigh Raoghail Sgoileir ag iarraidh mìneachadh air tachartas stèidhichte air *Son-in-Law* agus aig crìoch a' ghnòthaich tha e a' faighinn cliamhainn dha fhèin. Tha comadaidh am follais le cho gruamach sa tha Dòmhnall is e a' cruthachadh nan trioblaidean aige fhèin. Chìthear comas a' bhàird leis mar a tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh dualchas nam bàrd baile gus gearr-chunntas iomchaidh, èibhinn agus iomlam a dhèanamh air an sgeul le òran Lachluinn Òg aig a' dheireadh.

Tha am bàrd a' cleachdadh far-ainmean gus suidheachadh nan caractaran a chur seachad gu h-aithghearr is gu h-èifeachdach. Mar sin tha Raoghall Sgoilear, Murachadh Dìorasach agus Seumas nan Clichd a' nochdadh agus far-ainm gach fear a' sealltainn dhuinn beagan mu an deidhinn. Chaidh a leithid de rud a dhèanamh le Tormod MacLeòid sna còmhraidhean aige anns an naoidheamh linn deug.²⁵⁷

²⁵⁵ MacCurdy, 72.

²⁵⁶ *ibid.*, 74.

²⁵⁷ Mar eisimpleir: Tormod MacLeòid, 'Comhradh nan Cnoc: Fionnlagh Piobaire agus a Bhean, Am Brocaire agus am Maighstir-Sgoile' ann an *Caraid nan Gaidheal: Aireamh taghta de Sgrìobhaidhean* (Glaschu: MacKenzie, 1867), 40-52.

A thaobh cuid de na cuspairean a nochdas, tha am bàrd a' taisbeanadh saoghal nan croitearan aig crìoch an naoidheimh linn deug. Tha iomraidhean air a' ghort bùntata agus bochdainn san fharsaingeachd. Gheibh sinn beachd air cumhachd an t-Siorram agus nan duin'-uaislean agus an urram a bha air luchd-teagaisg air a' Ghàidhealtachd. Mar sin tha am bàrd soirbheachail ann a bhith a' cruthachadh saoghal fìorachail le gu leòr cheangalan le gnothaichean a bha a' dol aig an àm. Tha seo a' toirt cothrom dha fealla-dhà a chruthachadh ann an saoghal air am biodh a luchd-èisteachd eòlach mar a rinn e san ath dhealbh-chluich aige cuideachd

'Suiridhe Raoghail Mhaoil' - 1912

'S e seo an dàrna dealbh-chluich²⁵⁸ aig Mac-na-Ceardaich agus coltach ri 'Dòmhnall-nan-Trioblaid' 's e cluich-àbhachd a th'ann, stèidhichte air trioblaidean a' phrìomh charactair, ach san fhear seo tha Raoghal na sheasganach a tha 40 bliadhna a dh'aois. Le beagan brosnachadh bho na càirdein aige tha Raoghal an dùil bean a lorg is tha an dealbh-chluich a' leantail nan trioblaidean aige is e a' feuchainn ri tè fhaighinn ri pòsadh. Tha e nas giorra na am fear roimhe cuideachd.

'S e dealbh-chluich le stèidheachadh fìorachail a th' ann, coltach ris an fhear roimhe, ged as urrainn don fealla-dhà a bhith gu math èibhinn thar na bun-stèidhe seo. 'S ann am Barraigh a tha an dealbh-chluich suidhichte is tha seo air a dhèanamh gu math follaiseach leis na h-ainmean àite leithid "Beinn nan Càrnan" (438); "an Oitrich Àirde" (437) agus "a' Ghleann Dorcha" (452). B' urrainnear tomhas a dhèanamh bhon chàinnt fhèin gur ann am Barraigh a tha an dealbh-chluich stèidhichte leis gu bheil blàs Gàidhlig Bharraigh air an sgrìobhadh aig ìre fuaimneachadh agus briathrachais. Mar sin gheibhear faclan leithid "sid" (439) agus "feiridh"

²⁵⁸ D.M.N.C., 'Suiridhe Raoghail Mhaoil', *Guth na Bliadhna*, 9 (1912), 436-62.

(448) a tha nas fhaisge air fuaimneachadh ionadail. Tha iomraidhean air creideamh an eilein ri fhaicinn cuideachd, mar am fear air Latha Féill Brionain (437) latha bha air a chomharrachadh gu seachd àraidh aig ceann a deas an eilein.²⁵⁹

Ma chuimhnichear gur e cluich-àbhachd a tha seo, agus gu bheil Mac-na-Ceàrdaich am beachd cànanain nan daoine fhèin am Barraigh a thaisbeanadh is a ghlèidheadh le a chuid abairtean, sean-fhacail is òrain chìthear gu bheil e soirbheachail. Ged a tha e nas giorra na ‘Dòmhnall-nan-Trioblaid’ tha e a’ cheart cho èibhinn, is gu seachd àiridh far a bheil trod (457-9) eadar Raoghail is an dà bhoireannach a bha e an dùil a shuirighe aig teas-meadhain a’ chluiche.

‘Fearann a Shinnsir’ - 1913

’S e dealbh-chluich mòr a tha seo, sgrìobhte ann an ceithir caran (neo achdan).²⁶⁰ Tha na caractaran nas iom-fhillte cuideachd agus iad ag atharrachadh tron dealbh-chluich. Chaidh a chur a-mach mar leabhar air leth sna Ficheadan.²⁶¹ Tha e mu dheidhinn teaghlaich a nì imrich a Chanada, is mun ghille aca Alasdair a thilleas gu tìr àraich. Tha MacLeòid ag ràdh:

This is play is the first example in Gaelic of a seriously committed play, of a play with a worthwhile statement to make. The statement is made perhaps rather naively, but, in its Gaelic literary setting, is very refreshing and important nevertheless.²⁶²

²⁵⁹ John MacPherson, *Tales from Barra: Told by the Cuddy*, deas. John L. Campbell (Dùn Èideann: Birlinn, 1992), 79-80.

²⁶⁰ D.M.N.C., ‘Fearann a Shinnsear’, *Guth na Bliadhna*, 10 (1913), 301-40.

²⁶¹ D.M.N.C., *Fearann a Shinnsear* (Glaschu: MacLabhruinn, [?]).

²⁶² MacLeòid, ‘20th Century Gaelic Literature’, 161.

Chleachd Mac-na-Ceàrdaich stèidheachadh nas fharsainghe cuideachd na chleachd e anns na cluichean eile aige. Sa Chiad Char 's ann air a' Ghàidhealtachd a tha iad ann an Taigh Dhòmhnuille Phìobaire. Tha an Darna Car a' tachairt eadar an taigh agus an Acarsaid is long-eilthireachd gam feitheamh is na h-uachdarain gan iomain ga ionnsaigh. Tha còig bliadhna ann eadar Car a Dhà 's a Trì, agus dà de na caractaran, Dhòmhnuille is a bhean, air bàsachadh agus Alastair na aonar ann an Canada, far a lorg a bhràthair e. Bhiodh iomadach mìos eadar sin agus an Car mu Dheireadh agus iad air ais air a' Ghàidhealtachd, ann an taigh an Fhir-Bhaile. Tha an sgaoileadh seo a' toirt fa-choimhear an luchd-èisteachd cruadal nan eilthireach agus trioblaidean nan uachdaran a bharrachd air suidheachadh nam prìomh caractairean.

'S e Alasdair Dhòmhnuille Phiobaire am prìomh caractair agus tha a fhearg 's a cholg sna chiad caran follaiseach:

A. : [...] (*Is a làmh os cionn a chinn is a shùilean an àird*) Ach 's dubh, dubh, dubh, gu'm bi deireadh an láithean! Mur is mise mac m' àthar agus mo mhàthar, mo bheatha agus mo shaoghal gu'n naisg mi as leth an còraichean gus am faigh ceartas buaidh agus ana-ceartas a dhuais! (306)

Nuair a tha athair ga dhìteadh gu caoin airson na bòide seo tha e na ro-shealladh air bòid eile, eadar e fhèin 's a leannan (317-8), a choileanas e cuideachd.

San Darna Car tha Alasdair a' trod leis a' Mhaor agus an Fhear-Baile, is gus an dochainn le slacan leis gu bheil iad ag iomain a phàrantan mar chrodh dhan Acarsaid. Chithear sna h-òraidean aige beachdan mu chòraichean fearainn agus mun cheartas sa chumantas:

A. (*Is e a' teannadh air aghaidh*). A dhuine gun airidh air ainm duine! 'S ann leat-sa a tha 'm fearann. Smaointich, a dhuine gun iochd, air gu dé mar a fhuair thu e. Gu dé mar a fhuair do dhaoine e, agus co a cheannaich le am fuil e, agus a chuir an ìre e le falus an gruaidheach. (311-2)

[...]

A. : Cha leat-sa mo theanga na mo cheud is mo mhodh cha do thoill thu... Coimhead air an duine so a tha thu a' meas cho truaillidh ris an daol. Coimhead air! Rùisg e agus rùisg thu féin! O, coimhead air, agus seall dhomh an dealachadh a tha eadaraibh. Seall dhomh an comharra prionnsail a tha eadar uachdaran is iochdaran ! (312)

Tha an dearbh fhearg fhathast na chom aig crìoch a' chluiche ach 's e a leannan Mhòrag a tha ga bhrosnachadh gus seo a leigeil seachad agus maitheanas a thoirt dhan Fhear-Bhaile, le a bhith a' gabhail an fhearainn aca air ais:

MOR. : ... Alastair, tha thu a' ghaoil a' dol an aghaidh do Dhè. Tha thu ann an sin a' diultadh mathanais, a cur dì-meas air cridhe fìor-aithreachail, agus a' tair do chomh-chreutair a chionn e a bhi a' nasgadh dioladh féich agus ag iarraidh réite dheanamh riut... B' fheàrr leis an diugh aon teaghlach a thoirt air ais na na 's fhiach 'oighreachd. ... O, na diult a ní sin a tha duil agad féin agus aige-san fhaighinn bho Chathair a' Bhreitheanais– tròcaire. (339)

Tha Mac-na-Ceàrdaich cuideachd a' sealltainn nan uachdaran ann an dòigh ealanta. Tha am Maor a' feuchainn ri bhith carthannach na dhòighean le Dòmhnall agus Catriona nuair a tha e ag innse na naidheachd dhaibh: “'S e bu chóir a bhith 'nar cridhe taingealachd agus buidheachas do dh'fhear-solair ur leas, agus cha 'n e a bhi a' cur an-diu air cobhair an àm ur feuma” (305). Tha e a' leantail air le a bhith a' taisbeanadh trioblaidean dìth màil agus sluagh ro lìonmhor. Crìochnaichidh e a bhriathran an Car h-Aon le, “Cha chulaidh-fharmaid le cinnte neach 'sam bith nach gabh an cothrom so” (306).

Tha sgaradh follaiseach ann eadar a bhriathran 's a ghnìomhan. San ath char tha e ag iomain an dithis sheann duine sìos dhan Acarsaid: “So! So! Bithibh a’ gluasad! Cha dean stiùrannan feum sam bith dhuibh ! Tha e cho math dhuibh an greim so a shluigeadh agus a bhi striochdte. Gluaisibh!” (308) Mar sin chìthear an sgaradh eadar am mìneachadh fialaidh a thug na daoin’-uasail airson an gnìomhan agus an dòigh an-ìochdmhor san do chuir iad na sgeamaichean aca an gnìomh. Thèid am Maor a dhubh-chàineadh le Mòrag aig crìoch a’ chluiche (329-30), is e air a ghaol aige oirre fhoillseachadh. Tha am Fear-Baile air an làimh eile aithreachail airson na rinn e, is mar a chunnaic sinn shuas tha Alastair ga mhathadh fo bhuaidh brosnachadh Mòraig aig a’ chrìoch leis gu bheil eagal a’ bhàis air agus fìor aithreachas:

O, nan robh e 'nam chomas-sa an diugh mo chiontan ath-ghairm ! Nan robh e 'nam chomas mo shluagh a thoirt air ais ! Nan robh e 'nam chomas aon toll féin a lionadh– aon dhachaigh féin a chur às ùr! (334)

Ann an stoidhle tha am briathrachas deas-labhrach, is tha iomradh neo dhà air dualchas nan Gàidheal agus creideamh, mar eisimpleir san deasbad air airidheachd an Fhir-Bhaile air maitheanas (339-40). Tha Mac-na-Ceàrdaich gu tric a’ cleachdadh cruthan snaighte den ghnìomhair leithid “Leigean” (338) is tha cainnt nan caractairean beartach ann an gnàthsan-chainnt m.e. “gun díth gun deireas” (302). Ged a tha crìoch a’ chluiche caran ro-shìmplidh neo “naive” mar a bh’aig MacLeòid shuas, leis an fhear 's an tè còmhla agus maitheanas ga thoirt dhan Fhear-Baile, tha ealain ann an eadar-gnìomhan nan caractairean agus mar a ghluaiseas na beachdan aca tron chluiche.

'Crois-Tara!' - 1914

Choisinn an dealbh-chluich²⁶³ cliù mhòr dhan ùghdair is bha e air a mheas aig an àm mar aon de na dealbhan-chluiche a b' fheàrr an dà chuid ann an litreachas na Gàidhlig ach cuideachd ann an litreachas na h-Albann.²⁶⁴ Tha D.I. MacLeòid ag ràdh gu bheil e 'technically very assured.'²⁶⁵ Chaidh fhoillseachadh an toiseach ann an *Guth na Bliadhna* ach coltach ri cuid de dh'obair eile chaidh ath-foillseachadh mar leabhar neo-eiseimileachd.²⁶⁶ Tha e a' coimhead air beachdan nan Dòmhnallach ri linn Bliadhna Theàrlaich. Tha Mac-na-Ceàrdaich a' fàgail tachartasan mòra leithid Blàr Chùl Lodair, Cruinneachadh Gleann Fhionghain is a leithid ri aon taobh, is a' coimhead air beachdan nan tighearnan is nan tuath air a' Ghàidhealtachd.

'S e dealbh-chluich mòr a th'ann cuideachd le ceithir caran agus sia seallaidhean. Tha e a' tòiseachadh ann an seòmar-tathaich Taigh Fear Bhorghadail, far a bheil deasbad ann mu na bu chòir dhaibh a dhèanamh. San dàrna sealladh tha iad air gluasad dhan t-seòmar-suidhe is am Prionnsa air nochdadh. Tha an dàrna is an treasaibh car, a' chuid bu mhotha den dealbh-chluich, a' tachairt ann an taigh Dhòmhnuille MhicEachuinn leth ri Loch Mùideart. Tha an ceathramh car a' tachairt sna Garbhchrìochain eadar Loch-An-Àigh ann an sealladh a h-aon is Ceann Loch-an-Uamh san fhear mu dheireadh. Chìthear gu bheil a' chuid bu mhotha de na seallaidhean stèidhichte ann an taighean, is le sin tha na deasbadaan a bha a' dol mu na bu chòir dhaibh dèanamh air an taisbeanadh. Tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh nan suidheachaidhean seo gu h-ealanta. Tha an luchd-fradharc air a bhith a' coimhead a-staigh air taigh Dhòmhnuille airson car gu leth, is iad cleachte ris agus ri Dòmhnulle 's a bhean, nuair a nochdas na Saighdearan Gallda gu h-obann is iad gan droch-làimhseachadh. Mar an ceudna tha an seòmar-tathaich sa

²⁶³ D.M.N.C. 'Crois-Tara!', *Guth na Bliadhna*, 11 (1914), 311-53.

²⁶⁴ MacDiarmid, *Contemporary Scottish Studies*, 421.

²⁶⁵ MacLeòid, 'Tràchdas', 161.

²⁶⁶ D.M.N.C., *Crois-Tara!* (Glaschu: Alasdair MacLabhrunn, ?) Thèid seo a chleachdadh airson nan àireamhan-duilleig a leanas.

chiad shealladh a' riochdachadh luaineas Fear Bhorghadail agus Bràthair Fear Morair airson naidheachd.

Tha an dealbh-chluich soirbheachail air sgàth's gu bheil e a' taisbeanadh na h-iomadach buaidh is dleastanas a tha air na caractairean. Mar sin sa chiad char chaidh Eòghann Dòmhnallach a chàineadh air sgath a chuid chomhairle, an toiseach le Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair is an uair sin le Fear Bhorghadail:

F.B.– 'S mi-fhearail, 'Eoghainn Dhomhnullaich, do spiorad agus is mi-chliùiteach am béus a bhi a' cur droch mhanaidh air ionnsuidh so na h-Albann as leth a rìgh agus saorsa! (6)

Mar a chìthear aig crìoch an deilbh-chluich, agus mar a tha fhios aig an luchd-eisteachd mar-thà leis mar a chaidh do na Seumasaich, bha comhairle Eòghainn nas geura. Tha Loch-ial a' toirt an aon chomhairle dhan Phrionnsa an Car a Dhà, ach tha am Prionnsa airson an Ar-A-Mach:

P. [...] agus fuireachadh Loch-ial, mu'n cuala mi m' athair gu tric ag iomradh mar a charaid bu dìlse, aig baile agus cluinneadh e an sin bho chàch mar a dh'eireas do'n Phrionnsa. (17-18)

Leis a' bhrath nàireachaidh seo tha Loch-ial a' gèilleadh agus a' dol leis. Chan eil sinn a' cluinntinn guth Eoghainn Dòmhnallach nas motha is chan eil Loch-ial a' nochdadh gus an tèid e air fògradh leis a' Phrionnsa san t-sealladh mu dheireadh (50).

Ach a bharrachd air a bhith a' cleachdadh cliù agus nàire gus na caractaran a bhrosnachadh cluinnear òraidean bho caractaran, mar bu trice Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair agus am Prionnsa, a tha miannach air còmhraig. Tha a' chainnt sna h-earrannan seo gu math togarrach agus tha e follaiseach gu bheil am bàrd ag iarraidh gum biodh buaidh aig na briathran air an luchd-èisteachd. Ann an Car a h-Aon, A' Chiad Sealladh, gheibhear brosnachadh bho Mhac Mhaighstir Alasdair, is e a' dèanamh iomradh air brosnachadh ainmeil Lachlainn MhicMhuirich²⁶⁷ leis an toiseach seo:

A.M. (*Le dùrachd spreòdaidh*)– O, sibh-se, a chlanna nan Gàidheal,– sibh-se, a chlanna nan sonn bho chéudan cath, cuimhnichibh ! O, air 'ur n-anaceart agus air anaceart 'ur sliochd! O, cuimhnichibh air saorsa! [...] (7)

Agus san t-sealladh a leanas gheibhear òraid nas fhaide is e a' freagart gu h-oifigeil, as leth tuath Chloinn Raghnaill, iarrtas a' Phrionnsa airson cobhair. Ann an òraid bhrìghmhor, dhìoghrasach tha e ag aithris geur-leanmhuinn nan Dòmhnallach agus na nì iad airson a' Phrionnsa. Tha e a' crìochnachadh nuair a tha Clann Raghnaill fhèin ga shocrachadh às dèidh na h-earrainn seo:

A.M.– [...] Seadh– ged dh' fhosgladh Iutharna 'na mhilte craos a leigeil as feachd a mhiltean deomhan 'nar n-aghaidh, cha ghéill,– cha tréig,– cha lasaich,– cha till, cha sguir sinn gus an dìoghail sinn làn an aicheamhail, gus an coilion sinn buileach an éirig! Tha! O, a Dhé Mhoir! Tha spiorad uamhasach a' Ghàidheil air a thogail; air a chorruchadh! Tha spiorad aneasda an gnè air sgaoileadh; air bristeadh à greim-riaghail an céille! Na fineachan! Na fineachan! Tha 'n gairm chatha 'am chluais! (15)

²⁶⁷ *Duanaire na Sracaire: Anthology of Medieval Gaelic Poetry* deas. Wilson McLeod & Meg Bateman (Dùn Èideann: Birlinn, 2007), 230-2.

Ma chuimhneachar air a' cho-theacsa eachdraidheil san deach an dealbh-chluich a sgrìobhadh— strì eadar Breatainn agus a' Ghearmailt a thaobh cabhlaichean agus buill-airm²⁶⁸— chìthear gum biodh barrachd air na h-adhbharan ealanta a-mhàin aig Mac-na-Ceàrdaich gus miann-chomhraig agus arra-ghlòir a riochdachadh san dealbh-chluich.

Ach 's ann le teaghlach Mhic Eachuinn ann an Caran a Dhà sa Trì a thèid na h-iomadach ceangalan sòisealta a thaisbeanadh. Tha Dòmhnall Mac Eachuinn ag iarraidh dol chun a' chogaidh, leis gu robh e aig Latha Sliabh an t-Siorruim is gu bheil e ga fhaicinn mar dhleastanas:

D.— Tha uine 'na deann le bruthach ga m' ghiùlan gu ceann na beatha so; ach ged a tha, tha dlighe agam fhathast ri a dioladh: tha dleasnas agam ri a choilionadh mu'n tig an t-àm.

A Mhàiri!— Tha mo Rìgh 'na èiginn! Tha mo dhùthaich fo chuinge na coigreach! (21)

Tha Màiri ga chomhairleachadh na aghaidh, ach chan ann gus an innis i dhà gu bheil Raognall am mac gus a dhol ann, is gu bheil Clann Raghnaill fhèin a' cantail gun deach dleastanas Dhòmhnall a choileanadh cheana, a tha Mac Eachuinn air shàsachadh (24). Chìthear ge-tà anns an làimhseachadh aige air Dòmhnall gu bheil na caractaran aig Mac-na-Ceàrdaich iom-fhillte. Chan e bodach faoin miann-chòimhreach a th'ann, nuair a chluinneas e mu iartras a mhic tha e a' dol na athair iomagaineach (22). Ach aig crìoch an Dàrna Car tha e a' toirt seachad an dà chuid a bheannachd is a chomhairle do Chlann Raghnaill is do Raonuill a mhac (31-2). Tha a' chomhairle gu math follaiseach is e a' dèanamh iomraidh air tachartasan Chuil Lodair:

²⁶⁸ Zara S. Steiner and Keith Neilson, *Britain and the Origins of the First World War*, darna clò-bhualadh (Lunainn: Palgrave MacMillan, 2003), 51-63.

D. (*Le oirdhirp is e a' tiormachadh a shùilean*)– [...] cuimhnichibh nach b' e àbhaist 'ur sinnsir tròcair a dhiùltadh far an iarreadh i, no tlus a cheiltinn far am b' àiridh (30).

Tha fiù 's Mac Mhaighstir Alasdair, a bha cho fearail aig fìor thoiseach a' chluiche a' gal aig a' chrìoch (42). Tha làimhseachadh a' bhàird ud le Mac-na-Ceàrdaich inntinneach. Tha fhios againn bho aistichean is bho “La nan Seachd Sìon” gu robh spèis aig Mac-na-Ceàrdaich air a bhàrdachd ach san dealbh-chluich tha an Dòmhnallach a' riochdachadh miann-chòmhraig agus arraghlòir sa chumantas. 'S e na faclan mu dheireadh aige “Ach bha e 'n dàn, bha e 'n dàn” (52), ach aig fìor thoiseach a' chluich tha Eoghann Dòmhnallach, ris a robh Mac Mhaighstir Alasdair a' trod a' ràdh:

E.D.– Dàn! 'S minig a dheilbh neach an don-gnothuich a dhàn fein agus is tric a chuir teas an teine faoin-chruadal an cridhe gun eòlas. (4)

Tha e coltach mar sin nach robh cus suim aig Mac-na-Ceàrdaich sna beachdan a thug e dhan bhàrd chliùiteach san dealbh-chluich.

A thaobh stoidhle, tha briathran nan cluicheadairean gu ìre mhath siùbhlach is chan eil e a' feuchainn ri réim neo bhriathrachas àrsaidh ath-bheothachadh. Mar eisimpleir tha bàthadh bitheanta gu leòr am measg an tuath is nan tighearnan, “Dia 'bhi timcheall oirnn! 'N e Raonull...” (22). Tha e fhathast a' cleachdadh beul-aithris is gnàthsan chainnt ge-tà. Mar eisimpleir ann an aon de dh'òraidean Mhic Mhaighstir Alasdair gheibhear, “Mar is fhaide a lughas an stàilinn rìghinn fo chudrom mar sin is àirde a h-àisleum” agus “'N uair is teinne an taod 's ann a bhristeas e!” (44). Tha beannachadh Màiri air a mac cuideachd a' dèanamh

ìomraidhean air an dualchas le buaidhean fortanach lùsan agus an taobh deasal ri chluinntinn, co-dhiù 's ann fo bhuidh *Ortha nan Gàidheal* neo bho eòlas Barrach Mhic-na-Ceàrdaich:

Màiri.– [...] gléidh siod air do ghiùlan ; Achlasan Chaluum Chille! Gléidh e an ainm an Naoimh Ghàidhealach, agus cuir thu fein fo a chùram! Beannach Dhé agus Mhoire agus a h-Aona Mhac Prìseil gu 'n robh leat. Géard nan Aingeal gu 'n robh deasal agus timcheall ort gus an tìll thu air t'ais chugam-sa! (32)

'Ruaireachan' - 1924

Tha an dealbh-chluich seo stèidhichte air balachan beag leis an ainm Ruaireachan.²⁶⁹ Coltach ri 'Long-nan-Òg' tha e a' coimhead air turas gille òig is e a' coinneachadh ri caractairean òs-nàdarra. San dealbh-chluich seo 's e na h-eòin a tha e a' coinneachadh ris an toiseach: Feannag Ghlas na Creige Moire, Faoileag Bhan Loch Greine agus Clacharan. Ach an uair sin tha e a' dol a dh'ionnsaigh saoghal nan sìth le Sitheineach, Bean Shith agus Leanabh Sith. Bha MacLeòid den bheachd gu robh "much humourous writing in this play",²⁷⁰ agus chìtear gu bheil an sgrìobhadh beothail.

Tha comasan bàrdail Mhic-na-Ceàrdaich a' nochdadh is e cruthachadh dàin bheaga. Tha an Fheannag a' comhairleachadh an aghaidh faoineas na faoileige:

Faoil :-
Gaothag! gaothag! gu de dh' iarradh
Tusa 'chiall nach dèanainn fhein!
Leum an àird air bun mo sgiathan
'S bheir mi thu gu miann do chleibh!

²⁶⁹ D.M.N.C., 'Ruaireachan', *Guth na Bliadhna*, 20 (1924), 17-27.

²⁷⁰ MacLeod, '20th Century Gaelic Literature', 158.

....

Fean :- Gòmhag! Gòmhag! abair eucoir!
Bha mi 'g èisdeachd ri d' bhéul baoth ;
'S tric a thug thu car à gléusdachd,
Ged tha thu gu léir cho faoin. (19)

Tha geasan cudromach san dealbh-chluich seo, a' riochdachadh a ùidh sa leithid agus ann an obair MhicGillemhicheil. Tha a' chlann a' gabhail "ortha-dhàin" mun bhogha-frois':

Bogha-frois', bogha-frois',
Tàrr as, tàrr as ;
Trì stràcan de'n chuip,
Gus an téid an t-uisg' as. (19)

Tha òs-nàdarrachd na sìthe ri fhaicinn agus 's ann le ortha a tha an Calman a' sàbhaladh Ruaireachain. Aig crìoch na sgeula tha an Calman a' nochdadh, le mungan Chaluim Chille na làimh agus e a' gabhail an ortha:

Le feart cumhachd Rìgh nan Dùl ;
An ainm Chaluim naoimh ion-rùin ;
Le geal-bhuaidh a' Mhungain mhìn ;
Fuasglaim sibh o gheasa sìth. (27)

San dealbh-chluich seo a-rithist ma-thà, tha ùidh aig Mac-na-Ceàrdaich ann an Crìosdaidheachd òs-nàdarra. Tha an teachdaireachd Chrìosdail a' nochdadh agus coltach ri 'Là nan Seachd Sion' agus 'Lughain Lìr' 's ann le cumhachd Dhè a tha Ruaireachan air a shàbhaladh bhon toman-sìthe. Tha am bàrd a' cleachdadh a' cheangail eadar Colum-Chille agus an Calman is e a' crìochnachadh an dealbh-chluich le leth-rann:

Is mise 'n Calman glas à I ;
M'aimn 's mo shloinneadh- Sonas Sìth. (27)

Le na teamaichean a tha a' nochdadh ann tha e coltach gu bheil an dealbh-chluich gu math coltach ri bàrdachd Mhic-na-Ceàrdaich. Tha prìomhachas mòr air an eunlaith agus air dualchas duatharrach nan Gàidheal. Ach tha Mac-na-Ceàrdaich cuideachd a' sealltainn ùidh nas doimhne ann an dualchas nan sìth nach robh ri fhaicinn cheana.

Long nan Òg - 1927²⁷¹

Coltach ri 'Ruaireachan' 's ann airson cloinne a rinneadh an dealbh-chluich seo. Bha MacLeòid den bheachd gu robh an dà dhiubh nam 'pleasing children's play[s] showing a lively imagination.'²⁷² Tha ceithir caran san dràma, dhà ann an taigh chroitear agus dhà ann an suidheachaidhean òs-nàdarra is mar sin thèid dualchas òs-nadarran nan Gàidheal a chleachdadh an cuide ri suidheachadh gnàthail ann an coimhearsnachd chroitearachd. Tha an sgeul stèidhichte air trì balaich òga, an seanair agus an seanmhair.

Ged a chaidh a dhèanamh airson chloinne tha ealain gu leòr san dealbh-chluich ghoirid seo is e a' taisbeanadh beul-aithris nan Gàidheal. Tha Ròcabarra agus an Tìr-fo-Thuinn air an cleachdadh mar àrainnean agus thèid iomradh a dhèanamh air fàistneachd mun treas uair a chìtear Ròcabarra. Chaidh a faicinn dà thrup cheana agus nuair a nochdas i a-rithist 's e samhla a bhios ann gu bheil an saoghal gus crìochnachadh.²⁷³ Tha An Corra-Chagailte, buidse uabhasach a tha a' cleachdadh an droch-sgoil le snaidhmean is buaidh aige air a' mhuir, a' nochdadh san dràma cuideachd.

²⁷¹ Dòmhnall Mac-na-Ceardadh, *Long nan Òg*, (Dùneideann: Comunn Litreachais na h-Alba, 1927)

²⁷² '20th Century Gaelic Literature', 158.

²⁷³ 'Rocabarra', *Faclair Gàidhlig gu Beurla*, deas. Edward Dwelly, (Glaschu: Gairm, 1988 [1901-11]), 764.

Tha an còmhradh san dealbh-chluich beothail:

RIGH.—Teann a nùll a “Sgealb” feuch an cluinn mi naidheachd a’ Cheaird Uasail ! (*gàireachdaich*).

SGEALB.—B’e sin thu féin, an “Ceard Uasal,” ged a thug mise “An Rìgh” ort aig cho beairteach ‘sa bha thu làtha na féille. (*Tha Fionn. a’ maoidheadh a’ bhata air “Sgealb.” Tha càch a’ gàireachdaich.*)

FIONN.—An cluinn thusa “Sgealb” a mhì-mhoidh! Nan robh thu na b’ fhaisge dhomh-sa— (12)

Tha Mac-na-Ceàrdaich cuideachd a’ sealltainn a mheas a bha aige air seann chleachdaidhean nan Gàidheal. Le sùil air an t-suidh aige air an seann èideadh Ghàidhealach, a nochdas ann an ‘Dòmhnall-nan-Trioblaid’ agus ‘Òran nam Fàsan’, tha e a’ moladh biadh nan Gàidheal air an dòigh cheudna.

FIONN.— An da is beag aig “Sgealb” an coirce ach a’ mhin bhàn, am flùr —am flùr, an rud a tha ’n déis clann an là an diugh a sheargadh agus air an fhuil a dheoghal asda. (9)

Coltach ri cuid de chòmhradhean litreachail bhon linn roimhe²⁷⁴ ma-thà, tha an dealbh-chluich a’ toirt dhuinn bheachdan air atharraichean sòisealta.

²⁷⁴ Sheila M. Kidd, ‘Tormod MacLeòid: Àrd-Chonsal nan Gàidheal?’ ann an *Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal* deas. Sheila Kidd (Glaschu: Roinn na Ceiltis, 2007), 107-129, (125-7).

Tha Aonghas MacEanruig a' toirt dhuinn na beachdan aigesan anns an ro-ràdh (3-5). Tha e a-mach air eachdraidh dràma ann an dualchas nan Gàidheal agus air obair Ruairidh Arascain gus am meadhan sin a bhrosnachadh. Aig a' dheireadh tha e a' cantail mun dealbh-chluich gu bheil e: "caoin mar bhainne mairt, agus làn sùigh agus suspainn o'n cheud sreath gus an t-sreath mu dheireadh" (5). Ged a tha am moladh ud gu math fialaidh tha e fìor a ràdh gu bheil sùsbaint dòmhainn san dealbh-chluich.

Na h-Aisticean

'A' Mhòr-Roinn agus am Fearann' - 1914

Chan eil e na chùis-iongnadh gun do sgrìobh Mac-na-Ceàrdaich aiste air cuspair an fhearainn leis na ceangalan aig a theaghlach ris a' ghnòthach.²⁷⁵ An toiseach tha e a' càineadh Achd nan Gabhaltan Beaga (1908) mar ath-leasachadh beag nach dèanadh a' ghnòthaich do dhuine sam bith is a chaidh a chruthachadh le daoine aig an robh "an cuid misneach tuilleadh is anfhann" (421-2). Mar sin 's e adhbhar an aiste a bhith a' moladh dòigh nas fheàrr air ath-leasachaidh an fhearainn a choileanadh.

Tha an argamaid aige stèidhichte gu daingeann ann an cunntasan leithid a' chunntas-sluaigh agus prìs mhàil an fhearrainn agus tha e a' cleachdadh cainnt siùbhlach gus an argamaid aige a chur an cèill. Mar an ceudna, tha e a' beachdachadh air cuspair air am biodh e eòlach a thaobh nan ceanglan pearsanta aige ris. A thaobh a bhith a' cleachdadh fiosrachadh agus staitistearachd bho latha fhèin, tha an sgrìobhadair a' dèanamh iomradh air reic fearainn air a' Ghàidhealtachd is air a' Ghalltachd (435-6); air aithisg Lord Haversham mun fhearainn ann an Sasainn (425-6) agus air argamaidean mun fhearrainn a nochd anns an *Scottish Review* (431). A bharrachd air a seo tha eòlas aige air sgrìobhadh "Iain Stiùbhairt Mac a' Mhuillinn" (421) agus air siostam fearainn nan Cruithneach (430). Tha na h-iomraidhean seo an dà chuid a' sealltainn cho farsaing 's a bha Mac-na-Ceàrdaich a' leughadh ach cuideachd an urrad de dh'obair a bha e a' dèanamh airson nan aisteachan.

²⁷⁵ D.M.N.C., 'A' Mhor-Roinn agus am Fearann', *Guth na Bliadhna*, 11 (1914), 421-37.

Tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh stoidhle faireachdail a tha a' brosnachadh an leughadair. Mar eisimpleir, a' coimhead nan uachdaran a bha ag iarraidh airgead airson fearainn bhon deach an tuath fhuadach, tha e a' cantail:

Co nach eil coma ged a chaidh an dachaidh so fhagail aig na geòidh le craoithear shluagh; seadh, daoine fala agus feòla, a sgiùrsadh thar dronnaig an Tabh? Saoilibh nach eil e coltach gu leor gu'm feum oighre am fir-sgiùrsaidh-san deagh chomain fhaighinn an diugh air son an "dachaidh" sin 'fhaighinn air ais? (422-3)

Ann an stoidhle tha e coltach ri 'Innis-na-Breige' far am faicear gu bheil fearg an sgrìobhadair mun ana-cheartas air a riochdachadh le a pheann. Tha an ùidh aige ann an seann-fhaclan, a thug an tiotal dhan aiste ud, ri fhaicinn san aiste seo cuideachd: "Cha'n eil coille gun chrionaich, ach tha eagal orm gu bheil tuilleadh 's a bu chòir deth sin 's na Comhairlean Siorramach is aithne dhuinn" (428). Agus coltach ri 'Innis-na-Breige' cuideachd tha e a' cleachdadh abairt Chrìosdail gus coisrigeadh an argamaid aige le an earrainn bho Leabhar Daniel, "Chaidh 'ur tomhas 's na mèigh-shlìgean agus fuaras sibh easbhuidheach."²⁷⁶

'Inbhe ar Bàrdachd' - 1916

'S ann ann an 'Inbhe ar Bàrdachd'²⁷⁷ a gheibhear an taisbeanadh a b' fhollaisiche de bheachdan Mhic-na-Ceàrdaich air litreachas. Tha na buaidhean feallsanachail agus litreachail a tha am follais cho farsaing 's gu bheil iad a' riochdachadh sgrìobhadair eòlasach, beachdail a bha a' meòrachadh ceistean a latha fhèin is chaidh a sgrìobhadh ri linn cuid de na bliadhnaichean a bu shaoibhire dha a thaobh a obrach fhoillsichte.

²⁷⁶ Daniel 5.25-8.

²⁷⁷ D.M.N.C., 'Inbhe ar Bardachd,' *Guth na Bliadhna*, 13 (An Geamhraidh 1916), 441-457.

Taisbeanam gu h-aithghearr argamaid Mhic-na-Ceàrdaich. Tha am bàrd a' dol an aghaidh cuid de sgrùdairean litreachais na Gàidhlig a bha a' moladh a-mhàin: “an duan a mholas gach ni 's nach toir iomradh air ann-tlachd; an aon duan 's a bha Nero eile a' seinn 's an Ròimhe 'na teine” (442). Ar leis gum b' fhiach beachdachadh cothromach air a' ghnòthach gus an litreachas a leasachadh is gus am biodh deagh bheachd nan Gàidheal air a' bhàrdachd aca fhèin stèidhichte air reusan agus argamaid cheud-fhàthach. Air dhà an sgrùdadh aige a mhìneachadh, tha e a' tòiseachadh le a bhith a' dèanamh coimeas leis a' bhàrdachd Bheurla. Gus seo a dhèanamh ann an dòigh ciallach tha e a' sireadh “sligean-tomhais” (444) eadar an dà litreachas, agus mìneachadh air gu dè th' anns a' bhàrdachd agus gu dè th' ann am bàrd. Chleachd e beachdan Pope agus Shakespeare gus a bhith ag ràdh gur e:

bàrd neach air an do bhuilich an Crutheadair buadhan araidh inntinn, meanmna, agus anma a tha a' toirt comais dha an Fhirinn Mhór a leirsinn agus fhaireachdainn, agus a' leirsinn agus a' faireachduinn mar sin, an sealladh an fhaireachduinn aiseag chugainn-ne cho fìor-dhìleas 's a dh' fhaodas e am briathran beoil. (444)

Tha na Gàidheil nas beartaiche a thaobh ciùil agus na Goill a thaobh “brìgh bhàrdail” (446) sa bhàrdachd. Tha e den bheachd gum bu choir don bhàrd a bhith “a' streup ri deòin'a-chridh” a dh'ionnsaigh na Fìrinne bàrdail seo. 'S e a' bhuil aige nach robh na Gàidheil ri a linn fhèin air an togail is air am brosnachadh gus spèis a chur ann am Fìrinn sa bhàrdachd. Gus am bàrdachd a' leasachadh bu chòir do na Gàidheil a bhith air tòir na Fìrinne sa bhàrdachd agus a' cleachdadh an dualchas Cheilteach aca gus seo a dhèanamh. Sin agad an dleasdanas aca, “ad majorem Dei gloriam” (457).

'S e aiste iom-fhillte, tòinte, cheud-fàthach a tha seo. A bharrachd air beagan bheachdachadh ann an tràchdas Dhòmhnail Iain Mhic Leòid²⁷⁸ cha deach cus sùim a ghabhail innte. Chleachd an t-ùghdar rèim àrd airson an alt seo agus tha blas inntinneachail air. Tha e adhartach airson sgrìobhadh Ghàidhlig: tha e a' toirt dùbhlán gu leòr do sgrùdaidhean Romansach le argamaid agus le analais stèidhichte air ceud-fàthan tha an t-ùghdar a' cruthachadh argamaid feallsanachail air an t-slighe air adhart airson bàrdachd Ghàidhlig a tha gu ìre mhath gun samhail aig an àm. Ma nithear coimeas leis an alt beagan nas sine 'Bàrdachd an Latha 'n Diugh'²⁷⁹ aig Calum MacPhàrlain chìtear gu bheil an anailis bho cheud-fàthan aig Mac-na-Ceàrdaich a' toirt dhuinn sealladh eadar-dhealaichte, agus ùr, air saoghal bàrdachd na Gàidhlig. Tha aiste Mhic Phàrlain air an aon ràimh ge-tà a thaobh a bhith a' seachrain adhradh nan seann bhàrd airson a bhith a' moladh na bha ga dèanamh aig an àm agus beagan ro làimh.²⁸⁰

Gheibhear fios mu eòlas litreachail Mhic-na-Ceàrdaich agus e a' dearbhadh gu robh e a' beachdachadh air gu leòr bàird Shasannach. Tha eòlas aige air prìomh bhàird na Beurla leis gun do chleachd e às-earrannan bho Shakespeare agus Pope gus a argamaid a chinntinn. Tha e a' bruidhinn air Raibeart Bridges²⁸¹ cuideachd, a bha air a bhith na Àrd Bhàrd Bhreatainn aig toiseach an Fhicheadaimh linn. Sgrìobh MacDhiarmaid nach robh Mac-na-Ceàrdaich "a great reader of English literature, and must be regarded as a direct product of Gaelic study."²⁸² Ma dh'fhaoidte gu bheil argamaidean Mhic-na-Ceàrdaich san earrainn seo a' lagachadh beachd

²⁷⁸ MacLeod, 'Twentieth Century Gaelic Literature', 321-3.

²⁷⁹ CMP [Calum MacPhàrlain] 'Bàrdachd an Latha 'n Diugh', *Guth na Bliadhna*, 5-10, (1908-1910), 311-34

²⁸⁰ MacLeod, 'Twentieth Century Gaelic Literature', 321-2.

²⁸¹ Catherine Phillips, 'Bridges, Robert Seymour (1844–1930)', *Oxford Dictionary of National Biography*, Oxford University Press, 2004 [<http://www.oxforddnb.com/view/article/32066>, cleachdte 14mh an Lùnasdal 2011]

²⁸² MacDiarmid, 'Sinclair', 87.

MhicDhiarmaid ach feumaidh sinn a' cuimhneachadh cuideachd gu robh Mac Dhiarmaid a' leughadh an t-uabhas.²⁸³

Tha buaidh a chreideimh ri fhaicinn sna beachdan aige air a' bhàrdachd, agus e a' crìochnachadh aiste le abairt a bh' aig N. Ignatius Loyola, fear-stèidheachaidh nan Ìosach: “ad majorem Dei gloriam.”²⁸⁴ Tha MacDiarmaid ag aithris gu robh “spiritual certitude” agus “aesthetic integrity” aig a' bhàrd agus “Sinclair attained to one of those states which has a divine incomprehensibility behind its external simplicity.”²⁸⁵ Chìthear beagan den daingeantas inntinn sna beachdan aige air ealain agus a cheangal leis an fhìrinn.

'A' Ghàidhlig agus a Muinntir' - 1916

'S ann air cor na Gàidhlig a tha an t-alt seo.²⁸⁶ 'S e an taisbeanadh a b' fhollaisiche a tha againn air beachdan Mhic-na-Ceàrdaich air a' Ghàidhlig. Chaidh an cuspair sin a dheasbad ann an *Guth na Bliadhna* tric gu leòr ron an alt seo is mhìnich e carson a b' fhiach alt eile air a' chuspair. Tha e a' coimhead air duilgheadasan a' chànan agus gu dè a tha a' cur bacadh air a leasachadh, mar sin thèid cnapan-starra ainmeachadh agus thèid molaidhean a chur air adhart gus an cànan a dhèanamh nas seasmhaiche.

Coltach ri na h-altan eile aige air an t-saoghail mu chuairt air, tha e a' cleachdadh stoidhle ceud-fàthach agus domhainn. Mar sin gheibhear anailis air na trioblaidean cànan a tha gu math

²⁸³ Bold, 42-44.

²⁸⁴ John Hungerford Pollen, 'The Society of Jesus', *The Catholic Encyclopedia*, Vol. 14 (New York: Robert Appleton Company, 1912), Cleachdte 15mh An Lùnasdal 2011
<<http://www.newadvent.org/cathen/14081a.htm>>

²⁸⁵ MacDiarmid, 'Sinclair', 85.

²⁸⁶ D.M.N.C., 'A' Ghàidhlig agus a Muinntir', *Guth na Bliadhna*, 13 (1916), 20-41.

cruaidh air na Gàidheil (24-5), ach cuideachd a choimheadas air na duilgheadas a chinn o Achd an Fhoghlaim. Thèid an Comunn Gàidhealach a chronachadh (30) an cuide ris na h-Eaglaisean is na Bòrdan Sgoile (32-3). Tha e mar an ceudna a' sealltainn an sgaradh eadar cliù na Gàidhlig anns a' bhaile mhòir ach an dìmeas a th' oirre anns na sgìrean ionadail a ghlèidh i rè nan linntean (29).

Tha a stoidhle dùrachdach is i air a leasachadh le gnàthsan-chainnt. Tha faireachdainn an sgrìobhadair gu h-àiridh follaiseach le cuid den ìomhaigheachd aige agus na ceistean a tha e a' faighneachd dhan leughadair. Mar eisimpleir:

Seadh, abram, is *toigh* leat a' Ghàidhlig- a bheil agad air ach sin? 'S *toigh* leat, mar an ceudna, mac suarach a choin duibh, ged nach toir thu dha de lòn ach cnàimh lom, no de leapa ach cùl na h-òtraiche. (21)

Agus a-rithist is e a' cronachadh dearmad nan Gàidheal:

An uair nach do thog a muinntir riamh corrag a bhacadh cuilbheartan a h-eas-cairdean; seadh, an uair a chaidh a fàgail mar sheann each caol ann an suil-chruthaich aig eunlaith an adhair agus aig na coin. (27)

Chleachd e an seanfhacail “Cha cumar taigh le beul dùinte” is e air chur ann an suidheachadh a chànain gu “cha chumar sluaigh 'nam faireachadh le teangaidh bhailbh.” Gheibhear cuideachd abairt bho ‘Moladh an Ùghdair don seann chànain Ghàidhlig’ aig Mac Mhaighstir Alasdair, “Chan fheum i iasaid.” Tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh an earrainn ud is e ag ràdh gu bheil feum aig a' chànain a bhith air a leasachadh agus a mheudachadh gus a bhith a'

dèileagadh ri cuid de chuspairean a latha fhèin. Leis an ùidh a bh' aige ann a bhith a' glèidheadh seann abairtean air aon làimh agus an eòlas aige air teicneòlas ùr air an làimh eile tha e ciallach gum biodh beachdan aige air a leithid de cheist.

'An Sgoth Ghaidhealach' - 1917²⁸⁷

San aiste seo tha Mac-na-Ceàrdaich a' gabhail beachd air eachdraidh nan long Gàidhealach ach gu seachd àraidh air na sgothan dubha a bha coltach ris na birlinnean, ach nas bige. Bhiodh cuid de dh'uidheamachd co-ionnan eadar na bàtaichean ud is na sgothan aig Mac-na-Ceàrdaich agus bhiodh briathrachas iomchaidh aige airson cuspair mar seo a shoilleireachadh. Bha eòlas agus suim mhòr aige air bàrdachd mhara is tha e a' cleachdadh 'Birlinn Chlann Raoghuill' aig Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair airson às-earrainnean agus fianais. A bharrachd air sin, tha a chuspair a' toirt cothrom dha beagan den eòlais innleachdach aige a chur an gnìomh.

A bharrachd air adhbharan tlàchd phearsanta, tha aon earrainn ann a tha a' soilleireachadh carson a rinneadh an aiste seo agus carson a nochd e san iris:

Coma co dhiu, biodh sin mar a dh' fhaodas e, ach bhàtar a' dèanamh a' ghnòthuich leis, agus tuigidh sinn nach robh an Gàidheal cho "glas" no cho mì-dhòigheil an seòl agus an alt innleachdan 's is toigh le feadhainn an diugh (iad féin nach deanadh, ma dh' fhaoidte, spàin-lite) a chur as an leth (339)

Bha adhbhar cultarach agus poiliteagach aige a bhith a' cur comas nan seann Ghàidheal air chùisean teicnigeach air beulaibh an t-sluaigh a-rithist.

²⁸⁷ D.M.N.C., 'An Sgoth Ghaidhealach' *Guth na Bliadhna*, 14 (1917), 333-47.

A thaobh iomraidhean litreachail chìthear a eòlas farsaing air Mac Mhaighstir Alasdair. Chan e a-mhàin is gu bheil e a' dèanamh iomraidhean air 'Birlinn Chlann Raoghnaill' (342-5), aon de na dàin bu chliùitiche anns a' Ghàidhlig ach gu robh e a' toirt às-earrainn o 'An Àirc'²⁸⁸ (340) agus 'Òran nam Fineachan Gaidhealach'²⁸⁹ (347) nach eil cho ainmeal. Tha eòlas Mhic-na-Ceàrdaich air dualchas Bharraigh am follais cuideachd, leis gu bheil e eòlach air cuid de na seann sgeulachdan mara agus thèid iomradh a dhèanamh air dà dhiubh seo aig crìoch na h-aiste.

'S e 'An Sgoth Ghaidhealach' aon de na h-aistichean as taitniche aig Mac-na-Ceàrdaich a choileanas amasan nàiseantach *Guth na Bliadhna* gu h-iomlan. Tha eachdraidh agus fios teicneòlais air am measgachadh le bàrdachd agus seanchas bhon dualchas. Chleachd Mac-na-Ceàrdaich Gàidhlig shiùbhil ach toinnte, a tha a' riochdachadh a chomas leis an aon bhriathrachas mara a nochdas na obair chruthachail. A bharrachd air sin le a bhith a' taisbeanadh comasan inntinneachail nan Gàidheal tha Mac-na-Ceàrdaich a' feuchainn ri aire an t-sluaigh a thogail ri pàirt den cuid eachdraidh nach robh follaiseach dhaibh.

'Innis-na-Breige' - 1918²⁹⁰

Tha an aiste seo na shealladh chudromach eile air Mac-na-Ceàrdaich: gu robh e an aghaidh a' chogaidh, co-dhiù faisg air a chrìoch, agus gu robh e deònach an creideamh dòmhainn aige a riochdachadh is a chleachdadh san t-saoghal phoilitigeach. San aiste seo tha e a' cleachdadh sgrìobhadh làidir ceud-fàthach agus chìthear gum b'urrainn don bhàrd a bheachdan a' cur an cèill le smior ach le foghaintean reuson mar an ceudna. Tha e cudromach cuideachd nach eil e

²⁸⁸ *The Poems of Alexander MacDonald*, deas. A. & A. MacDonald (Inbhir Nis: Northern Counties, 1924), 244-68.

²⁸⁹ Thomson, deas., *Selected Poems*, 105-9.

²⁹⁰ D.M.N.C., 'Innis-na-Breige', *Guth na Bliadhna*, 15 (1918), 240-55.

a' sgrìobhadh an aghaidh a' chogaidh le beachd nàiseantach, ach gu bheil na prionnsapalan aige a' tighinn bhon chreideamh aige is mar a chaidh sin a thoirt dha mar dhìleab na òige.

Tha e a' gluasad bho bheachdachadh stòlda cheud-fathach, gu ceisteanan geura a leumas a dh'ionnsaigh an leughadair, is gu ruige ìomhaigheachd is sàmhlachas cumhachdach leithid:

Thig iad, Dia 'na thoiseach, cha'n ann le sgòd mu'n sùilean agus lann an aineolais 'nan làimh, ach le gnùis shoilleir rùisgte agus rosga léirsneach ; le Solus nam Flathas a' dearrsadh air an anamannan agus 'nan làimh ùngaidh a leigheas chréuchd–Leabhar geal na Fìrinne. Ri Càrn-nan-Corp dìridh iad agus o bhàrr-mullaich carraigh-cuimhne so ar n-aineolais agus na bréige, ditidh iad na h-impidhean air a bheil an carragh sin féin a toirt fianuis. Thar achadhnan buainte nam marbha agus chuantan is deirge lith iadhaidh fòs, 's e mo dhòchas, an guth-san ; an guth a chuala cheana iad-san a chaidh a null– iad-san a tha 'n diugh an Innis-na-Fìrinne. (254-5)

Ged a tha e a' cleachdadh prionnsapalan Chaitligeach mar bun-stèidh tha a cho-dhùnadh a' dol fiù 's nas fhaide na chreideòlas Chaitligeach a latha fhèin. Le sùil air Còir Chogaidh sa chreideòlas aig an àm,²⁹¹ chìthear gu bheil an argamaid aig Mac-na-Ceàrdaich a' dol cus nas fhaide na bha an Eaglais ag ràdh. Tha e follaiseach gu bheil an reusonachadh aige sìmplidh: gu bheil na nàiseanan Eòrpach air gabhail ri Lagh Dhè is mar sin gum bu chòir dhaibh a chumail; gu bheil an Lagh a tha sin a' cantail gum bu chòir dhuinn ar coimhearsnachd a ghaolachadh is gun a bhith murt agus gu bheil an Lagh sin a' maireadh gu sìorraidh (243-5). Tha seo a'

²⁹¹ Charles Macksey, 'War', *The Catholic Encyclopedia*. Vol. 15 (New York: Robert Appleton Company, 1912), 14mh An Lùnasdal 2011 <<http://www.newadvent.org/cathen/15546c.htm>>

beòthachadh briathran MhicDhiarmaid air Mac-na-Ceàrdaich mun “external simplicity” agus “spiritual certitude” aige.²⁹²

'S e puing eile a bhios cudromach a mheòrachadh air, beachdan pearsanta a' bhàird mu theicneòlas agus am marbhadh a bha a' dol am Flandrais. Bha e air a bhith ag obair rè a bheatha air diofar teicneòlasan a bhiodh a' cuideachadh mac-an-duine le obair is mar sin bhiodh teicneòlas na rud a chuideachadh mac-an-duine, chan e na dhòigh gus mac-an-duine a mharbhadh. Ged a bha e fhèin, cho fhad 's a tha fhios againn, ag obair air gnothaichean dhealanaich bhiodh e an sàs ann an iomairt a' chogaidh gu ìre air choireigin. Tha seo a' dèanamh na h-aiste nas pearsanta ach cuideachd nas onaraiche oir tha e ga chàineadh fhèin cuideachd, 's e a' cleachdadh a' chiad phearsa gu tric, iolra agus singilte: “Oir is co-dhùnadh do'n réusonachadh sin gu'n thruaill mi mo thuigse, mo réuson agus mo thàlant gu léir” (244).

Chaidh 71 Barraich am marbhadh sa Chiad Chogadh is bha gu leòr dhiubh seo nan seòladairean sa Chabhlachd Mharsanta agus sa Chabhlachd Rìoghail. Bhiodh cuid dhiubh seo co-aoiseach ris a' bhàrd air neo eòlach dha bho òige neo na turasan dhachaigh aige. Mar sin nuair a tha e a-mach air “achadhnas buainte nam marbha agus chuantan is deirge lith” aig crìoch na h-aiste chan e beachdachadh faoin a rinneadh le cuideigin nach robh co-cheangailte ris a' chogadh (255). Ach a dh'aineon na h-ìomhaigheachd cumhachdaich fuilich agus an fheirg a tha follaiseach tron aiste air fad 's e pìos-sgrìobhaidh dòchasach a th'ann. Mar sin tha earbsa aige fhathast gu bheil mac-an-duine comasach air sìth a dhèanamh is tha e an dùil gum bi seo a' tighinn.

²⁹² ‘Sinclair’, 87.

'Tiomnadh Bhruis air Neo-Eisimileachd na h-Albann' - 1921

'S e alt eachdraidheil a tha seo stèidhichte air Gairm Obar Bhrothaig is tha Mac-na-Ceàrdaich air earrann den teachdaireachd sin eadar-theangachadh.²⁹³ Tha e a' dèanamh seo ann an co-theacs far a bheil e a' caoidh aineolais a luchd-dùthcha fhèin mun cuid eachdraidh is mar sin tha e a' mìneachadh co-theacs eachdraidheil a' ghairm sin le cudrom air an t-suidheachadh phoilitigeach sa Ròimh agus na ceanglan eadar Rìgh Raibeart agus am Pàp.

Tha i a' dearbhadh ùidh Mhic-na-Ceàrdaich ann an eachdraidh agus gu seachd àraidh eachdraidh a rioghachd fhèin: "Oir gun eòlas air eachdraidh cha'n fhaod ar beachd no ar n-aighe a bhi ach ceàrr, cam agus crupte ann an saoghal beag dìombuain sùmhail" (20) Tha na h-amasan eachdraidheil seo, a bha ri fhaicinn san 'Sgoth Ghaidhealach' cuideachd a' dol le beachdan Arascain is Mhàirr a thaobh cultar agus ath-bheothachadh MhicDhiarmaid is e a' coimhead air ais air Alba ron Aonadh.

'Cogais Naiseanta' -1927

Tha an t-alt²⁹⁴ seo a' meòrachadh air stàid nan Gàidheal agus nan Albannach. A thaobh a' cho-theacs aig an àm bha Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba [National Party of Scotland] air ùr stèidheachadh, le cuid de eòlaichean Mhic-na-Ceàrdaich an sàs ann, leithid Mhic a' Ghrèidhir agus Arascain is Mhàirr.²⁹⁵ Mar an ceudna bha eilthireachd às dèidh a' chiad chogaidh na bhuaidh mhòr air sgìrean Gàidhealach. A bharrachd air seo bha Eireann a-nis na stàid shaor

²⁹³ D.M.N.C., 'Tiomnadh Bhruis air Neo-Eisimeileachd na h-Albann', *Guth na Bliadhna* (1921), 19-29.

²⁹⁴ D.M.N.C., *Cogais Naiseanta*, *Pictish Review*, 1 (1927), 78-91 agus 'Cogais Naiseanta', *An Ròsarnach*, 4 (1930) 1-13. Leis gu bheil an darra tùs nas fhasa fhaotainn thèid àireamh nan duilleagan a thogail bhuaithe.

²⁹⁵ John MacCormick, *The Flag in the Wind* (Dùn Èideann: Birlinn, 2008 [1955]), 22-5.

agus bha Sìochaint Versailles air còirichean a thoirt do gu leòr de dhuthaichean beaga na Roinn Eòrpa le Mac-na-Ceàrdaich a' dèanamh iomradh air na Teacha-Slòbhagaich (10).

San t-suidheachadh eadar-nàiseanta seo chìthear Mac-na-Ceàrdaich a' feuchainn ri dèiligeadh ris a' cheangal eadar nàiseantachd, ìmpireachd agus na Gàidheil. Gus seo a dhèanamh tha e a' cleachdadh an dànadas-labhairt a tha ri fhaicinn ann an 'Inbhe ar Bàrdachd,' is e ag ràdh "Chan eil e gu bonn féuma a bhi a' cur sioda air uachdar fraoich" (2). Gheibhear cuideachd an toiseach-tòiseachaidh feallsanachail a tha ri chluinntinn san aiste ud cuideachd:

Eiridh an cridhe gach neach smaointean a bhuineas d'a chor.
Eiridh mar an céudna an aigne pobuill ceistean a bhuineas do'n
crannachur mar shluagh, mar chinneach, no mar nàisinn ; agus
chan eil e ach dleasnach agus eadhan mar fhiachaibh is mar
éiginn oirne mar dhream cunabhalach ceann gu'm bitheamaid
ri far-sùla, ri eirmis, agus ri màirneulachadh dàn ar saoghal
féin. (1)

Tha Mac-na-Ceàrdaich fhèin mothachail an dà chuid air an t-suidheachadh eachdraidheil agus làthaireach nan Gàidheal. Mar sin tha iomraidhean air tachartasan leithid Chùl Lodair is na Fuadaichean ach cuideachd air cor nan saighdearan a thill bhon chogadh. Tha e a' togail na puingean seo gus meòrachadh air carson a chaidh na Gàidheil tron a' chruadal seo; air neo, is e a' teannadh nas fhaisge air a bhuil, cò as a leth, is cò an duthaich às leth an do shabaid ud?:

Is dòigh leinn a ràdh gu'n do sheas iad as leth *an dùthcha*, ach
gus am faigh sinn an dearbhadh gur *leò-san* an duthaich sin
chan fhaod sinn a bhi a' cleachdadh barra-chainnt de'n t-
seòrsa. (4)

Chìthear eòlas Mhic-na-Ceàrdaich air na rinn na Gàidheil às leth na h-Ìmpire is e a' coimhead orra mar shluagh gnìomhach chan ann dìreach mar shluagh fo dhrochd bhuaidh sluagh eile. Mar an ceudna ged nach eil a' bruidhinn air a' chron a rinn na Gàidheil air tùsanaich eile, tha e mothachail air an àite air leth a bh' aca am measg feachdan na h-Ìmpireachd. Tha na "raids" air a' Ghàidhealtachd fa-near dhan bhàrd mar an ceudna nuair a chanas e: "Tha dearbhaidhean soilleire againn gu bheil mòran sluaigh an geall air fearrann de nach fhaigh iad ploc gus am bris iad 'an lagh'" (7).

Ged nach ionann beachdan Mhic-na-Ceàrdaich agus an Gaelic Ideal aig MacDhiarmaid, a dh'iarradh a' Ghalldachd a Ghaidhealachadh,²⁹⁶ tha cuid de bheachdan air an roinn eatorra. Mar eisimpleir, an làn-chinnt nach ionann na h-Albannaich is na Sassanaich ann an aigne neo ann am beachdan: "a' faireachduinn agus ag aideachadh 'na chridhe féin nach buin sinn ann am fuil da chéile" (8). Tha Mac-na-Ceàrdaich làn-chinnteach ge-tà nach mair a' Ghàidhlig gun soirbheas nan nàiseantach:

As aonais fala cridhe nàiseantachd, no a dhearbh-leithid eile,
chan eil ann an cànan idir ach cuspair gun anam deth a bheil
àileadh aognaidh na h-uaigne. (9)

A thaobh a bhith an aghaidh ìmpireachd chìthear gu robh Mac-na-Ceàrdaich gu math geur sna puingeagan aige:

Ach mar a tha sinn cho fada fo chis agus fo chasan nam foireignichean ; cho fada an urrachd ri gean ar maighistirean, is ann a tha sinn air fàs gollach ; ion is a bhi coltach ri-san a chreid mu dheireadh na b' e e féin a bh' ann idir. (12)

²⁹⁶ Bold, 286-9.

Tha e a' crìochnachadh le: “Agus gun choguis nàiseanta Albannach, Ghàidhealach, Cheilteach, cha bhi sinn beò an riochd cinnich, agus chan eil anns gach buille a nì sinn ach fuaim fàs” (13). Chìthear ma-thà dragh neach-mion-chànain mu staid a' chultair aige agus e a' faicinn nàiseantachd mar dhòigh gus a' chànain agus an cultair sin a thogail agus a bhrosnachadh.

Lèirmheasan

Tha e feumail sùil a thoirt air lèirmheasan Mhic-na-Ceàrdaich, 's iad nan taisbeanadh air na bha a' còrdadh ris. Rinn e dòran lèirmheasan airson *Guth na Bliadhna*, a' coimhead air litreachas Gàidhlig agus Èireannach.

'Bàrdachd Leòdhais' - 1916

Chaidh *Bàrdachd Leòdhais*²⁹⁷ fhoillseachadh ann an 1916 leis an aon taigh-fhoillseachaidh a rinn *Guth na Bliadhna*.²⁹⁸ 'S e co-chruinneachadh a th' ann de dh'òrain a rinneadh sa cheud bhliadhna roimhe, agus an lèirmheas a' toirt sealladh dhuinn air dè na buaidhean litreachail a bha a' bualadh air Mac-na-Ceàrdaich; dè na beachdan a bh' aige air litreachas a latha fhèin agus dè bha e a' cleachdadh mar slat-tòmhais ann am bàrdachd.

Tha am bàrd dòchasach mu dheidhinn cor bàrdachd Ghàidhlig is e ag ràdh mu a dheidhinn, "gur ann a tha a fìor là-se, cha'n ann air a dhol seachad, ach air an rathad a' tighinn chugainn"(357). Tha e glè mheasail air Iain Mac a' Ghobhainn agus e a' cantainn, "Cha'n urrainn mi mo spéis do Mhac-a'-Ghobhainn a chur an céill mar bu mhath leam, ach mholainn do gach neach iad 'g a leughadh air an so féin" (358). Tha e follaiseach bhon teacsa gu bheil na beachdan aige air brìgh bhàrdail a chunnacas ann an 'Inbhe ar Bàrdachd' a' toirt bun-stèidh dhan mheasadh. Tha fhathast ùidh aige ann an ceòl ge-tà: "Ar leam gur e dà thrìan maise orain freagarrachd an fhuinn air a' chuspair" (364). Tha aon òran dualchasach air a mholadh gu fialaidh, 'Oran an Iasgair.' Leis a' chuspair mhara sin chan eil e na chùis iongnadh gu robh e a' còrdadh ris a' bhàrd.

²⁹⁷ Iain M MacLeòid, (deas.) *Bardachd Leòdhais* (Glaschu: Mac Labhrainn, 1916).

²⁹⁸ D.M.N.C., 'Bardachd Leòdhais', *Guth na Bliadhna*, 13 (1916), 357-68.

Tha Mac-na-Ceàrdaich faiceallach a bhith cothromach agus tha e a' togail nan laigsean a mhothaich e sa bhàrdachd ge-tà. Mar eisimpleir, tha e a' cur sìos air aon bàrd a chleachd an abairt, “'S fo chaoraich bhana bhoidheach” oir tha e den bheachd nach fhaicear bòidhche anns na caoraich a ghabh àite nan daoine ri linn nam Fuadaichean (362). Tha e a' cur crìoch air a' ghnothaich le moladh an fhir-dheasachaidh agus le dòchas gun lean sgìrean eile eisimpleir nan Leòdhasach le a bhith a' clò-bhualadh co-chruinneachaidhean aca fhèin.

'Danta Gradha' - 1917

Tha an lèirmheas²⁹⁹ seo nas giorra na am fear roimhe. Tha e ag eadar-theangachadh earrainn mòr den toiseach-tòiseachaidh aig an Ollamh Robin Flower gus mìneachadh dhan leughadair air suidheachadh nam bàrd clasaigeach agus buaidh na h-iomairt *amour courtois* orra (85-6).

A thaobh nan duan fhèin chìthear an dà chuid eud air an cuid sgil ach mì-thoil mu cho dubhairc is a bha brìgh nam briathran air uairean: “tha a chainnt so shuas sgilear agus an smaoin, no an seadh, fada thall” (90-1). Le sùil air ‘Inbhe ar Bhàrdachd,’ is beag an t-iongnadh nach robh an sgaradh eadar ceòlmhorachd agus ciall a' còrdadh ris. Chan eil seo ri ràdh nach bu toil leis an leabhar fhèin: tha e a' toirt às earrannan bho na dàin a bu mhotha leis. Tha aon dàn ann a tha “air leth tlachdmhor agus làn faireachdainn” is e “de'n aon susbaint ri bàrdachd-Ghaoil Uilleam Rois” (92). A bharrachd air seo tha am bàrd a' mothachadh dè cho feumail is a bhiodh na tùsan seo airson luchd-cànanachais gus an sgaradh eadar a' Ghàidhlig agus a' Ghaeilge a shoilleireachadh.

²⁹⁹ D.M.N.C., ‘Danta Gradha’, *Guth na Bliadhna*, 14 (1917), 84-93.

A thaobh buaidhean air a' bhàrd fhèin, tha e feumail dhuinn a bhith a' tuigsinn gu robh eòlas nas fharsaingeach aige air na bàird chlasaigeach. Chìthear cuideachd an ùidh aige ann an seadh agus brìgh an àite chleasan air a riochdachadh sa fhrionasachd mu dheidhinn cuid de na dàin nach robh cho ciallach, neo inntinneachail, sin.

'Leabhraichean Ura Bàrdachd' - 1919

Rinn Mac-na-Ceàrdaich lèirmheasan air dà leabhar Èireannach, *An Chaise Gharbh* le Peadar Ó h-Annrancháin agus *Maidean i 'm Bearra* le Osborn Bergin; *Bardachd Ghàidhlig* le W.J. Watson agus *Dàin is Dealbhan-Fhacail an Àm a' Chogaidh* le T. D. MacDhòmhnaill.³⁰⁰ Ged a tha e fialaidh le a mholadh tha e cuideachd a' togail laigsean san t-saothair.

Thèid *Bardachd Ghàidhlig* a mholadh gu dealasach ach tha Mac-na-Ceàrdaich a' togail air na notaichean agus mìneachaidhean anns a' Bheurla:

Nis, ma tha e comasach do léughadair an leabhair brìgh na Bàrdachd Ghàidhlig a thogail agus a thuigsinn, cha'n fhaod e bhith a dheoin an àidh nach téid aige air Cuspaireachd agus Mineachadh an leabhair so a thogail is a thuigsinn o'n chànain chéudna. Chan eil an gnothach coltach no toinisgeil. (156)

³⁰⁰ D.M.N.C., 'Leabhraichean Ura Bardachd', *Guth na Bliadhna*, 16 (1919), 149-58.

Tha e cuideachd den bheachd gum bu chòir do Watson dàn o Iain Mac a' Ghobhainn neo Dùghall Bochanain a chleachdadh, is e Mac-na-Ceàrdaich a' sealltainn ùidh ann an dàn spioradail. Ach taobh a-muigh nam puinngean sin ge-tà tha e gu math dealasach le a mholadh.

A thaobh bàrdachd MhicDhòmhnuille³⁰¹ tha Mac-na-Ceàrdaich air a dhòigh mar an ceudna. San eisimpleir chudromach de bheachdachadh aige air bàrd a latha fhèin chan eil e gun bheachdan geura, 's e a' cantail, mu eadar-theangachadh don Ghàidhlig, “Dh’fhaoidteadh facail mar a tha “muineal-toilichte” agus “am bideag bheag” a chur fo bhlas a b’ fheàrr” (158). Le às-earrannan tha e a’ riochdachadh nan rannan a bu mhotha leis, is e follaiseach gu robh cuid de na beachdan aca air a’ chogadh co-ionnan, “A’ stri air son ceann, 's gach aon anns a’ gheall | Gu bheil iadsan na’s ceart na’n taobh eile” (157).

A’ coimhead air na bàird Eireannach tha Mac-na-Ceàrdaich a’ moladh sgrùdadh litreachais na h-Èireann air trì adhbharan: cànan, gnè litreachais agus cùisean cinneachail. Chìthear a-rithist sgàthan air saothair a’ bhàird fhèin anns an lèirmheas aige. Tha e a’ moladh aon dàn “ion-spéiseil” aig Ó h-Annracháin³⁰² is e a’ cur blas Albannach air earrann dheth:

Cha’n airgiod is maith leam,
No móran maoine is earrais
No saoghal a staigh am baile grànna,
Ach àros geal cois mara (151)

Cluinnear an seo an aon bheachd a nochd ann am ‘Faioleag an Droch-Chladaich’ is gu leòr de bhàrdachd Mhic-na-Ceàrdaich a thaobh soirbheas saoghalta.

³⁰¹ T. D. MacDhomhnuille, *Dàin agus Dealbhan-Fhacail an Àm a’ Chogaidh* (Glaschu: Sinclair, 1919).

³⁰² Peadar Ó h-Annracháin, *An Chaise Gharbh* (Baile Ath-Chliath: Cló na gCoinneal, 1918)

A thaobh saothair Bergin³⁰³ tha e a' coimhead air dà às-earrainn mhòr is an uair sin a' coimhead air ceist a' chànain. Bha Bergin air dà rann a dhèanamh mu dheidhinn ath-nuadhachaidh litreachaidh a bha Mac-na-Ceàrdaich a moladh airson a “purp, géire agus àbhachdas, a thuilleadh air blas nach éirich ach le bàrd a tha ealanta, deas-bheartach, agus comasach 'na ealain”(154).

³⁰³ Osborn Bergin, *Maidean i mBearra agus danta eile* (Baile Ath-Chliath, Cló na gCoinneal, 1918)

Sgeulachdan is Rosg Duatharra

Sgrìobh Mac-na-Ceàrdaich sgeulachdan a bha stèidhichte air an dualchas an toiseach, an uair sin ghluais e gu mèdrachadh samhlauchail air eilthreachd, caochlaideachd agus an Fhìrinn. 'S e an sgeulachd chudromach aige 'Lughain Lìr' am pìos as fhaide, agus chìthear an sin dòigh sgrìobhaidh ùr a tha a' cleachdadh nan cleasan ìomhaigheachd agus stoidhle nas fhaisge air sgrìobhadh Eòrpach an ama. Tha buidheann sgeulachdan aige far a bheil e a' bruidhinn ri "a Ghaol." 'S ann sna sgrìobhaidhean seo a tha stoidhle Mhic-na-Ceàrdaich gu math samhlauchail agus eas-chruthach, an taca ri rosg a latha fhèin.

'Canach an t-Sleibhe' – 1915

Tha an sgeul seo³⁰⁴ a' buntainn don bheul-aithris agus sgeulachd Deirdire. B' ise an tè a bu bhoidhche ann an Èirinn a dh'adhbhraich cogadh nuair a dh'fhalbh i le Naoise a dh'Alba, an àite a bhith a' pòsadh Rìgh Conchobair an Èirinn. Chaidh an sgeul, mar a fhuair ann an Alba, fhoillseachadh ann an 1905 bho co-chruinneachadh Alasdair MacGilleMhìcheil is e air an sgeul fhaighinn bho Iain MacNèill à Buaile nam Bodach ann an 1867.³⁰⁵ Tha e coltach gum biodh eòlas aig Mac-na-Ceàrdaich air an sgeul bho òige le eòlas air dualchas nan Gàidheal. 'S ann do dh'òige Deirdire a bhuineas an sgeulachd agus i a' siubhal mointich gus èiteach a bhuain.

Leis cho fuilteach sa tha tachartasan an sgeulachd feumar cuimhneachadh air suidheachadh sgrìobhaidh a' bhàird ri linn a' Chiad Chogaidh. Tha am marbhadh gun fheum ann an sgeul Deirdire, chan fhaigh Conchobair pòsadh ri Deirdire co-dhiù, na shamhla cumhachdach airson cogadh iomlan, innleachdail. Mar an ceudna chaidh an cogadh a thòiseachadh air sgàth 's fhearg aon neach air sàillibh leòn pearsanta a rinneadh dha; tha co-samhail an seo le murt Franz

³⁰⁴ D.M.N.C., 'Canach an t-Sleibhe', *Guth na Bliadhna*, 12 (1915), 166-76.

³⁰⁵ Iain MacNèill, *Deirdire agus Laoidh Chlann Uisne*, deas. Alasdair MacGilleMhìcheil (Dun Eideann: MacLeoid, Lunainn: Knutt, 1905), 3.

Ferdinand agus miann-chogaidh anns a' Ghearmailt.³⁰⁶ Mar sin 's urrainn dhuinn beagan cuideam a chur air chudromachas an taghaidh a rinn Mac-na-Ceàrdaich airson chuspair a sgeul.

A' coimhead air sgeul Mhic-na-Ceàrdaich chìthear gu bheil an Dàn na chuspair chudromach. Tha Deirdire a' siubhal beinn agus thèid a bòidhche agus bòidhche nàdar a riochdachadh. Ach chìthear cuideachd cuid de ro-sheallaidhean air an strì ri teachd. Nuair a tha i a' coimhead ann an lochan chì i neach air choireigin air a cùlaibh:

Bha fhalt dubh, agus a bhian geal mar chobhar. Bha a ghruaidh de shnuadh laidhe-greine agus a shùil mar thobar ciuin fìor-uisge. Ach, co e, no co as, no gu dè mar a chunnaic i e, aon uair, aon sealladh, b'e sin ceistean a b' fheudar do Dheirdire fhàgail gun fhuasgladh. (174)

Tha a sùil a' tionndadh gu na neòil agus i a' faicinn, ar leatha, caisteal mòr meadhrach coltach ri fear ann an sgeulachdan a muime:

Bu tlachdmhor le sùil Dheirdire an dealbh so gun teagamh, ach uidh air n-uidh bha fiamh agus riochd na h-aitreabh a' caochladh. Chunnaic i an t-sràid gheal a' tionndadh a dreach gus a bhi dearg– dearg mar fhuil. Chunnaic i binneagan agus baidealan a' chaisteil a' leaghadh air falbh, gun fhios carson no c' àite. (175)

Tha i a' tilleadh bhon turas aice fo iomagain a dh'aioneon gach bòidhche a tha i a' faicinn mu chuairt oirre. Tha crìoch an sgeula a' sealltainn ùidh a' bhàird anns an Dàn agus foirfios aig an leughadair gu bheil tachartasan uamhasach gus bualadh air an nighean chòir is eireachdail seo:

³⁰⁶ Annika Mombauer, *The Origins of the First World War: Controversies and Consensus* (Harlow: Pearson Education, 2002), 12-6.

Dh' innis Deirdire d'a muime fàth a fadail agus aobhar a mìghean, ach ma chuir ise a meur fo a deud-fios cha do leig i dad oirre, agus dh' fhàg i a dalta fo ionachaibh a dàin fèin.

O, Dhàin nach ìnn's thu dhomh do sgèul,
A' bheil fo'n ghrèin, an robh, no, m bì ;
An iuchair dh' fhosgaileas do bheul,
No 'ghlasas dèur-dhorsan mo chinn? (176)

Tha e follaiseach gun deach blas nan seann sgeul a chleachdadh airson na sgeulachd. Mar sin thèid uaim a chleachdadh an cuide ri gnàthsan-cainnt. San fharsaingeachd ge-tà tha Mac-na-Ceàrdaich a' meòrachadh air bòidhche agus an Dàn, ach cuideachd a' cur seachad teachdaireachd sgileil air sgrios cogaidh ann an dòigh mheamnach mar aon.

'Uamh an Oir' - 1917

Tha Mac-na-Ceàrdaich ag ath-aithris seann sgeulachd dhualchasach mu dhèidhinn na h-Uaimh ùirsgeulach far an deach buidheann a chall.³⁰⁷ Tha e ga cheangal ri uamhan ann am Barraigh, tè san Earra-Dheas faisg air sgìre a' Bhàird agus tè san àird an Iar. San naidheachd seo ge-tà tha Mac-na-Ceàrdaich a' cur a bhlais fhèin air an sgeul agus mar sin tha an ùidh aige ann an creideamh agus nàdar air a riochdachadh. Chuir Mac-na-Ceàrdaich blas beul-aithris air an sgeulachd: tha an leughadair air ainmeachadh mar "a ghràidh" agus "eudail mo chridhe" is e coltach gu bheil neach-dàimh ag innse na sgeulachd gu balach òg (159). Mar an ceudna, tha Mac-na-Ceàrdaich a' taisbeanadh a eòlais air gnàth-fhacail (165) tron sgeulachd.

Tha e follaiseach gu math tràth gu bheil Tìr-nan-Òg cudromach san sgeulachd:

³⁰⁷ D.M.N.C., 'Uamh an Oir', *An Ròsarnach*, 1 (1917), 159-70.

Aig bonn Creag-Mìle-Brat, ann an cùl a' Ghearraidh-Ghabhail air an taobh an ear de Bhagh-a'-Chaisteil ann am Barraidh, tha fhastast ri a faicinn– agus bidh gu bràth– Uamh an Oir. [...] Ach c' àite a bheil an ceann eile,– an ceann ma dheireadh dhì? [...] bha e a' cheart cho fasa dhomh innseadh dhuit le cinnte far a bheil Innis na Firinne agus Tìr nan Og. (159)

Chìthear aig a' chrìoch gur e Tìr-nan-Òg fhèin a tha aig crìoch Uaimh an Òir, ach gur e flaitheas Chrìosdail a th' ann. Tha Mòrag, leannan a' Phìobaire a tha a' dol air chall san uaimh, na suidhe aig oir an Taibh is a' ceasnachadh an dàin a thug a leannan air falbh bhuaipe. An uair sin tha boireannach aig beul uaimh a tha a' nochdadh air faire, “Na h-asgail tha Leanabh aig am bheil ball òir 'na Laimh... Air a cùlaobh tha dorus mòrail deth 'm bheil gàthan grian-gheal agus tha a làmh dheas-se a' seoladh a' phìobaire ga ionnsuigh!” Chìthear gu bheil an ìomhaigheachd seo Crìostail is gu bheil Tìr-nan-Òg na nèamh Chaitligeach san sgeulachd.

A' coimhead air nàdar tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh creag agus beathaichean mar caractairean sa chiad phàirt den sgeulachd. Mar sin tha Creag-Mìle-Brat “na caithris a là agus a dh'oidhche an duil ris a' cheol a chluinntinn a' tilleadh- am fiughair ri Eolas an Dain!” (160). Tha sinn a' faicinn gu bheil “casan” aig a' chreig seo cuideachd far a bheil “blianag” a thèid a phearsnachadh mar an ceudna (161). Tha na h-eòin agus coineanach air am phearsnachadh mar an ceudna agus Mac-na-Ceàrdaich a' beothachadh na cruinne-cè a chruthaich e. Ged nach eil cus a' tachairt san sgeulachd, is dùil aig Mac-na-Ceàrdaich gu bheil an luchd-leughaidh eòlach air an ùirsgeul, tha e a' taisbeanadh a-rithist an co-chur de samhlaidheachd Tìr-nan-Òg agus an dualchas nas fharsainghe le beachdan creideimh Mhic-na-Ceàrdaich.

'Gaoil-Mhulad' - 1917

'S e seo a' chiad phìos rosg a tha sgrìobhte do a "Ghaol" agus tha a' meòrachadh gu samhlauchail air beatha mhic-an-duine.³⁰⁸ Tha e stèidhichte air gairm do a Ghaol agus am bàrd air a tòir, air dha a mhothachadh gun do chaill e i. Mar sin tha e a' siubhal is ga sireadh is a' faighneach air diofar creutairean mu a deidhinn. Mu dheireadh tha e ga lorg is an Cianalas fhèin a' nochdadh, ach an uair sin tha a ghaol a' tèicheadh. Mar sin 's urrainn dhuinn a bhith a' coimhead air, sa chiad dol a-mach, mar phìos sgrìobhaidh mun ionndrainn.

Tha an ionndrainn a' buaireadh a' bhàird is e a' cleachdadh cainnt shamlauchail is eas-chruthach gus seo a riochdachadh:

Ann an làithean mo shonais dhìochainich mi t' ainm an saibhreas do lathaireachd, ach a nis an uair a dh' fhosgail mi an Leabhar chì mi t' ainm air a sgrìobhadh ann muillein uair.
(194)

Tha an samhlaidheachd a' cumail a' dol agus am bàrd air sgrìob a dh'iarraidh a Ghaol. Tha an turas seo coltach ri turas Deirdire ann an 'Canach an t-Sleibhe' is am bàrd a' coinneachadh ri diofar lusan is beathaichean:

Dh'fhaighneachd mi do'n ròs an cois an t-sruthain luightich am fac' e do choltas ; ach thàinig rugha na bu truime 'na ghruaidh agus, a seachnadh mo sheallaidh, thuirte e gu fòil nach fhaca.
(195)

Mar a tha follaiseach shuas tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh uaim agus amus gu math tric san stoidhle sgrìobhaidh aige. Cuideachd tha duatharrachd agus beul-aithris mu chuid de lusan a

³⁰⁸ D.M.N.C., 'Gaoil-mhulad', *Guth na Bliadhna*, 14 (1917), 194-9.

nochdadh: tha an t-“Achlasan naomh” neo Achlasan Chaluim Chille a nochdadh a bharrachd air an ròs (196).

Aig crìoch an turais tha e a’ suidhe sìos is e sgìth, is tha rudeigin a’ tighinn ga ionnsaigh: “Shaoil mise gu’m b’e m’ Aingeal Coimheadaich a bh’ ann, a Ghaoil ; ach thuirt e rium gu’m b’e ’ainm Cianalas” (197). Tha an Cianalas a’ pògadh a dhà shùil is tha e a’ faicinn a Ghaoil is a’ gairm rithe. Chan eil e fhathast a’ dèanamh follaiseach gu dè dìreach a tha e air a bhith a’ sireadh, an e eilean àraich, a cheòlraidh, Fìrinn spioradail neo a leannan fhèin a tha ann? Chan eil e ga dhèanamh follaiseach, ach cluinnear gu bheil an taisbeanadh ga fhàgail:

Tha mo shùilean trom agus stacach. Is fhèudar dhomh an cadal fhàsgadh àsda, agus sealltuinn annta ’san lòn ud shìos feuch an do lean t’ iomhaigh ri chlach mo fhradhairc. (199)

Tha e a’ crìochnachadh le gairm coltach ris an fhear leis an do thòisich e:

“Trobbhad chugam, a Ghaoil! Trobbhad! Thig Dhachaidh le d’ cheòl!”

Tha e coltach ma-thà gu bheil Mac-na-Ceàrdaich deònach a bhith a’ cleachdadh samhlaidhean fosgailte air neo ioma-ciallach is a’ cur cheistean air an leughadair. Tha a’ chrìoch neo-chinnteach seo cuideachd ga dhèanamh nas coltaiche gu robh Mac-na-Ceàrdaich a’ coimhead air an sgeul mar a’ chiad fhear ann am buidheann an àite pìos obrach fa leth nuair a bha e ga sgrìobhadh.

'Gaoil-Aoibhneas' - 1917

Tha am pìos rosg goirid seo na thaisbeanadh air gàirdeachas spioradail a' bhàird air madainn ghrèineach.³⁰⁹ Tha a' ghrian na teachdaire mar sin air beatha shìorraidh is le sin tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh a mheasgachaidh de spioradalach Chaitligeach agus dualchas Ghàidhealach a tha a' nochdadh anns a' bhàrdachd aige. Tha ceistean na ceòlraidh agus ealain a' nochdadh cuideachd ge-tà, a bharrachd air ceistean spioradail.

Tha Mac-na-Ceàrdaich a' cur fàilte air a' ghrian mar "theachdaire-an-Aidh":

Eiream agus fàilticheam am fhianuis fear-turuis an aoibhneis,
agus cuiream ceud flath agus fàilte air tosgaire mo Ghaoil!
(438)

Leis gum biodh eaglaisean air an togail gus am biodh an sluagh a' coimhead dhan àird an Ear³¹⁰ tha cudromachas creidmheach san àird ud agus a' ghrian ag èirigh mar cuimhneachan air tilleadh Chrìosda. Thèid seadhan creideamh "a Ghaoil" a dhaingneachadh: "Tha mi a' faireachduinn mar dh'fhairicheas na tuinn bheaga sin a bha a' farchluais orm an raoir a' gabhail m' urnuigh gus an do rinn iad greim air t' ainm,' s na dh'fhàg iad an t-òb ud shios le moch-éirigh a' dol ad' choinneamh le fàilte..." (440). Le sin tha nàdar na *adventus*, is e uile a' cur fàilte air a' ghrian agus air na tha a' ghrian a' samhlachadh.

Ach coltach ri 'Gaoil-Mulad' tha ealain agus a' cheòlraidh cuideachd ri fhaicinn sa Ghaol. Tha Mac-na-Ceàrdaich a' dèanamh iomradh air ùirsgeulan na h-Eireann:

³⁰⁹ D.M.N.C., 'Gaoil-Aoibhneas', *Guth na Bliadhna*, 14 (1917), 438-42.

³¹⁰ Maurice Hassett, 'Orientation of Churches', *The Catholic Encyclopedia*, Vol. 11, (New York: Robert Appleton Company, 1911), cleachdte air 14mh An Lùnasdal 2011
<<http://www.newadvent.org/cathen/11305a.htm>>

Dochas agus Gaol ghabh seilbh air an cathraichean rioghail an ceol-thall mo chléibh agus tha sparran nan néamhan a' freagairt le fonn neo-chrìochnaich do an cruitean ciuil a' luaidh air buaidhean Aonghais so a tha fhathast Og. (439)

Tha ceòl agus òrain a' nochdadh gu tric san sgeul agus gabhaidh cuid de bheachdan a' bhàird mu ealain fhaicinn. Tha iomradh inntinneach air mòd ann:

Chunnaic mi sruthan a' fàgail a leapa 's a' mhonadh, 's e a' meurachd a shàr-chiuil mu'm bu léir dha na tuill 'na fheadan airgid, ach 'n uair a ruigeas e am mòd cha 'n e a cheol-san a bhuidhneas an duais. (440)

Chan eil am beachd aig Mac-na-Ceàrdaich air a' Mhòd air a ghlèidheadh, ged a bha e air An Comunn Gàidhealach a chàineadh anns an aiste 'A' Ghàidhlig agus a Muinntir.'³¹¹ 'S e smeòrach an ath ìomhaigh is i a' teagasg òran a b' àbhaist a bhith aig Mac-na-Ceàrdaich do a cloinne, le sin tha coltach gu bheil e a' dèanamh iomradh air choireigin air farpaisean a' Mhod.

Ann an earrainn inntinneach eile tha Mac-na-Ceàrdaich a' sealltainn fèin-eòlas air a' phearsonachadh a tha e a' cleachdadh:

Is eol dhomh a nis carson a tha gach blàth, gach luibh, gach aon bhileag feoir agus gach nì tha a' fàs a' togail an cinn agus an aodainn agus an sùilean an àird ris na flathas: tha an t-aoibhneas so a tha a' lionadh aibhis m' anma-sa a' cur Beatha agus aoradh nan gnùis... (441)

³¹¹ 'A' Ghàidhlig agus a Muinntir', 30.

Tha seo cudromach oir tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh pearsonachaidh gu math tric san sgrìobhadh aige agus tha e inntinneach gu bheil e a' coimhead air a' chleas chudromach seo san dòigh ud. A thaobh stoidhle mar a chunnacas shuas tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh an dà chuid seantansan fada a tha gu math tric ann am paragrafan leotha fhèin, agus gairmean is ceistean ghoirid chridheil. Tha a ghuth a' dol eadar sonas agus aighear dian gu fèin-mheòrachadh domhainn.

'Lughain Lir' - 1921

Chaidh an sgeulachd-ghoirid seo a roinneadh ann an ochd pàirtean.³¹² Tha e stèidhichte air turas mara "Na h-Òigh," bàta sgadain fo stiùir Dhòmhnall Mhic Eoin, neo "An t-Eun." Na chois tha cuspairean leithid creidimh, dualchas mara, dàimhean ann an teaghlach agus dàimh mhic-an-duine leis a' mhuir. Gheibhear iomraidhean air obair eile a rinn am bàrd, gu seachd àraidh 'Là nan Seachd Sìon' agus 'Long-nan-Òg.' Cuideachd tha buaidh sgrìobhadairean leithid Coinneach MacLeòid ri fhaicinn ann is Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh cuid de theamaichean bhon sgrìobhadh aigesan air a' mhuir.

Tha An t-Eun na sheann mharaiche creidmheach agus "b' ann leis-san gun teagamh a bha an ...t-eòlas agus tuigse air oidheam nan dùl agus air cridhe duathara na mara" (68). Tha e a' riochdachadh eòlas agus creideamh nan seann Ghàidheal an dà chuid a thaobh cùisean mara agus cùisean diadhachd. Tha an sgioba aige nas saoghalta, is mar sin chìthear teagamhan agus aineolas tron sùilean-sa. Tha Mac na Bantraiche, a chìthear aig fìor thoiseachd an sgeula, a' riochdachadh neochiontachd na h-òige is cuideachd Naoidhean na Nollaige ann an dòigh shamhlachail.

³¹² D.M.N.C., 'Lughain Lir', *An Ròsamach*, 3 (1921), 51-84.

A thaobh creidimh, coltach ri ‘Là nan Seachd Sion’ tha buaidh na h-Òighe Moire uamhasach cudromach dhan sgeulachd. Tha seo air a riochdachadh ann an dà chuid dòighean bho dhualchas nan Gàidheal agus bho chreideòlas Chaitligeach nas fharsainghe. Mar sin chìthear an toiseach gu bheil bàta a’ phrìomh caractair air ainmneachadh às dèidh Màthar Chrìosd. Tha bàta eile “Réul na Maidne” (33) stèidhichte air tiotal an Òigh Mhoire. Chìthear buaidh dualchas nan iasgairean Caitligeach mar an ceudna far a bheil am bàrd a’ cleachdadh an tiotal “Cuilidh Mhoire” airson a’ Chuain Siar: “O’n là sin féin b’ ann annamh a chuir na criostaidhean ceist air Cuilidh Mhoire mu aobhar am beo-shlainte” (51). Aig crìoch a’ chiad earrainn tha an sgrìobhadair a’ dèanamh follaiseach ceangailtean diadhaidh a’ bhàta leis gu bheil an t-Eun a’ comhairleachadh gille òg mu chumhachd a’ bhàta aige fhèin is e follaiseach gu bheil suidheachadh diadhachd an Òigh Mhoire air a shamhlachadh:

“An till i—?” ars’ esan, “an’ till an Oigh chugam i ma fàs i dorcha?” Chuir an sean-duine a làmh air ceann an leinibh agus dh’fhairich e a’ chrith a bha air a shiubhal a’ gabhail dìreach dhachaidh gu cochull a chridhe féin. “A dheoin Dia,” ’s e a fhreagair e, “tillidh, oir cha do dhiùlt Ise riamh iarrtas dian a’ chridhe naoidheanta.” (54).

Ma nithear coimeas leis an ùrnaigh Chaitligeach am *Memorare* chìthear gu bheil cumhachd na h-“Òigh” a’ dèanamh iomradh air an Òigh Chrìosdail is gur e seo na tha fa-near dhan bhodach:

Cuimhnich a Mhoire Oigh uile-chaomh, nach cualas riabh gu’n deach aon sam bith a ruith fo d’ dhìon, a ghrìos do chòmhnadh agus a dh’iarr d’eadarghuidhe, a thrèigsinn. [...] ³¹³

³¹³ ‘Memorare’ ann an *Iul a’ Chrìostaidh* (Abareadhain: A. King, 1885), 15-6, (15).

Air dhan ghille a' bhàta aige fhaighinn air ais gheibhear sùil air taobh eile cràbhadh na h-Òighe Mhoire. Tha e a' toirt cnò Mhoire³¹⁴ dhan Eun airson a' bhàta bhig fhaotainn. Rinn e gealladh gun toireadh e an cnò Mhoire dhan Eun nam faigheadh e an long aige air ais. Tha seo na ro-shealladh air bòid an iasgair fhèin a leanas. Nuair a tha am bàta an cunnart dol fodha is tha tonn a' taomadh orra, tha an t-Eun a' glacadh greim air aon den sgioba a tha an droch ghàbhaidh is na làimh eile tha an Cnò Mhoire fhèin a bhriseas na sgealpanan (78-9). Tha Mac-na-Ceàrdaich a' toirt mìneachadh air buaidh na h-Òigh Mhoire, nuair a tha Mac-na-Bantraich a' ceasnachadh a mhàthar:

“Agus bheir E [“Iosagan”] feairt air a mhàthair fhéin mar a bheir mise oirbh-se?” lean ceist an fhir bhig. “Bheiridh, a' ghràidhein mo chridhe, bheiridh.” (80)

Tha buaidh sgrìobhaidhean Choinnich MhicLeòid ri fhaicinn gu soilleir san sgeulachd seo mar an ceudna. San aiste chliùiteach aige ‘Duatharach na Mara’³¹⁵ tha MacLeòid a' meorachadh air buaidh na mara ann an cultar nan Gàidheal agus a' riochdachadh mar a tha suidheachadh cudromach aice ann am mac-meanma nan Gàidheal. Gheibhear deasbad air ìomhaigh na “Muiritheartaich” bèist uabhasach a chath na Fèinne agus a bha co-ionnan leis a' Chuan Siar ann am beachd MhicLeòid.³¹⁶ Tha Mac-na-Ceàrdaich a' leantail na h-argamaid aigesan agus a' cleachdadh an dearbh ìomhaigh ann an earrann II:

³¹⁴ Fr Allan MacDonald, ‘Cnò Mhoire’ *Gaelic Words and Expressions from South Uist and Eriskay* deas. John Lorne Campbell (Oxford: OUP, 1972), 75.

³¹⁵ Coinneach MacLeòid, ‘Duatharachd na Mara’ ann an *Sgrìobhaidhean Choinnich MhicLeòid* deas.

T.M Murchison (Dùn Èideann: Scottish Academic Press, 1998), 7-21.

³¹⁶ *ibid.*, 8.

“Sìod i [An Òigh] a-rithist le a h-aodach air a stupadh am bonn a’ chroinn is i ’ga sniomh féin am fiaclan na sean Mhuirheartaich a’ thighinn o’n Sgeir Mhóir ri là nan seachd sion.” (56)

Bho chlàraidhean Sgoil Eòlais na h-Alba tha e follaiseach gu robh fios aig na Barraich air ‘Duan nam Muilidheartaich’ is bhiodh cothrom ann gum biodh Mac-na-Ceàrdaich air a chluinntinn na òige.³¹⁷ Ach a thaobh an t-samhlachaidh ’s ann bho sgrìobhaidhean MhicLeòid a thèid ciall na h-ìomhaigh a mhìneachadh.

Tha an ionndrainn chuain gu math follaiseach san sgeulachd. Mar sin tha an t-Eun a’ riochdachadh nan seann dhòighean fo gheasaibh a’ chuain ann an dòigh nach ionnan ris na h-òigearan san sgioba aige. Nuair a nochdas e an toiseach tha sinn a’ cluinntinn gu robh “a chéum tulgach agus mall, ionnan is mar is suaicheanta do’n dream ud leis nach àill a bhi a’ call an saoghail air an tìr” (52). An teas-meadhan na h-iunnraise chìthear gu bheil measgachadh spioradail eadar Dòmhnall Mac Eoin agus a fhar-ainm– “Dhùisg spiorad an eoin mhara” (76) – is tha e follaiseach gu bheil tuigse nas doimhne aigesan na aig an sgioba. Mar a tha Watson air a ràdh tha pearsonachadh agus anthropomorphachd air an cleachdadh gu bitheanta leis an sgrìobhadair gus an Eoin a dhealbhadh.³¹⁸

Gu deimhinne, tha an turas mara na shamhla air creideamh agus fireannas an Eòin. Tha Eachainn Mhicheil, a chliamhainn, a’ cur nan lion nuair a tha an t-Eun na chadal ged a bha an t-Eun fo bhòid a bhith air ais am Bàgh-an-Eilean. Chìthear gu bheil Mac-na-Ceàrdaich a’ sealltainn lochd Eachann Mhicheil ann an seadh spioradail:

³¹⁷ Anna NicDhùghail, Bàgh a’ Chaisteil, ‘Duan na Muilidheartaich’, [http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/39180/1]. 6/09/2011.

³¹⁸ Moray Watson, *An Introduction to Gaelic Fiction* (Dùn Èideann: EUP, 2011), 29-30.

Thòisich Eachann Mhìcheil ri leisgeul a dheanamh air son an t-saoghaltais a thug orra géilleadh do'n bhuaireadh a thàinig orra agus ghabh e sàr-chothrom air gach facal a dh' fhaodadh e a chum an cionta a lughdachadh agus am buannachd aibhseachadh an sùilean 'athar-céile. Ach cha tuirt Dòmhnall Mac Eoin ach an dà fhacal– facail a chuir le iargail an seadh ainleatrom a pheacaidh an cruth is an ceill mhaoidhtich d' a chliamhuinn. (74-5)

A thaobh ealain tha an sgeulachd seo glè shoirbheachail mar a sgrìobh gu leòr beachdadairean cheana.³¹⁹ Tha caractair an Eòin air a chruthachadh gu grinn is e air uairean nas coltaiche ri eun-mara na ri seann iasgair. Chleachd Mac-na-Ceàrdaich cuid de na sgilean a tha ri fhaicinn sna dealbhan-cluich aige cuideachd a thaobh a bhith a' riochdachadh dàimh eadar caractaran agus a bhith ag atharrachadh an dàimh seo gu sgileil. Agus tha an t-eòlas mara agus an doimhneachd spioradail a tha ri fhaicinn cho bitheanta na shaothair air an taisbeanadh aon uair eile.

'Litir Dhachaidh' - 1924

Tha an litir seo cuideachd sgrìobhte ri gaol a bhàird is e a' meòrachadh air a latha fhèin.³²⁰ Tha e coltach gu bheil an Gaol seo stèidhichte an àiteigin air leth bho shaoghal a' bhàird, ann an t-seadh meataforaigeach ann an Eilean Bharraigh, air neo ann an t-seadh chreidmheach ann an Innis-na-Fìrinne neo nèamh Chrìosdail. Tha pailteas den phìos-sgrìobhaidh a' coimhead air trioblaidean an t-saoghail is mar a tha e air subhailcean creideimh is coimhearsnachd a thrèigeadh.

³¹⁹ MacLeod, '20th Century Gaelic Literature', 58.

³²⁰ D.M.N.C., 'Litir Dhachaidh', *Guth na Bliadhna*, 19 (1924), 35-7.

Tha an ionndrainn a' nochdadh an seo cuideachd, “gheibh thu ròs air trian de m' chor o'n uair sin a dh'fhàg mi àrainn ionmhuinn do ghràidh” (35). Chìthear a chuid dìmeas air an t-suidheachadh aige- an dà chuid sa bhaile mhòr smùideach agus san t-saoghal shaoghalta:

Cha'n eil, cha'n eil orm a nis ach ioghnadh, ged a bha uair a bha an duibhre a' cur sgàth agus mulaid gu leor orm. Ach o'n a dh' fhàs mo shùilean cleachte ris an Rà-Dhorcha, 's ann a ni mi nis mo rathad a cheart cho choimhdheas eadhon 's a ni iadsan a chaidh a bhreith is àrach 'san tìr so. (35)

Tha Mac-na-Ceàrdaich an uair sin a' gabhail beachd air paradocs a latha fhèin, mac-an-duine adhartach ann an seadh teicneòlais ach a cheart cho borb sa bha e riamh:

O chionn fhada, a reir eachdraidh an àite an uair a bha an saoghal, mar a their iad fhéin, borb, aineolach, ri togail eaglaisean agus ri aibhseachadh nan ealdhainean còire, is coltach gu'm biodh daoine a' cath a dhion an codach féin o'n nàmhaid, ach an diugh, seadh, an drast, 'sann a bhios na truaghain a' call am beatha a dhion agus a chur ri cuid aintighearnan àraide. (35)

Ann an earrainn thearc am measg an sgrìobhaidh aige gheibhear sgeul bho a bheatha phearsanta agus beagan riochdachadh air na beusan aige fhèin:

O chionn ghoirid chaidh mi a dh' éisdeachd ollaimh ealaine a' toirt seachad òraide air adhartas ealdhanta an la 'n diugh oir is mór m' ùidh féin sa' mheur so de'n eòlas dhaonnda agus is mòr mo spéis de adhartas fìor-eòlais, ach an àite duine a rinn fìor-eòlais iriosal agus fìor-ghlic 'sann a fhuair mi neach air a shéideadh suas le a leithid de phròis à eòlas féin is gu'n robh e, ar leis, air neo-'r-thaing a Chruthadair, 'na mhaighstir air dorus gach diomhaireachd. Dhà-san bha gach diomhaireachd

ealdhanta furusda gu leor a shoillearachadh, agus le mòran déidh air calculus agus foirmealan raga dhearbhadh e, thomhaiseadh e, agus bhristeadh e sìos gach cnap-starraidh, ach an uair a chuir mi 'na chead ìnnseadh dhomh ciod e gné-nàdur agus susbaint an ealaigtroin, no teas, no aon chumhachd eile nàduir bha an truaghan 'na thosd. Agus saoilam gu'm faic e fhathast nach eil làn-eòlas aige air aon dad idir; nach eil aige, fòs, ach eòlas an leinibh bhig. (36)

Mar a bhiodh dùil chithear gu robh ùidh aig Mac-na-Ceàrdaich ann an ceistean ealain a latha fhèin. Bhon sgeul chithear cuideachd gur e uair an ollaimh a tha a' cur dragh air Mac-na-Ceàrdaich is gu robh e deònach a eòlas fhèin a chleachdadh gus aineolas an ollaimh a shealltainn.

Aig crìoch an 'Litir Dhachaidh' tha Mac-na-Ceàrdaich a' coinneachadh ri seann bhodach is e a' giùlain solas os a chionn. Tha am bàrd na shuidhe is e fo iomagain mu dè an rathad a bu chòir dha a leantail: tha an seann duine a' sealltainn dha na "trì choinnlean a shoilleiricheas gach dorcha; Fìrinn, Aigne agus Aithne" (37). San fharsaingeachd ma-thà tha an litir mu dheidhinn trioblaidean an t-saoghail an dà chuid ann an tachartasan an t-saoghail mhòir agus ann an saoghal na h-ealain. Tha Mac-na-Ceàrdaich a' sìreadh stiùireadh is tha e ga lorg ann an diadhachd aig crìoch na litreach.

'Oidheam' - 1925

Tha am pìos-sgrìobhaidh seo cuideachd na phàirt den t-sreath de litrichean is gairmean do Ghaol a' Bhàird.³²¹ Chithear an sgaradh eadar eòlas duatharra agus eòlas nan leabhraichean. Mar an ceudna tha cuid den t-samhlachas a tha a' nochdadh ann an àiteigin eile na shaothair a'

³²¹ D.M.N.C., 'Oidheam', *Guth na Bliadhna*, 20 (1925), 38-9.

nochdadh an seo a-rithist leithid naoidhean is màthair, clann òga le luing beaga agus beathaichean air am pearsonachadh.

Tha Mac-na-Ceàrdaich a' seachrain an t-saoghail choitchinn o chionns is nach eil e a' leantail nam beachdan aige agus tha e a' riochdachadh beagan den bhriseadh-dùil aige a thaobh obair litreachais:

bidh an saoghal ag àicheadh mo bheachd air achd is gu'm bi mi air uairean ga fhàgail buileach am dhéidh agus ga sheachnadh, agus a' togail orm gu sliabh gu tràigh a léughadh mo leabhair–an aon leabhar, a Ghaoil, as an téid agam fhathast air facal a thoirt. (38)

San ath earrainn tha am bàrd a' dìreadh na beinne agus e a' coinneachadh ri diofar beathaichean agus sruthain, coltach ri 'Canach an t-Sleibhe' agus ri 'Gaol-Mhulad'. Tha e an uair sin a' dol sìos a dh'ionnsaigh na mara far a bheil iasgairean agus clann òga a' cluich. Ann am bothan an cois na mara tha e a' faicinn sealladh Nollaigeal de naoidhean agus a mhàthair, ìomhaigheachd samhlachdail a' nochd ann an 'Lughain Lir' mar an ceudna. Tha e a' dol a dh'ionnsaigh oide na sgoile, “ach fhuair mi esan glaiste 'na leabhar-lann fein is e ag eirbhir déirce air na mairbh a bheireadh e d'a dhaltachan air son am bìdh.” Aig crìoch a' choinneimh àraid seo “dh' fhàg mi a fhianuis fo ioghnadh a bu mhotha na gach ioghnadh eile” (39). Tha e a' crìochnachadh le ìomhaigh de phàiste a' deoghail mhìsleinean agus smuain dòchasach:

Chniadaich mi a cheann lurach ann am ghràdh 'san dol seachad, a Ghaoil, agus cha bhi mise gu bràth tuilleadh gun mhìsleinean cruinne daite agamh dhomh fein. (39)

Leis an t-sruth de dh'ìomhaigheachd chumhachdach tha Mac-na-Ceàrdaich ga fhàgail duilich dhan leughadair a leantail, ach tha e a' riochdachadh nan ùidhean bitheanta aige leis an t-samhlachadh. Mar an ceudna gheibhear sealladh eile air an dimeas aige air cuid de sgoilearachd, a nochd ann an 'Litir Dhachaigh.'

'Dealachadh nan Rathad' - 1927

Anns a' phìos rosg duatharra eile seo, sgrìobhte do Ghaol a' bhàird, tha an t-aithrisear a' coinneachadh ri seann aos-dàna,³²² bodach a tha na shamhla air an t-saoghal Ghàidhlig a tha air caochladh is a tha na choltas coltach ri dealbh romansach de dh'Oisein- bodach àrsaidh le clàrsach. Tha Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh an dàin aige 'Slighe nan Seann Seun' san sgeul ged nach do nochd an dàn fhèin ann an clò gu 1930. 'S e sin an t-òran a tha an t-aos-dana a ghabhail is tha cuspairean an dàin a' nochdadh san sgeul mar an ceudna.

Tha an t-aithrisear a' cluinntinn an òrain ud is Mac-Talla ga fhreagairt mus coinnich e ris an t-seann duine a ghabh an t-òran. Tha iad a' falbh an cuideachd a chèile is a' bruidhinn air cor nan Gàidheal is na Gàidhlig. Mus dealaich iad tha an seann bhàrd a' toirt na clàrsaich agus làmh-sgrìobhainn àrsaidh dhan aithrisear. Tha coltas an seann duine cudromach:

'Na ghnùis dh'aithnich mi, a Ghaoil, oighreachd òirdhearc mo chinnich; flathalachd, fiù agus feardhachd nam fear firinneach, agus 'na cheann an dà shùil a bu shoilleire ach eadhon fòs a bu duatharraiche a chunnacas riamh an cruthachd bàird. (2)

³²² Domhnall Mac-na-Ceardach, 'Dealachadh nan Rathad' ann an *Voices from the Hills*, deas. John MacDonald (Glasgow: An Comunn Gaidhealach, 1927), 19-23.

Tha e a' fàs follaiseach gu bheil fios dìomhaireachd aig an Aos-Dàna. A thaobh a' chànain ge-tà tha e air a sgreabhachadh le dol sìos cànain nan Gàidheal. Tha e ag aithris air sanas Beurla mar “ana-cainnt na coigrìdh,” (20) agus thèid e air a' chuthach nuair a chluinneas e dithis òganaich a' cleachdadh abairt a chaidh a dh'iasaid: “a' gabhail àite” (20). Tha seo na riochdachadh air beachdan Mhic-na-Ceàrdaich air neartachadh agus ath-leasachadh na Gàidhlig, a bha na bheachd-sa air a lomadh mar a dh'aithris MhicDhiarmaid san alt aige.³²³

Leis gu bheil Mac-na-Ceàrdaich a' cleachdadh dreachd tràth de 'Slighe nan Seann Seun' mar òran a' bhàird tha sinn a' faicinn na h-aon cuspairean a' nochdadh san sgeul 's a gheibhear san dàn siud. Tha an t-Aos-Dàna a-mach air na Gàidheil ri teachd mar “diolacha-déirce le cridheachan acrach agus crògan sanntach a dhùsgadh m' uaghach-sa, a dh'iarraidh nan ulaidhean a thug mi leam 'nam bhroilleach” (22), ìomhaigheachd chruaidh a nochd ann an 'Gairm Dusgaidh'.³²⁴ Tha seo a' riochdachadh fearg is searbhachd an ùghdair, leis gu robh e fhèin mothachail air dol sìos a' chànain is dìth chùrain nan Gàidheal.

Tha Mac-na-Ceàrdaich a' cur crìoch air an sgeul le earrann a tha a' riochdachadh a bheachd air fhèin mar bhàrd. Tha e a' dèanamh iomradh air teud a bhris ann an clàrsach an Aois-Dana:

Tuig a' Ghaoil, seach gun teid teud eile 'sa chruit, gun gabh mi dhuit dheth na 's aithne dhomh, oir is iomadh oidhche o'n uair ud a lion ceòl an dàn so mo chridhe, agus a chuir cuspair an dàn cheudna lì is loinn gu là air m' aisling. (23)

³²³ MacDiarmid, 'English Ascendancy', 25.

³²⁴ 'Gairm Dusgaidh', 384.

Coltach ri MacGill-eain ma-thà bha Mac-na-Ceàrdaich eòlach air na ceistean a chuireadh air cuideigin a bha a' strì ann an cànan a bha a' crìonadh: ach cuideachd coltach ris a' bhàrd ud, tha e a' tabhann adhbhar ealanta airson a shaothair am broinn an obrach aige.³²⁵

³²⁵ Somhairle MacGill-eain, 'LV' ann an *Eimhir* (Steòrnabhagh: Acair, 1999 [1943]), 100.

Co-Dhùnaidhean

Thathar air fhaicinn airson a' chiad uair gu dè dìreach cho pailt agus farsaing 's a bha obair fhoillsichte Dhòmhnuaill Mhic-na-Ceàrdaich. 'S e sàr-sgrìobhadair a bh'ann is e a' cruthachadh saothair litreachail de gach seòrsa. Cha robh sgrìobhadair Gàidhlig san fhicheadaimh linn a bha cho èasgaidh a bhith a' dol eadar diofar gnè litreachais agus diofar stoidhlichean sgrìobhaidh, ach Iain C. Mac a' Ghobhainn a-mhàin. Tha a chudromachas mar bhàrd Crìosdaidh, is gu sònraichte bàrd Caitligeach, cuideachd gu math follaiseach: còmhla ri Maighstear Ailein tha dà bhàrd cliùiteach ann aig toiseach an fhicheadaimh linn a bha a' riochdachadh beachdan chreideimh earrainn chudromach den Ghàidhealtachd.

A thaobh buaidh nan sgrìobhaidhean aige, fiù 's goirid às dèidh a bhàis bha e follaiseach do Shomhairle Mac-Gilleain nach robh obair air an cliù agus an aire fhaighinn a bha i àiridh air.³²⁶ Mar an ceudna tha geàrr-chunntas Dhòmhnuaill Iain MhicLeòid air a shaothair ga mholadh sa bhitheantas: "It is his feeling for words and the vital flashes of his imagination that distinguish Sinclair from the other Gaelic poets of his time."³²⁷ Ach tha grunnan adhbharan ann airson aineolas nan Gàidheal mu a obair. Mar bhàrd a bha a' sgrìobhadh ann an dòigh chruthachail ùir, fo bhuidh cultaran Eòrpach leithid dàin Spàinntis Campoamor, a bharrachd air litreachas na Beurla, bha Mac-na-Ceàrdaich, is tha e fhathast, doirbh a leantail a thaobh briathrachais agus beachdan-smaoin. Tha cuideachd deagh chothrom ann gum biodh cuid de leughadairean, is sgoilearan, a' dol an aghaidh nam beachdan chreidmheach agus feallsanachail aige. Leis gu bheil An Òigh Mhoire a' faighinn an urrad de dh'urram ann an gu leòr den t-saothair aige, ma dh'fhaoidte gum fàgadh seo an obair aige doirbh a ghabhail ris airson cuid de Ghàidheil. Nas fhaide air adhart san 20mh linn bhiodh na ceangalan aige le sgrìobhadairean na Camhanaich,

³²⁶ 'Realism', 47.

³²⁷ '20th Century Gaelic Literature' 328.

leithid Coinneach MacLeòid agus buaidh nan sgrìobhadairean sin air, a' dèanamh cuid de a shaothair gu math neo-fhasanta am measg nan sgrìobhadairean òga. Mar eisimpleir, bhiodh samhlaidhean Tìr-nan-Òg a tha a' nochdadh gu tric cuideachd gu math connspaideach am measg nan sgrìobhadairean.

Ach air an làimh eile dh'fhàg Mac-na-Ceàrdaich na beachdan aige fhèin a thaobh dè an dòigh a b' fhèarr gus bàrdachd Ghàidhlig a leasachadh tron fhicheadamh linn. Thuirt MacLeòid gu bheil “conscious experiment”³²⁸ ann am bàrdachd Ghàidhlig san fhicheadaimh linn a' tòiseachadh le Mac-na-Ceàrdaich fhèin. Nuair a tha sinn a' coimhead air an aiste ‘Inbhe ar Bardachd’ agus cuid den t-saothair fhoillsichte aige chìthear gu robh e a' dèanamh bàrdachd Ghàidhlig a bha airson an àm ri teachd. Cha robh gach iarrtas aige san alt ud air a choileanadh ach bhiodh e comhartail leis a' ghluasad air falbh bho mheataireachdan agus comhardadh cho fad's a bha cridhe feallsanachail neo “Firinn” an dàin a' faighinn prìomhachais.

A' coimhead air cuspairean a nochd gu tric san sgrìobhadh aige bhiodh eòlas na b' fhearr air a' cheangal eadar a obair agus sgrìobhaidhean duatharrach agus Caitligeach a' toirt dhuinn sealladh nas fhearr air ciamar a bha na Gàidheil seo a' dèanamh cochuir de shaoghail spioradail a bha Caitligeach agus Gàidhealach. Bha samhlaidhean dualchasach air an cleachdadh gu math tric anns na h-òrain aige far am b'urrainn do dh'ìomhaigheachd Chrìosdail a bhith air an cleachdadh. Bhiodh sgrùdadh nas doimhne a' sealltainn cuid de dhiofaran eadar an dà shiostam ìomhaigheachd seo agus ùghdarras gach fear an coimeas ris an fhear eile. Bhiodh sgrùdadh mar an ceudna air ceangalan le sgrìobhadairean Chreidmheach eile a' soilleireachadh cuid de bhlas-sgrìobhaidh a' bhàird. Mar an ceudna airson sgrìobhadair a tha gu tùr Caitligeach na

³²⁸ *ibid*, 497.

fheallsanachd sa bhitheantas chìthear beagan de bhuaidh Nietzsche agus de bhuaidh nam Modarnaich- roinn eile de shaoghail Mhic-na-Ceàrdaich a bhiodh gu math inntinneach a shoilleireachadh.

B' urrainnear sgrùdadh nas mionaidiche a dhèanamh air Nàdar mar an ceudna. Bha Mac-na-Ceàrdaich eòlach air dualchas nam bàrd leithid a' Chlarsair Dhall agus Donnchadh Ban Mac an t-Saoir agus tha an obair aige a' cleachdadh cuid de na cleasan acasan. Le 'Là nan Seachd Sion' mar an ceudna tha dàn aige a thogas air bun-stèidh Mhic Mhaighstir Alasdair, ach cuideachd air na dàn mara eile aig Iain Lom agus Rob Donn. Ceangailte ri seo tha ùidh a' bhàird san eunlaith, a nochd sna h-òrain agus sna dealbhan-chluiche. Chunnacas ann an 'Lughain Lir' gu robh Mac-na-Ceàrdaich deònach a bhith a' cleachdadh na beathaichean mar shamhla air dhaoine ann an dòigh iom-fhillte ach Gàidhealach cuideachd. Ar leam gu bheil an ùidh aige ann am beathaichean ceangailte nas dlùithe ri beul-aithris na ri dualchas nam prìomh bhàrd ach bhiodh e feumail suidheachadh nan eun na shaothair a sgrùdadh, eadar na h-òrain, na dealbhan-chluiche agus 'Lughain Lir'. Tha an dìmhòladh aige air Mac an t-Saoir,³²⁹ ann an 'Inbhe ar Bàrdachd,' a thaobh bàrdachd nàdar na thoiseach-tòiseachaidh inntinneach airson a bhith a' tomhas beachdan Mhic-na-Ceàrdaich air nàdar is bhiodh coimeas le beachdan nas anmoiche MhicGill-eain cudromach a thaobh seo.

Chunnacas gu robh Mac-na-Ceàrdaich a' dèanamh an uabhais de dh'obair litreachais. Bhiodh co-chruinneachadh agus sgrùdadh air obair neo-fhoillsichte, gu h-àraidh na h-òrain tràth aige a' toirt dhuinn bun-stèidh nas seasmaiche airson measaidh air a shaothair san fharsaingeachd. Chìthear ann an gach gnè- dràma, bàrdachd is rosg- toiseach-tòiseachaidh sàbhailte agus an

³²⁹ 'Inbhe', 447-8.

uair sin obraichean a tha a' taisbeanadh adhartais agus ùrachadh. Mar sin bha an dà òran tràth aige air cuspairean a bha bitheanta gu leòr sa choimhearsnachd, mus do chleachd e a chuid bheachdan feallsanachail agus sgilean samhachail. Tha an dearbh pàtran ri fhaicinn leis an dà chluich-àbhachd tràth aige, is e an uair sin deònach cuspairean nas truime a laimhseachadh. A-rithist anns na sgeulachdan goirid aige tha 'Uamh an Oir' agus 'Canach an t-Sleibhe' a' togail air sgeulachadan bhon dualchas, mus do dh'feuch e air rudan nas adhartaiche.

A' coimhead air a shaothair san fharsaingeachd rinn e 27 dàin a chaidh fhoillseachadh air an d' fhuair mi lorg, le deich eadar-theangachaidhean aige mar an ceudna. Rinn e sia dealbhan-cluiche, aon a bha air a mholadh mar am fear bu chudromaiche na latha fhèin. Rinn e sreath de rosg a bha gun samhail aig an àm sa Ghàidhlig agus sgeulachd ghoirid a choisinn chliù dha ann an eachdraidh litreachais a' chànain. Agus a bharrachd air seo bha na sgrìobhaidhean aige air poiliteags agus tachartasan a latha fhèin air an sgrìobhadh ann an dòigh a riochdaich eanchainn domhainn is a thaisbean na comasan aige. Is truagh mar sin, ged is faoin a bhith ga ràdh, gun do dh'eug e aig aois cho òg. Ach dh'fhàg e don Ghàidhlig dìleab a bha a cheart cho airidh air meòrachadh agus sgrùdadh ris na bàird roimhe neo às a dèidh, sgrìobhadh làidir le creideamh domhainn anns an fhìrinn, ann an ceartas agus ann am bòidhche.

Clàr-Leughaidh

Prìomh Theacsaichean

Mac-na-Ceàrdaich, Dòmhnall [D.M.N.C] ‘Bardachd Leodhais’, *Guth na Bliadhna* (1916), 357-68

- ‘Beannachadh Moire’, *Guth na Bliadhna*, 17 (1920), 224-6
- ‘A’ Bheannachd Bharrach’, *Guth na Bliadhna*, 19 (1924), 77-78
- ‘Bilean’, *Guth na Bliadhna*, 19 (1924), 38
- ‘Cainnt Mo Mhathar’, *Guth na Bliadhna*, 11 (1914), 265-7
- ‘Canach an t-Sleibhe’, *Guth na Bliadhna*, 12 (1915), 166-76
- ‘Cogais Naiseanta’, *Pictish Review*, 1 (1927), 78-91
- ‘Cogais Naiseanta’, *An Ròsarnach*, 4 (1930), 1-13
- ‘Comunn nam Bard Albannach’, *Guth na Bliadhna*, 14 (1917), 218-25
- ‘Crois-Tara!’, *Guth na Bliadhna*, 11 (1914), 311-53
- *Crois-Tara!* (Glaschu: Alasdair MacLabhrainn, ?)
- ‘Crois-Tara (The Fiery Cross)’ ann an *Voices from the Hills* (Glaschu: An Comunn Gaidhealach, 1927), 218-24
- ‘Danta Gradha’, *Guth na Bliadhna*, 14 (1917), 84-93
- [Domhnall Mac-na-Ceardach] ‘Dealachadh nan Rathad’ ann an *Voices from the Hills*, (Glasgow: An Comunn Gaidhealach, 1927), 19-23
- ‘Dòmhnall Nan Trioblaid,’ *Guth na Bliadhna*, 9 (1912), 151-95
- *Domhnall nan Trioblaid* (Glaschu: Alasdair Mac Labhrainn, 1936)
- deas., ‘Duan an Domhnaich’, *An Ròsarnach*, 4 (1932), 64-8
- ‘An Duradan Duslaich’ *Guth na Bliadhna*, 14 (1917), 302-4
- ‘Fàilte air a’ Chuan’, *Guth na Bliadhna*, 15 (1918), 44-45
- ‘Faoileag an Droch-Chladaich’, *Guth na Bliadhna*, x (1913), 489-90
- ‘Faoileag Tir-an-Aidh’ *An Rosarnach*, 2 (1918), 66-7
- ‘Fearann a Shinnsear’, *Guth na Bliadhna*, 10 (1913), 301-40
- *Fearann a Shinnsear* (Glaschu: MacLabhrainn, [?])
- ‘Fribidean’, *Guth na Bliadhna*, 15 (1918), 342-4
- ead-theang., ‘Gach Ni agus Neòni’, *Guth na Bliadhna*, 15 (1918), 148
- ‘Gairm Dusgaidh’, *Guth na Bliadhna*, 14 (1917), 383-6
- ‘Gaol-mhulad’, *Guth na Bliadhna*, 14 (1917), 194-9
- ‘Gaol-Aoibhneas’, *Guth na Bliadhna*, 14 (1917), 438-42
- ‘A’ Ghàidhlig agus a Muinntir’, *Guth na Bliadhna*, 13 (1916), 20-41
- ‘Inbhe ar Bardachd,’ *Guth na Bliadhna*, 13 (1916), 441-457
- ‘Innis Deoin-A’Chridhe’, *An Rosarnach*, 1 (1917), 14-5
- ‘Innis-na-Breige’, *Guth na Bliadhna*, 15 (1918), 240-55
- ‘Innse-Gall’, *Guth na Bliadhna*, 11, (1914), 376-8
- ‘Innse Ra-Soluis’, *Guth na Bliadhna*, 19 (1923), 2
- ‘Na h-Innse Sona’ *Guth na Bliadhna*, 17 (1920), 127-9
- ‘An Ionndrainn’, *The Celtic Review*, 10 (1916), 333-5.

- ‘La nan Seachd Sion’, *Guth na Bliadhna*, 12-3, (1915-16), 310(1915)-189(1916)
- ‘Leabhraichean Ura Bardachd’, *Guth na Bliadhna*, 16 (1919), 149-58
- ‘Litir Dhachaidh’, *Guth na Bliadhna*, 19 (1924), 35-7
- ‘Loch na h-Ob’, *Guth na Bliadhna*, 12 (1915), 195-6
- ‘Long nan Daoine’, *Guth na Bliadhna*, 19 (1924), 64-5
- ‘Lughain Lir’, *An Ròsarnach*, 3 (1921), 51-84
- ‘Luinneag an Iasgair’, *Gairm*, 7 (1954), 22-3
- ‘A’ Mhòr-Roinn agus am Fearann’, *Guth na Bliadhna*, 11 (1914), 421-37
- ‘Oidheam’, *Guth na Bliadhna*, 20 (1925), 38-9
- ‘Oran an t-Samhraidh’, *Guth na Bliadhna*, 17 (1920), 9-11
- ‘Oran nam Fasan’, *Gairm*, 7 (1954), 23-24
- ‘The Powers of the Sea’, ead.-theang. le Ruaraidh Arascainn is Mhàirr, *Pictish Review*, 1 (1927), 10-60
- ‘Ros Aluinn’, *An Ròsarnach*, 1 (1917), 192-3.
- ‘Ros Aluinn’ ann an *Voices from the Hills* (Glaschu: An Comunn Gaidhealach, 1927), 228-9
- ‘Ruairachan’ *Guth na Bliadhna*, 20 (1924), 17-27
- ‘Seudan Peairseach’, *Guth na Bliadhna*, 13, (1916), 336-7
- ‘An t-Siorruig’, *Guth na Bliadhna*, 16 (1919), 338-9
- ‘An Sgoth Ghaidhealach’ *Guth na Bliadhna*, 14 (1917), 333-47
- ‘Slighe nan Seann Seun’, *An Ròsarnach*, 4 (1930), 29-30
- ‘The Ship of Youth’, ead.-theang. le Ruaraidh Arascainn is Mhàirr, *The Pictish Review*, deas. Hugh MacDiarmid (1927), 8
- ‘Suiridhe Raoghail Mhaoil’, *Guth na Bliadhna*, 9 (1912), 436-62
- ‘Taladh’, *Guth na Bliadhna*, uimhir 67 (1921), 37-8
- ‘Tir mo Dhuthchais’, *Guth na Bliadhna*, 19, (1924), 93-4
- ‘Tiomnadh Bhruis air Neo-Eisimeileachd na h-Albann’, *Guth na Bliadhna* (1921), 19-29
- ‘Uamh an Oir’, *An Ròsarnach*, 1 (1917), 159-70

Mac-na-Ceardadh, Dòmhnall, *Long nan Òg*, (Dùneideann: Comunn Litreachais na h-Alba, 1927)

Tùsan Eile

Bergin, Osborn, *Maidean i mBearra agus danta eile* (Baile Ath-Chliath, Cló na gCoinneal, 1918)

Black, Ronald, 'Thunder, Renaissance and Flowers: Gaelic Poetry in the Twentieth Century' ann an *The History of Scottish Literature: Volume 4 Twentieth Century* deas. Cairns Craig, (Obar Dheadhainn: Aberdeen University Press, 1987), 195-215

Bold, Alan, *MacDiarmid: Christopher Murray Grieve- A Critical Biography* (London :Paladin, 1990)

Byrne, Michel, 'Chan e chleachd bhith an cabhsair chlach': Am Bàrd Gàidhlig 's am Baile Mòr bhon 17mh Linn chun an 20mh ann an *Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal* (Glaschu: Roinn na Ceiltis, 1997) 55-88.

- “Cò leis a' mhuir?” Deòrsa Caimbeul Hay, Coinneachd MacLeòid agus an Ciaradh Gàidhealach', *Aiste*, 1 (2007), 38-75.

Buchanan, Donald, *Reflections of the Isle of Barra* (Lunainn: Catholic Book Club, 1943)

Buxton, Ben, *The Vatersay Raiders* (Dun Èideann: Birlinn, 2008)

Calum and Annie Johnston: Songs Stories and Piping from Barra (Greentrax: Cockenzie, [?])

Caimbeul S.I., Gilleasbuig, 'Mòd na Sàcramaide', *Guth na Bliadhna* (1908), 297-302

Caimbeul Iain L. & F. Collinson, deas. *Seann-Òrain Innse-Gall*, 1-3 (Atha-nan-damh: Clò-Phreas Chlaredon, 1969-1981)

Campbell, John Francis, *Popular Tales of the West Highlands* (Dun Eidinn: Birlinn, 1994 [1860-1])

Campbell, John Lorne, 'Anna and Calum Johnston', *Tocher*, 13 (1978)

- deas., *The Book of Barra* (Lunainn: Routledge, 1936)
- 'Introduction' ann an John MacPherson, *Tales from Barra Told by the Coddy* (Dun Èideann: Birlinn, 1992), 14-34
- 'Biography' ann an Ronald Black, deas. *Eilein na h-Òige* (Glaschu: Mungo Books, 2002), 63-73
- *Our Barra Years* (Reprinted from *The Scots Magazine* August and September 1975)

Cambell John L. and Trevor H. Hall, *Strange Things: The Story of Fr Allan McDonald, Ada Goodrich Freef, and the Society for Psychological Research's Enquiry into Highland Second Sight* (Lunainn: Routledge, 1968)

Campoamor, Ramón de, *Obras Poéticas Completas*, deas. M. Aguilar (Madrid:[?], 1930)

- Clancy, Thomas, 'A Fond Farewell to Last Night's Literary Criticism: Reading Niall Mòr MacMhuirich' ann an *Cànan & Cultar: Rannsachadh na Gàidhlig 4*, deas. Gillian Munro agus Richard Cox (Dun Èideann: Dunedin Academic Press, 2010), 109-25
- Coleridge, Samuel Taylor, *Selected Poetry* deas. Heather Jackson (Oxford: World's Classics, 1994)
- Dòmhnallach, Ailean, *Bàrdachd Mhaightir Ailein*, deas. I. L. Caimbeul (Dùn Èideann: T & A Constable, 1965)
- Dummelow, John, *Metropolitan-Vickers Co. Ltd. 1899-1949* (Manchester: Metropolitan-Vickers, 1949)
- Dwelly, Edward, *Faclair Gaidhlig gu Beurla Le Dealbhan*, 11mh Clò-Bhualadh, (Glaschu: Gairm, 1994 [1901-11])
- Evidence Taken by Her Majesty's Commissioners of Inquiry into the Condition of the Crofters and Cotters in the Highlands and Islands of Scotland*, Report with Appendices, (Edinburgh, 1883),
- Fàilte do Bharraigh' air Bliadhna Nan Òran
[http://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/failte_do_bharraigh/?lang=gd] cleachdte 25/8/2011
- 'Gaelic in London' *The Scotsman*, Oct 9, (1931), 13
- Gernsheim, Alison, *Victorian and Edwardian Fashion: A Photographic Survey* (New York: Dover, 1981 [1963])
- Gillies, Eoin, deas., *Seann Dàin agus Òran Ghaidhealach air a tabhairt o Dhaoine Uaisle Araid an Gaeltachd Alba don Fhear Fhoillsicheadh* (Peairt: 1786)
- Gillies, William, 'Liam MacGill'ios: A friend of the Gael' *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, 56, (1988-90), 503-33.
- 'On the Study of Gaelic Literature' ann an *Litreachas is Eachdraidh: Rannsachadh na Gàidhlig 2* deas. Michel Byrne, Thomas Owen Clancy & Sheila Kidd (Glaschu: Roinn na Ceiltis, 2006), 1-28
- Graef, Hilda, *Mary: A History of Doctrine and Devotion*, 2 (Lunainn: Sheed agus Ward, 1965)
- Great Britain, *Crofters Holdings (Scotland) Act 1886*
- Grieve, Dorian, Owen Dudley Edwards and Alan Riach, deas., *New Selected Letters: Hugh MacDiarmid* (Manchester: Carcanet, 2001)
- Hanham, H. J., *Scottish Nationalism* (Cambridge: Harvard University Press, 1969)

- Hassett, Maurice. "Orientation of Churches." *The Catholic Encyclopedia*, Vol. 11., (New York: Robert Appleton Company, 1911) Cleachdte air 14mh An Lùnasdal 2011
<<http://www.newadvent.org/cathen/11305a.htm>>
- Hunter, James, 'The Gaelic Connection: the Highlands, Ireland and Nationalism 1873-1922', *Scottish Historical Review* (1975), 178-204
- Kennedy-Fraser, Marjory and Kenneth MacLeod, *Songs of the Hebrides*, 1-3 (Lunainn: Boosey, 1909-21)
- Kidd, Sheila M., 'Tormod MacLeòid: Àrd-Chonsal nan Gàidheal?' ann an *Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal* deas. Sheila Kidd (Glaschu: Roinn na Ceiltis, 2007) 107-129
- Knott, Eleanor, deas. *Irish Syllabic Poetry 1200-1600*, darna clò-bhualadh (Dublin: Dublin Institute of Advanced Study, 2005)
- MacBean, Lachlan, deas., *The Celtic Who's Who* (Kirkaldy: Fifeshire Advertiser, 1921)
- Mac a' Bhreatunnaich, Pòl, 'Eòilgearraidh', ann an *Starsach: Measgachadh de Rosg is Bàrdachd* (Inbhir Nis: An Comunn Gàidhealach, 1998), 101-18
- 'Cùtairean Bhagh a' Chaisteil', *Gairm*, 154 (1991), 122-30
- Mac an t-Saoir, Dòmhnall Ruadh *Aeòlus!*, deas. Bill Innes (Ochertyre: Grace Note Publications, 2008)
- Mac-an-Tuairneir, Paruig, deas., *Comhchruinneacha do dh'Orain Taghta, Ghaidhealach* (Dun Eidinn: T. Stiubhard, 1813)
- MacCormick, John, *The Flag in the Wind* (Dùn Èideann: Birlinn, 2008 [1955])
- MacCurdy, Edward, 'The Plays of Donald Sinclair', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, 41 (1953), 68-92
- MacDiarmid, Hugh, *Contemporary Scottish Studies* (Manchester: Cacarnet, 1995)
- 'Donald Sinclair' ann an *At the Sign of the Thistle* (London: Stanley Nott, [1934?]), 80-8
- 'English Ascendancy in British Literature', ann an *Sign of the Thistle* (London: Stanley Nott, [1934?]), 11-32
- deas., *A Golden Treasury of Scottish Poetry*, (London: Macmillan, 1940)
- MacDomhnuill, Raonuill, deas., *Comh-Chruinneachidh Orannaigh Gàidhealach* (Dun Èideann: Walter Ruddiman, 1776)
- MacDhomhnuill, T.D., *Dàin agus Dealbhan-Fhacail an Àm a' Chogaidh* (Glaschu: Sinclair, 1919)

- MacDonald, A & A., deas., *The Poems of Alexander MacDonald* (Inbhir Nis: Northern Counties, 1924)
- MacDonald, Allan, ‘Cnò Mhoire’, *Gaelic Words and Expressions from South Uist and Eriskay* deas. John Lorne Campbell (Oxford: OUP, 1972), 75
- MacDonald, Kenneth J., ‘Glasgow and Gaelic Writing’ ann am *Glasgow: Baile Mòr nan Gaidheal* deas. Sheila Kidd (Glaschu: Roinn na Ceiltis, 2007), 186-215
- MacGill-eain, Somhairle, ‘Aspects of Gaelic Poetry’, *Ris a’ Bhruthaich: Criticism and Prose Writings* deas. William Gillies (Steòrnabhagh, Acair, 1985), 75-82
- ‘LV’ ann an *Eimhir* (Steòrnabhagh: Acair, 1999 [1943]), 100.
 - ‘Realism in Gaelic Poetry’ ann an *Ris a’ Bhruthaich*, 15-47
- MacGilleMhìcheil, Alasdair, *Ortha nan Gàidheal: Urnan agus Ubagan*, 1-6 (Dun Èideann: Floris Books, 1900-1971 [2006])
- MacilleDhuibh, Raghnaill, *An Tuil: Duanaire Gàidhlig an 20mh Linn* (Dun Èideann: Polygon, 1999)
- MacInnes, Eugenius, deas. , *Iùl a’ Chrìosdaidh* (Stirling: Learmonth, 1963)
- MacInnes, John, ‘The Panegyric Code in Gaelic Poetry and its Historical Background’ ann an *Dualchas nan Gaidheal: Selected Essays of John MacInnes* (Dun Èideann: Birlinn, 2006), 265-319
- MacKenzie, Compton, *My Life and Times*, 7 (London: Chatus & Windus, 1968)
- Macksey, Charles. "War." *The Catholic Encyclopedia*, Vol. 15 (New York: Robert Appleton Company, 1912) cleachdte 14mh An Lùnasdal 2011
<<http://www.newadvent.org/cathen/15546c.htm>>
- MacLean, Magnus, *The Literature of the Highlands* (Lunainn: Blackie, 1904)
- MacLeod, Donald John, ‘Twentieth Century Gaelic Literature: A description, Comprising critical study and a comprehensive bibliography’, (tràchdas neo-fhoillsichte dhotaireachd, Oilthigh Ghlaschu, an t-Samhradh 1969)
- ‘Gaelic Prose’, *The History of Scottish Literature: Volume 4 Twentieth Century* deas. Cairns Craig (Obar Dheadhainn: Aberdeen University Press, 1987), 331-5
- MacLeod, Kenneth, ‘The Celt and the Sea’ *Celtic Review*, 3 (1907), 242-251
- deas., ‘An Ionndrainn’, *Celtic Review*, 4, (1908), 248-49
 - deas., ‘Sea Poems’, *Celtic Review*, 3-4, (1907-8), 332(3)-351(4)

- Macleod, Michelle and Moray Watson, 'The Gaelic Short Story, Novel and Drama', *The Edinburgh History of Scottish Literature Volume 3: Modern Transformations: New Identities (from 1918)* deas. Ian Brown et al. (Dun Èideann: EUP, 2007) 273-82
- MacLeòid, Coinneach, 'Duatharachd na Mara' *Celtic Review* (1910), 241-57
- *Sgrìobhaidhean Choinnich MhicLeòid* deas. T.M Murchison (Dùn Èideann: Scottish Academic Press, 1998)
- MacLeòid, Iain M., deas., *Bardachd Leodhais* (Glaschu: Mac Labhrainn, 1916)
- MacLeòid, Niall, *Clarsach an Doire: Dain agus Orain* (Duneideann: MacLachlainn agus an Stiubhartach, 1883)
- MacLeòid, Tormod, *Caraid nan Gaidheal: Aireamh taghta de Sgrìobhaidhean* (Glaschu: MacKenzie, 1867)
- MacNèill, Iain, *Deirdire agus Laoidh Chlann Uisne*, deas. Alasdair MacGilleMhicheil (Dun Èideann: MacLeoid, Lunainn: Knutt, 1905)
- CMP [MacPhàrlain, Calum] 'Bàrdachd an Latha 'n Diugh', *Guth na Bliadhna*, 5 (1908), 311-34
- MacPherson, John, *Tales from Barra: Told by the Cuddy*, deas. John L. Campbell (Dun Èideann: Birlinn, 1992)
- McLeod, Wilson agus Bateman, Meg, *Duanaire na Sracaire: Anthology of Medieval Gaelic Poetry* (Dùn Èideann: Birlinn, 2007)
- Meek, Donald, 'Alexander Carmichael and Celtic Christianity' ann an *The Life & Legacy of Alexander Carmichael* deas. Domhnaill Uilleam Stiùbhart (Port of Ness: Island Book Trust, 2008), 82-95
- "'Faking the True Gael"? *Carmina Gadelica* and the Beginning of Modern Gaelic Scholarship' *Aiste*, 1, deas. Michel Byrne, Thomas Clancy & Roibeard O Maolalaigh (2007), 76-106
- Meyer, Kuno, *Selections from Ancient Irish Poetry* (Lunainn: Constable, 1911)
- *The Voyage of Bran Son of Febal to the Land of the Living* (Lunainn: Knutt, 1895)
- Mombauer, Annika, *The Origins of the First World War: Controversies and Consensus* (Harlow: Pearson Education, 2002), 12-6
- Munro, Gillian agus Richard Cox *Cànan & Cultar: Rannsachadh na Gàidhlig 4* (Dun Èideann: Dunedin Academic Press, 2010), 109-25
- NicDhùghail, Anna, [Bàgh a' Chaisteil], 'Duan na Muilidheartaich', [<http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/39180/1>]. cleachdte 6mh an Lùnasdal 2011.

- Nic Iain, Anna, ‘Bàird a Bhaile Againn’, *Gairm*, 7 (Glaschu: 1954), 221-5
- NicLeòid, Màiri, *Gaelic Songs of Mary MacLeod* deas. J. Carmichael Watson (Lunainn is Glaschu: Blackie 's a Mhic, 1934)
- NicNèill, Catriona, ‘Sult is Ìgh: Iasgach Sgadain air Eilean Bharraigh’ (tràchdas MA neo-fhoillsichte, Oilthigh Ghlaschu, 2009)
- Ó Baoill, Colm, deas., *Gàir nan Clàrsach*, ead-theang le Meg Bateman (Dun Eidinn: Birlinn, 1994)
- Ó h-Annracháin, Peadar, *An Chaise Gharbh* (Baile Ath-Chliath: Cló na gCoinneal, 1918)
- O Lochlainn, Colm, deas., *Deoch-Slàinte nan Gillean: Òrain à Barraidh* (Baile Àth-Chliath: Trí Coinnlean, 1948)
- Phillips, Catherine, ‘Bridges, Robert Seymour (1844–1930)’, *Oxford Dictionary of National Biography*, Oxford University Press, 2004 [<http://www.oxforddnb.com/view/article/32066>, cleachdte 14 An Lunasdal, 2011]
- Pollen, John Hungerford, ‘The Society of Jesus’, *The Catholic Encyclopedia*, Vol. 14 (New York: Robert Appleton Company, 1912), cleachdte 15mh An Lùnasdal 2011
<<http://www.newadvent.org/cathen/14081a.htm>>
- Rubáiyát of Omar Khayyám*, eadar-theang. Edward Fitzgerald (New York agus Lunnainn: Hodder agus Stoughton)
- Scott, J. D., *Vickers: A History* (Lunainn: Weidenfeld, 1962)
- Scupoli, Lorentzo, *An Cath Spioradail*, ead-theang. Ath. Eòghan Mac Eachainn, deas. Ruaraidh Arascain is Mhàirr (Peairt: Clò-Chlàr Chaitliceach na h-Alba, 1908)
- Sedgwick, Peter R., ‘Will-to-truth’, *Nietzsche: The Key Concepts* (London: Routledge, 2009), 159-61
- Steiner, Zara S. and Keith Neilson, *Britain and the Origins of the First World War*, darna clò-bhualadh (Lunainn: Palgrave MacMillan, 2003)
- Stiùbhart, Dòmhnall Uilleam, ‘Alexander Carmichael and *Carmina Gadelica*’ ann an *The Life & Legacy of Alexander Carmichael* deas. Dòmhnall Uilleam Stiùbhart (Port of Ness: Island Book Trust, 2008), 1-39
- Storey, Lisa, *Muinntir Mhiughlaigh* ([Deimhidh]: Clàr, 2007)
- ‘Mar a Ghabh na Daoine Bhatarsaigh, 1900 - 1908’ ann an *Oighreachd agus Gabhaltas* deas. Dòmhnall MacAmhlaigh (Obar Dheadhainn: Roinn na Foghlaim Cheiltich, 1980), 49-56.
- The Story of Bruce Peebles- 1866-1954* (Dun Èideann[?]: Bruce Peeble & Co., 1955)

Thompson, Francis, *The Uists and Barra*, (London: David & Charles, 1974)

Thomson, Derick, *Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair: Selected Poems* (Dun Èideann: Scottish Text Society, 1996)

- 'Carmichael, Alexander (1832–1912)', Oxford Dictionary of National Biography, Oxford University Press, 2004; online edn, May 2006
[<http://www.oxforddnb.com/view/article/48849>, accessed 27 Nov 2010]
- *An Introduction to Gaelic Poetry* (London: Victor Gollancz, 1976)

Watson, Moray, *An Introduction to Gaelic Fiction* (Dùn Èideann: EUP, 2011)

Watson, William J., *Bardachd Ghàidhlig: Specimens of Gaelic Poetry 1550-1900* (Sruighlea: Learmonth, 1959)

Weir, Dòmhnall Moireach, "'Albainn nan Ceilteach" Sgrùdadh de Nàiseantachas mar Chuspair san Iris Guth na Bliadhna (1904-25)' (tràchdas neo-fhoillsichte Maighstireachd, Oilthigh Ghlaschu, 2005-06)

"Will to Power" The Oxford Dictionary of Philosophy. Simon Blackburn. Oxford University Press, 2008. Oxford Reference Online. Oxford University Press. University of Glasgow. 8 September 2011
<<http://www.oxfordreference.com/views/ENTRY.html?subview=Main&entry=t98.e3313>>

Wilson, Susan R., deas., *The Correspondence Between Hugh MacDiarmid and Sorley MacLean* (Dun Èideann: EUP, 2010)